

# Grèis-Bhrat Diaspora na h-Alba

AG INNSE SGEULACHDAN DO DH'ALBA

*Andrew Crummy, Gillian Hart, Arran Johnston,  
Yvonne Murphy, Gordon Prestoungrange  
agus Beathag Mhoireasdan*





# Sanasan Coitcheann nan Albannach

Tha sinn a' cur toiseach air ar sgeulachdan is ìomhaighean a thaobh diaspora na h-Alba le taghadh de phannalan air an grèiseadh, a tha a' riochdachadh sanasan coitcheann a thaobh làthaireachd Albannach ann an àite sam bith. Eadar gu bheil thu ann an Sìona no sna Stàitean Aonaichte, Sealann Nuadh no Braisil, bidh Albannaich an-còmhnaidh a' toirt urram do an tartan agus don phìob mhòr agus dannsa, agus bidh iad a' cumail chèilidhean 's a'sampalladh uisge-beatha agus a' comharrachadh Oidhcheannan Burns le tagais, a' cluich goilf agus mòran eile. Bidh cuid leithid Canàidianaich agus Suainich a' gabhail pàirt throm-chuiseach ann an crolaidh agus ball-coise. Agus cho tric 's as urrainn dhaibh, bidh Albannaich a' gabhail fìor thlachd à cothrom seinn agus làmhnan a chèile a ghabhail le Auld Lang Syne. Glè thric bidh comainn agus caidreachasan a' dèanamh cinnteach gum bi fios aig a chèile dè, ciamar, càite agus cuin a bhios cùisean a' tachairt airson an comharrachadh. Dh'fhaodadh gach dùthaich a tha ag innse an sgeulachdan, sanasan coitcheann nan Albannach a ghabhail a-steach don obair grèise fhèin, agus tha cuid aca air sin a dhèanamh nuair a bha adhbharan air a shon. Ach tha na pannalan fosglaidh seo a' labhairt a-mach gu soilleir airson gach Albannach ge 'r bith càite a bheil iad air feadh na cruinne.

Tha na 305 sgeulachdan grèisichte aig Diaspora na h-Alba nan obair mhòr-bhuadhach de dh'ealain coimhearsnachd, a tha airson na Sreath Taisbeanaidh 'Tomlan' 2014/2016 air feadh an t-saoghail, air an cruinneachadh ann an seachd buidhnean cruinn-eòlais gus am bi iad nas fhasa tlachd a ghabhail asta. *Tha an Stiùir Oifigeil againn – Grèis-bhrat Diaspora na h-Alba* – a' gabhail ris an dòigh-obrach seo. Tha mòran diofar dhòighean anns am faod pannalan an taisbeanadh, agus a bhith air an taisbeanadh san àm ri teachd. Faodaidh taisbeanaidhean a cheart cho furasta cruinneachaidhean de diaspora na h-Alba a riochdachadh 's iad a' cuimseachadh air rùrachadh, àiteachas, dian-shireadh òir, innleadaireachd, ceòl is òran, eòlas-leigheis, luibh-eòlas, poilitigs agus barrachd. Tha Rosemary Farmer agus Magaidh NicFhearghais air nochdadh san leabhar companaich aca *The Art of Narrative Embroidery*, mar a dh'fhaodas pannalan a bhith air an cruinneachadh cuideachd gus seallaidhean àraid diaspora eisimpleireadh agus na lùban a tha air an cleachdadh gus an tuairisgeuladh. Agus tha Greentrax air CD dùbailte a chruthachadh de cheòl agus òrain Diaspora airson a dhol còmhla ris an obair-grèise ghrinn uile.



GE01

## Suaicheantas an Diaspora

*Pannal GE01 – Prestonpans*

**Luchd-fuaigheil:** Gillian Hart & Yvonne Murphy

## Auld Lang Syne

*Pannal GE02 – Portobello & Dùn Èideann*

**Luchd-fuaigheil:** Katherine Proudfoot, Sheilagh McLagan

## Slighean Malairt Àrsaidh

*Pannal GE03 – Baile Átha Cliath*

**Neach-fuaigheil:** Margaret Tynan-Connolly



GE02

## Moors aig Cùirt Rìgh Seumas IV

*Pannal GE03A – Port Seton*

**Neach-fuaigheil:** Yvonne Murphy

## Tùs Chlubaichean is Chomainn Albannach

*Pannal GE04 – Bearaig a Tuath*

**Neach-fuaigheil:** Frances Gardiner

## Ceòl

*Pannal GE05 – Portobello, Dùn Chailleann is Bhancùbhar*

**Luchd-Fuaigheil:** Mairi Campbell, Hamish Moore, Alison Kennis Heath



GE03

## Uisge-beatha

*Pannal GE06 – Port Seton*

**Neach-fuaigheil:** Sheila Chambers

## Suipear Burns

*Pannal GE07 – Tranent & Baile nam Feusgan*

**Luchd-Fuaigheil:** Janet D Macaulay, Fraser McAllister, James Neilson, Glen Macaulay



GE03A



GE04



GE05



GE06

### Dannsa Gàidhealach

*Pannal GE08 – Obar Lobhaidh & Crowhill*

**Luchd-fuaigheil:** Carole Pitcairn, Moyra Birnie, Alexandra Harvey, Sheila Baird

### Geamannan Gàidhealach

*Pannal GE09 – Port Seton*

**Neach-Fuaigheil:** Claire Hanson

### Spòrs

*Pannal GE10 – Obar Lobhaidh*

**Neach-Fuaigheil:** Isobel Weatherhead



GE11



GE07

### Dannsa Cèilidh

*Pannal GE11 – Portobello, Dùn Èideann & An t-Eilean Sgitheanach*

**Luchd-Fuaigheil:** Katherine Proudfoot, Sheilagh McLagan

### Dannsa Dùthchail Albannach

*Pannal GE12 – Dùn Èideann is Longniddry*

**Luchd-Fuaigheil:** Margaret Ferguson Burns, Doris Thomson



GE12



GE08

### Comann Naoimh Anndrais: Bailtean mòra

*Pannal GE13 – Obar Dheathain is Dùn Èideann*

**Luchd-Fuaigheil:** Bruce Duncan, Ewan Jeffrey, Pamela Cook, Carole Keepax

### Comann Colòinianach Sailcirc agus Common Riding

*Pannal GE14 – Sailcirc & Winchburgh*

**Luchd-Fuaigheil:** Sheila Collins, Sheila Lockie, Heather Beggs, Christine Brydon, Mary Hughes



GE13



GE09



GE10



GE14

© Còraichean Fèis Ealain Prestoungrange 2015

Na còraichean uile glèidhte. Còraichean fo Ghnàthasan Chòraichean eadar-nàiseanta is Pan-Aimeireaganach.

Chan fhaod pàirt sam bith den leabhar seo a bhith air a mhac-samhlachadh, air a stòradh ann an siostam ais-fhaighte no air a sgoileadh ann an cruth sam bith eile no air dhòigh sam bith eile, eileagronaigeach, meiceanaigeach, lethbhreacadh, clàradh no eile gun chead ro-làimh bhon fhoillsichear agus an neach-gleidhidh chòraichean. An taobh a-staigh na Rìoghachd Aonaichte, tha mura-bhith ceadichte a thaobh deiligeadh cothromach sam bith airson adhbhar rannsachaidh no ionnsachadh prìobhaideach, no breithneachadh no lèirmheas, mar a tha ceadichte fo Achd Chòraichean, Dealbhaidhean agus Peutant 1988.

Ged a tha am foillsichear a' dèanamh a h-uile oidhirp a ghabhas dèanamh gus fiosrachadh slàn is ceart fhoillseachadh anns an leabhar seo, uaireannan faodaidh mearachdan dearmaid no susbaint tachairt. Tha am foillsichear duilich airson seo, ach leis an seo a' cur cùl ri buailteachd sam bith.

Clò Oilthigh Prestoungrange, 227/229 Sràid Àrd, Prestonpans, Lodainn an Ear, Alba EH32 9BE

© Dealbhadh pannal le Anndra Crummy  
Dealbhan pannail le Gillian Hart  
Eadar-theangachadh gu Gàidhlig le Beathag Mhoireasdan  
Dealbhadh & Clò-sheathadh le Dealbhadh Chat Noir, An Fhraing  
Clò-bhuailte is ceangailte ann am Breatainn



# Sgeulachdan às a' Baltaig

Mus do rinn Albannaich an slighe gu an ear tarsainn a' Chuain a Tuath gu Nirribhig agus an t-Suain, bha na Lochlannaich air am buaidh fhèin a thoirt air Alba. Cha deach uachdranachd a stèidheachadh mu dheireadh thall thairis air Arcaibh gu 1470. Mar a bha ceanglaichean malairt a' fàs anns na 15mh agus 16mh linntean, bha Lochlann agus am Baltaig cho faisg air làimh agus gun robh e do-sheachanta do dh'Albannaich imrich an sin agus coimhearsnachdan a stèidheachadh ann an Nirribhig, an t-Suain, Liotuàinia, an Ruis agus a' Phòlainn. Thòisich tuineachaidhean mòra a' nochdadh ann an St Petersburg, Krakow, Gothenburg agus

Kedainiai. Chaidh mòran Albannach a thrusadh mar shaighdearan anns an t-Suain, a' Phòlainn agus san Ruis, glè thric ag èirigh tro na rangannan gu Seanalair. Rinn rèisimeid Ghàidhealach às-imrich don Phòlainn ann an Co-fhlaitheis na 17mh linn. Thuinich lighichean is innleadairean an sin cuideachd, a' cruthachadh mòran ghniomhachasan ùra san t-Suain agus san Ruis.

Thug Alba san 20mh linn aoigheachd do dhiaspora air-ais farsaing à Nirribhig, an t-Suain, Liotuàinia agus a' Phòlainn. Thàinig iad san 19mh agus san 20mh linn, a' sireadh obrach is beatha nas fheàrr air falbh bho gheur-leanmhainn.



## Nirribhig



### NO01 Na Lochlannaich

Dh'ionnsaich costa na h-Alba glè luath, coltach ri mòran eile de Breatainn ages Èirinn a Tuath, a bhith eagalach ro shoitichean fada shomach nan Lochlannach. Bho mu 795, nuair a thug na gaisgich eagalach sin a' chiad ionnsaigh air cridhe Crìosdaidheachd Cheilteach ann an Eilean Idhe, gu 1470 nuair a bha na fearainn Lochlannach mu dheireadh air an gluasad gu Crùn na h-Alba, bha buaidh nan Lochlannach ann an Alba cudromach. Bha seo fìor gu h-àraid ann an eileanan an iar na h-Alba far a bheil an dileab fhathast furasta a lorg ann an ainmean-àite leithid Inbhir Pheofharain agus Léiruig. Tha cuimhneachain nas fhaicsinnich rin lorg aig làrach arc-eòlasach iongantach Jarlshof ann an Sealtainn.

Ach thàinig freastal anns an rathad: dh'fhàs Mairead tinn air a slighe a dh'Alba agus bhàsaich i aig dìreach seachd bliadhna a dh'aois. Phiobraich a bàs cas a thaobh leantaileachd agus às dèidh sin Cogaidhean an Neo-eisimeileachd. Tha na facail "To Norway" air an toirt à bailead Sir Patrick Spens.

### NO03 Skottheadelen

Anns an t-siathamh agus an t-seachdamh linn deug, bha malairt fiodha chudromach ag obrachadh eadar Nirribhig agus na puirt air costa an ear na h-Alba. Bha pàirt na h-Alba ann am malairt an fhiodha cho mòr agus gum b' e Skottheadelen no "Malairt Alba" a bh' aig na Nirribhich air. Bha an luchd-malairt a' toirt 'gret timmer' gu gàrraidhean fiodha Alba an Ear agus thuinich mòran ann an Nirribhig. Bha a' mhòr-chuid den mhalarit a' dol tro bhaile-mòr Bergen, a bha suidhichte gu goireasach airson soithichean Albannach. Tha Tùr àibheiseach Rosenkrantz air daingneach Bergenhus mar theisteanas maireannach air ailtirean agus clachairean Albannach a dh'obraich air an ath-leasachadh aice anns na 1560an.

Grieg (1843–1907). Rugadh e ann am Bergen, agus tha ainm sloimnidh Grieg mar ath-chuimhneachan soilleir air freumhan Albannach a theaghlach. Bha a shean-shean-seanair, Iain Grieg no Greig (Grig aig a phòsadh) a bha beò bho 1704–1774, na neach-gabhail tuathanais dha robh mòran spèis, ann am Mosstoun Chairn-builg ann an Siorrachd Obar Dheathain. Rinn dithis de mhic Iain, Alasdair (sean-seanair Grieg) agus Seumas às-imrich gu Bergen mu 1770, mar sin a' leantainn traidisean fad-linntean de dh'iomlaid marsantach sa Chuan a Tuath eadar na coimhearsnachdan mun chosta ann an Nirribhig agus Alba. Tha sliochd Alasdair agus Sheumais a' fuireach ann am Bergen agus an latha an-diugh.

### NO05 Bus Shealtainn

An dèidh do na Gearmailteach Nirribhig a ghabhail ann an 1940, chaidh buidheann ghniomhachdan a chur air bhonn leis an ainm neoichiontach Bus Shealtainn. Bha seo airson àidseantach agus an luchd-obrachaidh a ghiùlain gu agus bho Nirribhig gun fhiosa do na feachdan Gearmailteach. Bho 1941–1945 chaidh mòran sheòlaidhean tarsainn a dhèanamh, gu h-àbhaisteach tron oidhche agus glè thric ann am fìor dhroch aimsir, air an co-òrdnachadh bho Thaigh Lunna. Bha a' mhòr-chuid deànte ann am bàtaichean beaga iasgaich. B' e Leif Andreas "Sealtainn" Larsen à Bergen aon den sgioba a b' ainmeile, a' coileanadh 52 tursan uile gu lèir. Tha am pannal a' nochdadh ainmean cuid de na bàtaichean agus na fir a ghabh na seòlaidhean cunnartach gaisgeil sin os làimh.



### NO02 Maighdeann Nirribhig

B' e Mairead, Maighdeann Nirribhig, nighean Eric II à Nirribhig agus a bhean Mairead, nighean Alasdair III à Alba. Nuair a bhàsaich esan gu h-obann ann an 1286, bha an naoidhean Maighdeann na Banrigh agus thòisich Eric a' barganachadh gus a pòsadh ri rìgh-chathair Shasainn. Bhiodh na h-oighrean acasan air a bhith nan rìghrean air an dà chuid Alba agus Sasainn.



### NO04 Eideard Grieg

Gun teagamh sam bith is e an t-ainm as cliùiteach ann an ceòl Nirribhig uile, ainm an sgrìobhaiche-ciùil clasaigeach, Edvard



## A' Phòlainn



### PL01 Na Ceannaichean-siubhail Bochda

Mar an drochaid eadar an Taobh Sear agus an Taobh Siar, bha a' Phòlainn na dùthaich tharraingich làn chothroman do dh'Albannaich iomaiteach. Bha àireamhan fìor mhòr a' dèanamh an slighe an sin anns an t-seachdamh linn deug, glè thric a' gabhail còmhnaidh ann an àiteachan mar Stare Szkoty (Seann Alba) ann an Danzig/Gdansk. Bha mòran dhiubh gun teagamh aig nach robh an t-airgead no na ceanglaichean agus iad fhèin a stèidheachadh ann am malairt foirmeil, agus mar sin thòisich iad ann an dreuchdan nan ceannaichean siubhail: thàinig am facal Albannach gu bhith comh-chiallach ri ceannaiche-siubhail. Cha robh obair mar sin a' tarraing mòran inbhe no spèis, agus bhiodh màthraichean a' bagairt air an cuid

chloinne le "fuirich thusa gus an tig an t-Albannach (warte bis der Schotte kommt)!" Shocraich a' mhòr-chuid dhiubh agus bha iad soirbheachail aig deireadh gnothaich gam fillleadh fhèin a-steach do an coimhearsnachdan ùra.

### PL02 Saighdearan

Fada nas fheàrr dheth na na ceannaichean-siubhail, bha na h-Albannaich sin a thàinig gu bhith nan solaraichean don chùirt Phòlainneach agus don arm. Ann an 1585, dh'athain an rìgh nach bu chòir bacadh sam bith a chur air "na h-Albannaich a tha an-còmhnaidh a' leantainn Ar Cùirt agus a tha saor anns gach àite far am bi Sinne agus Ar Cùirt Rìoghail a' fuireach, a thaisbeanadh agus a reic am bathair." A thuilleadh air solarachadh an airm, bha Albannaich a' sabaid an taobh a-staigh dheth cuideachd. Bha Padraig Gòrdain (1635–99) mar aon de na mòran a bh' anns an t-seirbheis armaitheach Phòlainneach anns a' Phòlainn, a' sireadh chothroman airson adhartas nach robh ri fhaotainn aig an taigh. Às dèidh 1661, rinn an Gòrdanach ainm dha fhèin anns an arm Ruiseanach.

### PL03 Malairtich

Leis na h-uaislean sa Phòlainn a' coimhead sìos air malairt, bha luchd-malairt Albannach a bha ag intrigeadh don Phòlainn tro phort mòr Danzig, dealasach a thaobh brath a ghabhail air na chothroman a bha rim faotainn. Bha fir leithid Uilleam "Danzig Willie" Foirbeis, a mhaoinich crìochnachadh air Caisteal Chreig Mhàrr to a chuid soirbheachaidh coimearsalta sa Bhaltiaig, agus às dèidh sin Raibeart Gòrdain a thug maoinachadh air leth mòr do Cholaiste Marischal ann an Obar Dheathain, a' taisbeanadh meud an fhòrtain a ghabhadh a dhèanamh. Bha coimhearsnachdan nan malairtich Albannach gan dìon fhèin tro bhith a' stèidheachadh Bràithreachas Albannach le dà mheur dheug dheth air feadh na Pòlainn, a' gabhail thairis uallach airson an riaghlaidh fhèin, ceartas air an taobh a-staigh, agus dìon shochairan speisealta. Bha a leithid sin de bhuidhnean a' dèanamh cinnteach gun robh na h-Albannaich na mion-chuid a bha glè bhuaidhach.





# An t-Suain



## SE01 Gaisgich

Bha na ciad cheanglaichean leis an t-Suain gaisgeanta. Ron t-siathamh linn deug, bha saighdearan Albannach air iad fhèin a dhearbhadh ann an seirbheis thall-thairis agus thathar a' creidsinn gun robh mu 40,000 a' sabaid don chaidreachas Phròstanach tro Chogadh nan Trithead Bliadhna (1618–1648). Choisinn mòran dhiubh deagh chliù ann an seirbheis 'Leòmhann a' Chinn a Tuath', Gustavus Adolphus II na Suaine. Fhuair còrr agus 20 teaghlach inbhe uaisleachd mar thoradh air an seirbheis ann an arm na Suaine. Tha ainmean a lorgar ann an comann-sòisealta nan uaislean Suaineach a' gabhail a-steach ainmean mar Leighton, Foirbeis, Mac a' Chlèirich, Stiùbhart, Caimbeul, Druimeanach, Mac na Cèardaich, Mac an Fhleisdeir, MacGumaraid, Gòrdain, MacIlleDhuibh, Dùbhghlas, Moireach, Hamaltan, MacÙistean, Hepburn agus Gladstone.

## SE02 Breith Gothenburg

Chaidh baile-mòr Ghothenburg (Göteborg) a stèidheachadh ann an 1621 le òrdugh bho Gustavus Adolphus II. Bha e gu bhith air a riaghladh le comhairle de dhusan ball, a bha air a dhèanamh suas aig an àm le 4 Suainich, 3 Gearmailtich, 2 Albannach agus 2 Dhuitseach. Bha na Duitsich deatamach anns a' phlanadh agus ann an neartachadh a' bhaile uir chanàlaich seo, fhad 's a bha na Gearmailtich air am faicinn mar a bhith math air eagrachadh agus na h-Albannaich nan iomairtichean talantach. Leasaich Gothenburg gu bhith na mhòr-ionad airson malairt leis an taobh an iar, a' tighinn gu bhith na ionad gnìomhachais cudromach a tha an-diugh mar an dàrna baile as motha san t-Suain.



## SE03 Uilleam Chalmers

Chuireadh Companaidh Suaineach Taobh Sear nan Innsean air bhonn ann an 1731 gus malairt leis an Ear Fhada, agus leasaich e gu bhith mar an companaidh malairt a bu mhotha anns an t-Suain san ochdamh linn deug. Bha na soithichean uile a' tighinn a-mach 's a' dol a-steach gu Gothenburg. Bha Uilleam Chalmers, mac neach-malairt Albannach, na stiùiriche air a' Chompanaidh. Nuair a bhàsaich e ann an 1811, dh'fhàg e leth a chuid oighreachd do dh'Òspadal Sahlgrenska ann an Gothenburg agus a' mhòr-chuid den chòrr airson sgoil gnìomhachasail a chruthachadh do chloinn a bha bochd. Dh'fhosgail Chalmersska Slöjdeskolan air 5 Samhain 1829 agus thàinig i gu bhith mar Oilthigh Teicneòlais Chalmers a tha a' soirbheachadh cho math san latha an-diugh.

## SE04 Cailean Caimbeul agus na Seumasach

An dèidh don oidhirp a rinn am Prionnsa Tearlach air na Stiùbhartach a thoirt air ais, fàilligeadh aig Blàr Chùil Lodair ann an 1746, dh'aontaich Louis XV na Frainge air cobhair a dhèanamh air a' Phrionnsa. Bhiodh soithichean Suaineach agus às an Danmhair air an cleachdadh a chionn 's gun robh na dùthchannan sin neo-phàirteach agus dh'fhaodadh iad seòladh a dh'Alba mar luchd-mhalairt. Chuireadh am Pollux gu muir à Gothenburg ach dh'fhaillich oirre am Prionnsa a lorg. Ràinig fogarraich Seumasach eile am baile ge-tà, a' gabhail a-steach am Morair Ógalbhaidh. Chuidich Cailean Caimbeul, ceann-suidhe Companaidh Suaineach nan Innsean an Ear, leis an obair sin agus bhon Iuchair 1746 gus an t-

Sultain 1747, bha iomairt eagraichte agus eifeachdach a' cur taic ri fogarraich Seumasach le airgead, ceadan-siubhail, bathar agus luchd-ùil.



## SE05 Club Rìoghail nam Baidsealair

Air 19 Samhain 1769, chaidh Club Rìoghail nam Baidsealair a stèidheachadh ann an Gothenburg gus àite a sholarachadh do bhuill airson "bòrd-cluiche agus companas gun dragh". Bha mòran den luchd-stèidhidh à Breatainn bho thùs, agus b' e Tomas Erskine agus Larla Kellie, a' chiad fheadhainn a chuir an ainm ris a' chòir-sgrìobhte. B' iad Albannaich eile am measg an luchd-stèidhidh daoine leis an ainm Barclay, Ceanadach, Grieg, Carnegie agus MacAonghais. Bha a' bhallrachd air a gabhail thairis cho mòr le iomairtich Albannach a bha buadhach, agus gun robh an ùine bho 1769 gu 1813 aithnichte mar Skotse Perioden (An Ùine Albannach). Is e Club Rìoghail nam Baidsealair an club as sine san t-Suain, agus tha dealbh-peantaidh Erskine fhathast crochte ann an Seòmair a' Chlub gus an latha an-diugh.

## SE06 Uilleam Gibson: Jonsered

Dh'fhàg Uilleam Gibson Obair Bhrothaig agus ghluais e don t-Suain sa Chèitean 1797 aig aois ceithir bliadhna deug. Tràth sna 1820an, chuir e a dh'lùth-aire ri bhith a' deanamh ròpaichean agus sìuil agus ann an 1834 ghluais e fhactaraidh gu Jonsered, far an robh farsaingeachd ann airson leudachadh agus aig an aon àm a bhith a' fuireach faisg air mòr-ionad na malairt ann an Gothenburg. Bha ionad-obrach gas a' solarachadh cumhachd do na factaraidhean a thuilleadh air dealan airson taighean an luchd-obrach. Còmhla ri a charaid Alasdair Keiller, chuir Gibson air bhonn baile beag gnìomhachasail a ghabh buaidh air a' mhargaid Shuainich. Am measg sochair an luchd-obrach thùsail, bha taigheadas, cùram slàinte, cròileagan, eaglais, sgoil agus taigh airson seann daoine.

## SE07 Alasdair Keiller

B' e com-pàirtichean a bh' ann an Alasdair Keiller agus Uilleam Gibson sa ghnòthachas ann an Jonsered suas gu 1839. An uair sin, stèidhich Keiller ionad innleadaireachd fhèin, bha e an sàs ann am meinnearachd cuideachd agus lean e air adhart a' cur companaidh togail-shoithichean air bhonn ann an 1841, leis an ainm Keillers Werkstad I Göteborg. An dèidh a bhith banca-

briste ann an 1867, dh'atharraich ainm a' chompanaidh gu Göteborgs Mekaniska Verkstads AB, le a mhac Seumas mar mhanaidsear. Dh'atharraich sealbair air a' chompanaidh ann an 1906 agus a-rithist ann an 1916, agus dh'atharraich an t-ainm gu Götaverken. Chaidh an t-soitheach mu dheireadh a thogail an sin ann an 1989. Thug Seumas Keiller, Pàirc Keiller ann an Ramberget Hisingen do bhaile Gothenburg ann an 1906.

## SE08 Ball-coise Comainn

B' e luchd-obrach aodach fìchte à Siorrachd Àir ann an Alba a chluich a' chiad gheam ball-coise comainn san t-Suain. Chluich iad do Òrgryte IS sa gheam anns a' Chèitean 1892. B' e luchd-deanamh sròil a bh' anns na cluicheadairean Albannach sin, bho Johnston Shields & Co anns a' Mhuileann Ùr ann an Alba, agus thathar ag ràdh gur e na h-Albannaich ann an Jonsered a thug a-steach an stoidhle cluiche leis na pasan goirid. Ach cha b' ann a-mhàin am ball-coise bha uidh aig na h-Albannaich san t-Suain: air an raon goilf ann an Göteborg chithear toll ris an canar an toll Druimeanach, air ainmeachadh as dèidh an fhìr a thug goilf don t-Suain. B' e Albannaich a thug a-steach crolaidh don t-Suain cuideachd.

## SE09 Mòr-thubaist Bhàtaichean Chùil Choinnich

Fhad 's a bha an neach-fuaigheil Iain Berg a' rannsachadh a shinnsearachd Suaineach is Dànach, fhuair e a-mach nuair a chaidh an 'James and Robert' fodha ann an stoirm ann an 1892, b' e càirdean dha a bh' ann an trìur de na fir a chaidh a bhàthadh. Is iad na h-ainmean air a' phannal, ainmean bhàtaichean Chùil Choinnich a chaidh a chall leis a' mhòr-chuid den chriutha no an criutha air fad. Bhiodh mnathan is màthraichean gu tric a' fighe geansaidh traidiseanta do an luchd-gaoil airson an cumail blath. Bha am pàtran gun h-àbhaisteach gun choimeas agus a' riochdachadh port no sgìre shònraichte, agus bha e a' dol bho mhàthair gu a nìghean, a' cuideachadh leis na marbhadh a dhearbhadh nan tacadh an nì as mìosa aig muir, nì a thachair glè thrice.



## SE10 Gaisgich

Bha na ciad cheanglaichean leis an t-Suain gaisgeanta. Ron t-siathamh linn deug, bha saighdearan Albannach air iad fhèin a dhearbhadh ann an seirbheis thall-thairis agus thathar a' creidsinn gun robh mu 40,000 a' sabaid don chaidreachas Phròstanach tro Chogadh nan Trithead Bliadhna (1618–1648). Choisinn mòran dhiubh deagh chliù ann an seirbheis 'Leòmhann a' Chinn a Tuath', Gustavus Adolphus II na Suaine. Fhuair còrr agus 20 teaghlach inbhe uaisleachd mar thoradh air an seirbheis ann an arm na Suaine. Tha ainmean a lorgar ann an comann-sòisealta nan uaislean Suaineach a' gabhail a-steach ainmean mar Leighton, Foirbeis, Mac a' Chlèirich, Stiùbhart, Caimbeul, Druimeanach, Mac na Cèardaich, Mac an Fhleisdeir, MacGumaraid, Gòrdain, MacIlleDhuibh, Dùbhghlas, Moireach, Hamaltan, MacÙistean, Hepburn agus Gladstone.



# Liotuàinia



**LT01 Eaglais Albannach**  
An deidh do Kedainiai a thoirt do sheilbh meur Phròstanach de theaghlach Radziwills tràth san t-seachdamh linn deug, chunnaic malairtich Albannach cho tarraingeach 's a bha e, tuineachadh sa bhaile. Leasaich Diuc Krzysztof Radziwill (1585–1640) am baile mar ionad cultarach Pròstanach, a' stèidheachadh eaglais Chalbhanach agus ag obair airson dìon a chur air a cho-chreideamhaich air feadh Liotuàinia. Bha a' chiad Albannaich a thàinig don dùthaich a' frithealadh an teaghlach Radziwills mar dhiùlannaich agus mar phàirt de an gearid phearsanta, agus ann an làthaireachd na h-eaglais Chalbhanach, dh'fhoadadh a' choimhearsnachd Albannach a bha a' sior fhàs ann an Kedainiai, a bhith a' faireachdainn tèarainte agus di-beathte.



**LT02 Tha na h-Albannaich a' tighinn fhathast**  
Fo chùram Radziwills chumhachdach, shoirbhich leis a' choimhearsnachd Albannach ann an Kedainiai. Sgrìobh an teachdaire Algimantas Kaminskas, *"Tha na h-Albannaich fhathast a' tighinn, agus a' tuineachadh faisg air a' Mhargaid Mhòir; tha iad a' tuineachadh airson ùine mhòr coltach ri ballachan taighe; tha iad tiugh, làidir agus neo-thuisleach."* Tha e dùilich a ràdh de na h-àireamhan a th' anns a' choimhearsnachd Albannaich ach gu follaiseach tha i mòr. Dh'èirich mòran dhiubh gu dreuchd àrd agus thug iad buaidh nach robh beag, fiù 's a' tighinn gu bhith nan àrd-bhàillidhean agus nam buill den chùirt. Cha b' urrainn don iadtag Phròstanaich an



Fhrith-Ath-leasachadh a shoirbheachadh ge-tà, agus roghnaich mòran de na h-Albannaich Kedainiai fhàgail san ochdamh linn deug.

**LT03 Malairtich Albannach**  
Bha dìon bho nan riaghladairean Pròstanach agus soirbheachadh faoisgheach Ke-dainiai, suidhichte air bruchan abhainn shocair Neveis, a' brosnachadh mhalaireach Albannach a thuilleadh air saighdearan. Tron t-seachdamh linn deug, lean a' choimhearsnachd mhalaireach seo air adhart a' fas. Bha a leithid dhiubh a' soirbheachadh cho mòr agus gun robh naoi deug de thaghean mòra nam marsantach sa phrìomh chearnaig margaidh ann an seilbh Albannaich aig deireadh gnothaich. Thàinig mòran dhiubh aig a' cheann thall gu bhith air an nàdarrachadh don tìr, agus tha e comasach fhathast seallaidhean de na sloinidhean Albannach fhacinn am measg na h-



àireimh-sluaigh: Andersons (MacAnndrais), Benetas (Benneit), Diksonas (Dickson) agus Gordonas (Gòrdain).

**LT04 Lietuviai Kotijoje – Liotuàiniaich Alba**  
Ann an 1914, thàinig mòran Liotuàiniaich a dh'Alba gus teicheadh bhon bhochdainn agus bho chruadalachd an riaghlaidh aig an Tsàir Nicholas. Bha a' mhòr-chuid ag obair ann an gnìomhachas a' ghuail agus an iarainn; bha cuid a stèidhich gnothachasan. Bha an Caidreachas Anglo-Ruiseanach ag iarraidh dhaoine a dheigheadh a fhrithealadh ann an arm Bhreatainn no arm na Ruis. Roghnaich mu 800 a dh'ol do dh'arm na Ruis, a' fàgail an teaghlach ann am fìor bhochdainn. Ann an 1917, ràinig iad Archangel ach bha riaghaltas an Tsàir air tuiteam gu na Bolshevics. Chaidh mòran dhiubh a ghiùlain tarsainn na Ruis gus a dh'ol do dh'arm 'geal' an Tsàir, agus chaidh an còrr dhiubh don Leigün Slavo-Breatannach a chaidh a stèidheachadh ann an 1918. B' e beagan dhiubh a thill don Ruis.



# An Ruis



**RU01 Tormod is Bhaltar Leslie**  
B' e ridirean Albannach le meas air a bhith a' dol air tursan a-null thairis, a bh' ann an Sir Bhaltar Leslie agus a bhràthair Tormod. Is e glè bheag de dh'fhiosrachadh a th' ann mu an gnìomhachdan, ach tha coltas ann gur iad a' chiad Albannaich a ràinig crìochan na Ruis. Rinn iad sin ann an 1356 nuair a ghabh iad pàirt ann an reysa no iomairt ann am Pruisia agus Liotuàinia. Ann an 1363, chuir iad romha a dh'ol air cogadh-croise don Tìr Naomh, a' com-pàirteachadh ann an ionnsaigh air an Èipheit. Bha na taistealaich air ais ann an Alba beagan bhliadhnaichean às deidh sin, a' cosnadh fàbhar le Rìgh Daibhidh II le sgeulachdan mu an gnìomhachdan gaiseanta cian-threach.



**RU02 Pàdraig Gòrdain**  
Rugadh Pàdraig Gòrdain (1635–1699) ann an Achadh Luachrach ann an Siorrachd Obar Dheathain. Ann an 1651, sheòl e gu Gdansk airson gear-leannmhainn creideimh a sheachnadh agus thoisich e ann an dreuchd a' sabaid don t-Suain agus don Phòlainn. Ann an 1661, thairgs e a chaidheamh don Tsàir aig ìre rang Màidsair. Fo Tsàir Aleksei agus Pàdraig Mòr, dh'èirich Gòrdain gu inbhe seanalair agus àrd-mharache, a' sabaid san Iucràin, na cogaidhean Turcach agus sa Chraidhmea. Dh'fhàg e leabhar-latha mionaideach mu dheidhinn a bheatha agus ann an 1699 chaidh a thiodhlacadh anns a' chiad Eaglais Chaitligich, a stèidhich e fhèin san Ruis.



**RU03 Caitriona Mhòr is Lighichean Albannach**  
Bha Caitriona Mhòr na bana-impire air impireachd na Ruis bho 1762–96, ùine a bhathar den bheachd mar aois òir do Ruis an Tsàir aig an àm sin. Bha Caitriona a' sireadh ri fir le comas is ùr-ghnàthachadh a tharraing don chùirt aice, Albannaich thalantach nam measg, a' gabhail a-steach lighichean. Fhuair Iain Rogerson dreuchd mar lighiche pearsanta don bhana-impire an deidh siubhal an sin ann an 1766. Bha Mata Guthrie na oifigear meidigeach clùiteach sa chùirt aice an deidh dha a thighinn ann trì bliadhna às deidh sin. An deidh a bharrachadh



a cheannach bho Oilthigh Obar Dheathain, sgrìobh an Sasannach Tòmas Dimsdale tràchdas air dìon bho ghalaran, a lean gu cuireadh a thoirt dha gu St Petersburg, a' dìon buill den teaghlach Rìoghail agus den uaisleachd bhon bhreac.

**RU03A Tòmas an Rannair**  
Dh'fhoadadh gun tàinig an ceangal cultarach sa doimhne eadar Alba agus an Ruis, tiòdhlac àrsaidh Thòmais an Rannair, am bàrr 600 bliadhna às deidh sin tro aon de a shliochd, Mikhail Lermontov. Bha Tòmas beò san 13mh linn ann an Ercildoune (Earlston) agus bha gibh na bàrdachd agus fàidheadaireachd aige. Rugadh Mikhail ann am Mosgo a' tighinn bho shliochd Sheòrais Learmonth a thuinich anns an Ruis ann an 1613. Bha cumhachd aig Tòmas agus Mikhail le chèile ro-innse mar a bhiodh suidheachadh na dùthcha aca san àm ri teachd, bhiodh iad le chèile a' teicheadh do na beanntan, bha iad le chèile air am buaireadh le ìomhaigheachd an t-Saoghail Eile. Ann an 2014, chomharraich an Ruis cuimhneachan dà cheud bliadhna Lermontov agus chaidh a bhodhaig umha a thoirt gu Earlston, a' coileanadh "Fadachd" a' bhàird air dùthchannan a shinnsearan fhacinn.

**RU04 Comhailteachdan an Artaig – PQ18 & HMS Ulster Queen**  
Ann an Dàrna Cogadh Mòr, bha Loch Iùbh ann an Taobh Siar Rois a' solarachadh acarsaid fhasgach do longan-cogaidh an Artaig airson tighinn comhla mus seòladh iad gu Murmansk agus Arkhangelsk san Ruis. Dh'fhàg soithichean Breatannach, Aimeireaganch, Ruiseanach agus Panamàian ann an comhailteachd PQ18 san t-Sultain 1942. Air bòrd a' chòrsair HMS Ulster Queen, bha an creisear dìosail Leonard H Thomas, agus tha na dàin, sgeidsichean agus leabhraichean-latha aige a' taisbeanadh mion-fhiosrachadh mun bhòidhe gabhaidh sin. Chaidh trì deug soithichean marsanta a chall ach ràinig fichead 's a h-ochd ann an Arkhangelsk le solar do na Ruiseanaich. Thill iad an uair sin gu Loch Iùbh air 30 Samhain 1942. Chaidh bonn Ushakov a bhuileachadh air na fir anns na comhailteachdan leis na Ruiseanaich ach cha d' fhuair iad aithne bho riaghaltas Bhreatainn gu 2013, nuair a thugadh Bonn Rionnag an Artaig dhaibh.

**RU05 Comhailteachdan an Artaig II**  
Chaidh Seumas Simpson air an HMS Devonshire san t-Samhain 1942 agus dh'fhuirich e oirre gu 1945. A' seòladh a-mach à fàsghaidh Loch Iùbh agus a' faire eadar Scapa Flow agus Altenford ann an Nirribhig, bha an HMS Devonshire a' solarachadh taic do na comhailteachdan Artaig Ruiseanach a bha a' dèanamh air puirt Murmansk agus Arkhangelsk ann an ceann a tuath na Ruis, agus bha iad cuideachd a' solarachadh dìon do ghniomhan adhair le bàtaichean-giùlain itealain an aghaidh na soithich-cogaidh Ghearmailtich Tirpitz a bha na laighe aig Altenford ann an Nirribhig. B' e a dleastanas an Tirpitz a chumail sa chala fhad 's a bhathar ga bomadh. Às deidh sin, stiùir an HMS Devonshire trì bàtaichean-giùlain itealain agus còig soithichean-sgrìos an aghaidh nam bataraidhean Gearmailteach a bha a' gearid larach ionad uisge trom ann an Nirribhig. Dh'fhuirich Seumas air an HMS Devonshire gus an d' fhuair e air èirigh as an dreuchd ann an 1946.



# Sgeulachdan às an Roinn Eòrpa

Ged a chaidh na h-imrichean tràth à Alba gu ceann a tuath na Roinn Eòrpa mu thimcheall a' Bhaltaig, thug iad buaidh nach bu bheag air a' Ghearmailt, an Òlaind, an Fhraing, Portagail agus an Eadailt. Tha diaspora air-ais fìor làidir a thaobh malairt air a bhith aig an Eadailt ann an Alba bho dheireadh an 19mh linn, ged a bha na tuineachaidhean nas tràithe san Eadailt le Albannaich mar thoradh air obair armailteach. Bha an t-Seann Chaidreachas leis an Fhraing a' ciallachadh gun robh Albannaich an sàs gu h-armailteach air a' mhòr-thìr bhon 14mh linn, tro Chogadh nan Ceud Bliadhna agus Màiri Banrigh nan Albannach a' pòsadh an Dauphin ann am meadhan na 16mh linn. Chaidh Colaiste Albannach a stèidheachadh ann am Paris agus às dèidh 1745 thàinig an Fhraing gu bhith na dachaigh mhaireannach do mhòran Sheumasach. Bha imrich don

Ghearmailt sa chiad àite airson malairt aig gach ìre, ach bha sruthadh mòr a-steach aig àm Cogadh nan Trithead Bliadhna le mòran shaighdearan Albannach a' sabaid air gach taobh.

Bha an diaspora san Òlaind sa mhòr-chuid mar thoradh air malairt nam meadhan-aoisean ach cuideachd thug e leis an eaglais Chlàireach Albannach agus iomairtean foghlaim. Ann an cùis Phortagail, bha Albannaich air sabaid agus stiùireadh ann am feachdan Portagail aig àm Napoleon, agus às dèidh sin thàinig iad gu bhith faighinn làmh-an-uachdar air a' mhalairt sa phort fhèin agus ann am Madeira. Bha iad cunntachail airson obair dèanadachd sròil a thoirt a-steach gu eilean Madeira agus airson Taigh-òsta Reid a tha ainmeil air feadh an t-saoghail.




## A' Ghearmailt



DE01



DE02



DE03



DE04

### DE01 Abaid Naoimh Sheumais Clabhstair Albannach

Bha Abaid Naoimh Sheumais ann an Regensburg na Schottenkloster no na Clabhstair Albannach, aon de naoi abaid ann an Ratisbon (Regensburg), Würzburg agus Erfurt, a ghabhail thairis. As dèidh Ath-leasachaidh na h-Alba ann an 1560, dh'ath-stèidhich an aba Ninian Winzet an abaid airson a bhith a' trèanadh shagairtean Albannach gus an dùthaich dhachaigheil ath-iompachadh. Ginealach às dèidh sin, chum Alasdair Baillie a' choimhearsnachd mhanachail ri cheile tro Chogadh nan Trithead Bliadhna, nuair a bha na feachdan Suaineach a' gabhail thairis nan togalaichean. Dh'ath-stèidhich Ninian Winzet a' mhanachainn Albannach; b' e Alasdair Baillie a shàbhail i.

### DE02 Doras Albannach

Tha an abaid ann an Regensburg a tha a' taisbeanadh an



Schottenportal, no an Doras Albannach, mar aon de na piosan ailtireachd Ròmanas as cudromaiche sa Ghearmailt. Air a togail san 12mh linn nuair a bha an abaid air a ruith le miseanaraidhean à Alba agus Èirinn, tha i a' cleachdadh trian den bhalla a tuath. As dèidh sin ann am beatha na h-abaid, bha Tòmas Fleming a' frithealadh mar aba fon ainm Placid, a' tionndadh sìos cuireadh an Rìgh Seumas VII & II gu bhith mar a' chiad easbaig Caitligeach ann an Alba bho àm an Ath-leasachaidh. Chunnaic an seachdamh linn deug àireamhan beaga de mhanaich a' tighinn às a' Ghearmailt gu teaghlaicean Caitligeach Gallta ann an Ear-thuath agus Iar-dheas na h-Alba.

### DE03 Sgoilearan Ratisbon

Bha an abaid ann an Ratisbon a' trèanadh 's ag oideachadh shagairtean Albannach. Dh'fhàg Tòmas Brockie, mar eisimpleir, airson a' mhisean iomallach anns a' Chabraich ann am Moireibh, a bhràthair Dòmhnall airson Srath Abhainne mus do thill e a sgrìobhadh am *Monasticon Scoticum*. B' e fear-fiosaig ainmeil a bh' ann an Seòras Anndra Gòrdain agus thug Seumas Gallus Robasdan gu buil a' chiad Tiomnadh Nuadh Caitligeach a chaidh fhoillseachadh ann am Beurla ann an Alba. Thug Tòmas Ildephonse Ceanadach teicneòlas gnìomhachasail Breatannach don Ghearmailt, agus bha Iain MacLaomainn à Bràigh Mhàr (1805–79) ag ionnsachadh ann an Ratisbon agus thàinig e gu bhith ainmeil air feadh an t-saoghail mar astronomer. Bha an t-Easbaig Seumas MacGillhosa à Dùn Eideann a' cur an aghaidh nan gluasadan gus deireadh a chur air a' cheangal Albannaich, ach dhùin an abaid ann an 1862.



### DE04 Sgeulachd Gaoil Ghearmailteach

Aig àm an Dàrna Cogaidh Mhòir, thuit Iseabail à Lodainn an Ear ann an gaol le Helmut Joswig, prìosanach Gearmailteach, agus an dèidh a leigeil mu sgaoil ann an 1947, chuir iad romhpa am beatha a chur seachad còmhla a dh'aindeoin claon-bhreith. Phòs iad ann an Dùn Eideann, a' fuireach ann an Newtongrange agus Prestonpans, ach ann an 1953 cho-dhùin iad gluasad don Ghearmailt. Thàinig iad tarsainn air barrachd claon-bhreith an sin: cha toireadh neach sam bith taigh air mál don nàmhaid. Tro chruadalas is dicheall, thog Iseabail agus Helmut an dachaigh fhèin, far a bheil i fhathast a' fuireach. Tha coighear chloinne aig Iseabail, seachdnar oghaichean agus sianar





# An Òlaind



## NL01 A' Bhana-phrionnsa Màiri

Chaidh na ceanglaichean dlùth eadar Veere agus Alba nam meadhan-aoisean a phiobrachadh ann an 1444, nuair a phòs a' Bhana-phrionnsa Màiri, nighean Sheumais I Alba, Wolfert VI à Borselen, Morair Veere. Thugadh an tiotal Iarla Bhùchann do Wolfert. Bhàsaich Màiri nuair a bha i òg agus chaidh a tiodhlacadh ann an Sandenburgh, suidheachan a fir-pòsta. Bha am pòsadh na prìomh bhrosnachadh airson malairt agus chaidh Veere a dhèanamh na phrìomh phort do dh'Alba – a' ciallachadh gur e am prìomh mhòrionad airson bathar Albannach a' dol don Roinn Eòrpa. B' àbhaist gur h-e Bruges am prìomh phort aig aon àm. Bha a leithid sin de dh'ìnbhe a' tarraing, chan e a-mhàin saidhbheas do Veere, ach coimhearsnachd ùr fhollaiseach de luchd-malairt Albannach.

## NL02 Sochairean Sònraichte

Chaidh am prìomh chunnradh a bhuileachadh gu foirmeil air Veere ann an 1541. Chaidh tobair a thogail a dh'aon ghnòthaich le luchd-malairt Albannach a th ann fhathast gus an latha an-diugh. Ro 1550, bha timcheall air 400 a-mach à 3,500 de luchd-còmhnaidh Veere à Alba, agus thugadh dhaibh sochairean sònraichte: saoradh bho chis air fion agus leann, an eaglais agus an lagh fhèin, lighiche agus òstair a dh'aon ghnòthaich airson Taigh Albannach a' bhaile. Mar sin bha an lighiche, an cleireach, am briteamh agus uachdaran an taigh-òsta aig an ìnbhe as àirde. Tha am pannal cuideachd a' taisbeanadh na malairt dà-shligheach aig Veere: clòimh, bradan im, leathar, gual agus seichean à Alba, le anart agus taidhlichean pana air an t-slighe air ais.

## NL03 Taigh na h-Alba

Bhiodh luchd-malairt Albanach ann an Veere gu tric a' togail taighean alainn, gu h-àraid timcheall a' chidhe agus na cèrnaig mhargaidh. Tha a dhà dhiubh sin, (*Little Lamb* agus *Ostrich*) air an atharrachadh a-nis gu Taigh-tasgaidh nan Albannach. Bha aon dhiubh aithnichte mar thaigh oifigeil "Nàisean na h-Alba" agus b' e a bha aig teis-meadhain an Coimhearsnachd. Bha greadhachas nan togalaichean sin ag ath-nochdadh beairteas is ìnbhe nam malairtich Albannach. Tha am pannal a' taisbeanadh saighdear den 22mh (Albannaich Houston), rèisimeid de dh'Arm nan Stàitean Duitseach, anns an deach Albanach sa mhòr-chuid a thrusadh. Bha iad a' frithealadh eadar 1779 agus 1782 agus bha iad suidhichte ann an Veere mar ghearsdan àm siud.

## NL04 An Gleidheadair

Bha *Gleidheadair Sochairean Albannach sna Dùthchannan Iosal* a chaidh a chur an dreuchd a dh'aon ghnòthaich, mar cheannard air a' choimhearsnachd Albannach anns an Òlaind. Bha a Bhràiste Urraim a' taisbeanadh foghnan na h-Alba agus an t-suaicheantais ainmeil, *Cha Bhuail Neach Mise le Neo-dhioghalta*. Air gach taobh de bhuill-airm a' Ghleidheadair, tha a' chiad fhear agus am fear mu dheireadh a dhleas an dreuchd sin, Seòras Gòrdain (1541) agus an Ridire Seumas Crauford (1799). Dh'fhàg a' mhòr-chuid de dh'Albannaich Veere an dèidh do na Frangaich ionnsaigh a thoirt air an àite às dèidh nan Cogaidhean Reabhlaideach. Tha dealbh air a peantadh ann an talla-bhaile Veere de na soithichean uile a thàinig a-steach don phort ann an 1651, agus b' e aon dhiubh an t-soitheach-cogaidh 'Naomh Andra', air a dealbh an seo gu h-ìosal air an làimh dheis.

## NL05 An Eaglais

Bha a' choimhearsnachd Albannach ann an Veere a' gabhail tlachd à buannachdan a raointean coisrigte fhèin an taobh a-staigh na h-eaglaise agus a' chladh, a' ciallachadh gum faodadh seirbheisean, pòsaidhean, baistidhean agus tiodhlachaidhean àite a ghabhail a rèir nan

gnàthasan Albannach. Ann an 1613, bha Veere a' toirt aoigheachd don chiad eaglais Chléireach Albannaich san Roinn Eòrpa. B' e an t-Urramach Alasdair MacDuff a' chiad chléireach Albannach san dreuchd an sin agus chùim an t-Urramach Lickly seirbheis dhrùidhteach an sin nuair a dhùin an eaglais ann an 1799. Tha an dithis gan sealltainn a' searmonachadh bhon chùbaid. Bha ceithir cupannan comain snaighte air an coimiseanadh don eaglais Albannach ann an 1620, agus tha am pios aig teis-meadhain a' phannail a' nochdadh nan gràbhailean mionaideach air na cupannan.

## NL06 Leòmhainn bhon Mhuir

B' e Gniomhachd Infatute (An t-Samhain 1–8, 1944) saoradh leis na Co-chòmhragaichean air Walcheren san Dàrna Cogadh Mòr. Anns a' ghnìomhachd seo bha mòran shaiighdearan de mhòran diofar nàiseantachdan – Breatannaich, Frangaich, Canàidianaich, Duitsich, Beilgich agus Nirribhigich – ach b' iad na saighdearan Albannach a shaor Veere: na 6mh 's na 7mh Camaròianaich; an 5mh Companaidh, a' Choisridh Aotrom Ghàidhealach; Iad Gàidheil Ghlaschu; agus saighdearan nan Inneadairean Rioghail agus a' Ghunnraidh Rioghail. Gu fortanach, fhuair Veere às le beagan damaist bhon chogadh. Bha aonadan Albannach eile a' sabaid tarsainn Walcheren cuideachd, a' gabhail a-steach Yeomen Lodainn, Saighdearan Cricchan Albannach an Rìgh, Freiceadan Dubh Chanada agus Gàidheil Chalgaraidh. Ghèill na feachdan Gearmailteach an latha as dèidh Veere a shaoradh.



## NL07 Dèanamh Malairt le Veere

Tha na ceanglaichean dlùth malairt eadar Veere agus Alba air leantainn air adhart gu càraideach eadar Veere agus baile Chuileann-Ros ann am Fìobha. B' e port cudromach malairt a bh' ann an Cuileann-Ros, le gual agus salann mar an dà ghnìomhachas a bu mhòtha a bh' ann sna siathamh agus na seachdamh linn-tean deug. Bhiodh soithichean a' toirt bathar à Cuileann-Ros agus a' tilleadh a' cleachdadh leacagan-phana à Veere mar bhallaist, agus is sin as adhbhar do a leithid de mhullaich dhearga san sgìre. Tha "luchairt" ghrinn an Ridire Seòras Brus fhathast a' sealltainn soirbheachas a chuid malairt thall-thairis: chaidh a togail le stuthan in-mhalairt, a' gabhail a-steach taidhlichean don mhullach agus don ùrlar à Iosal-Tìre.

## NL08 Eaglais Albannach Rotterdam 1643

Bha Rotterdam, mar a bha Veere, na mhòr-ionad malairt a' tarraing mòran den choimhearsnachd Albannaich. Thar nam bliadhnaichean, bha iad a' tighinn mar luchd-malairt, mar dhiùlannaich, fiù mar fhògarrach. Ann an 1642, cho-dhùin Morairean Rotterdam gun robh uimhir de dh'Albannaich ann agus gun robh iad airidh air àite adhradh dhaibh fhèin, agus a' bhliadhna às dèidh sin thàinig an t-Urramach Alasdair Petrie a Rinn Dealgros faisg air Peairt gu bhith na mhinistear dhaibh. Air a stèidheachadh sa chiad

àite ann an taigh-bathair, ghluais an eaglais gu togalach nas freagarraiche ann an 1658, a' frithealadh mar àite tèarmann do Chùmhnantaich leithid Risteadr Camshron (1648–80). Tro dheireadh na seachdamh linn deug, lean a' choimhearsnachd Albannach ann an Rotterdam a' sìor fhàs agus bha an eaglais a' sàsachadh am feumalachdan.

## NL09 Eaglais Albannach Vasteland 1695

Anns na 1680an, bha còrr agus mìle Albannach ann an Rotterdam, coimhearsnachd shoirbheachail le eaglais shoirbheachail. Bha Clèireachas Albannach glè cho-chòrdail ri teagasgan Calbhanach Rotterdam, agus mheasgaich na coimhearsnachdan Albannach is Duitseach gu math. Ann an 1695, bha *Schotse Kerk* ùr air a togail air an Vasteland, a' cleachdadh cloich a thugadh a-steach à Alba, a' gabhail a-steach cuid à Prestonpans. Anns na 1720an, chaidh an eaglais a leudachadh airson taigh-dèirce a sholarachadh do bhantraichean agus dilleachdain nan saighdearan Albannaich a bha an dèidh a bhith a' frithealadh fo Dhùic Mharlborough. Chaidh an eaglais a sgrios le bomaichean Gearmailteach sa Chèitean 1940, còmhla ris a' mhòr-chuid eile de Rotterdam.

## NL10 An t-Urramach Raibeart Walker

Rugadh an t-Urramach Raibeart Walker ann an Siorrachd Àir ann an 1755, chuir e seachad òige ann an Rotterdam an dèidh do athair a bhith air fhastadh mar mhinistear air an eaglais Albannach an sin. An sin, dh'ionnsaich e spèiladh deighe air na claisean-uisge reòithe. Thill Walker às dèidh sin a dh'Alba agus thug e fhèin a-mach a bhith na mhinistear, ged tha coltas ann nach do chaill e a mheas air spèiladh. Bha a chleas air Loch Duddingston faisg air Dùn Eideann sìor-mhaireannach tro dhealbha a thathar an dùil a chaidh a pheantadh le Enraig Raeburn, agus tha *The Skating Minister* air a' tighinn gu bhith mar aon de na piosan ealain as suaicheanta ann an Alba. Tha an aon stoidhle thraidiseanta de bhòrgan-spèilidh air an cleachdadh fhathast ann an Rotterdam gus an latha an-diugh.

## NL11 An Eaglais Albannach 1952

Cha b' e sgrios na h-Eaglaise Albannaich leis an *Luftwaffe* ann an 1940 deireadh a' choitheanail eachdraidheil seo. Ann an 1951–2, chaidh togalach ùr a chur suas air Schiedamsevest, a' cothlamadh buadhan traidiseanta Albannach le stoidhle an ama ùir. Thoisich dreach ùr de luchd-adhradh a' tighinn don eaglais ùr: na mnathan-bainnse Albannach a bha air seòladairean Duitseach a phòsadh a bha suidhichte aig costa Alba anns an Dàrna Cogadh Mòr. Bha an eaglais mar phàirt bheag de an dachaigh. Ann an 1993, chomharraich iad an 350mh ceann-bliadhna, a' leantainn air adhart a' soirbheachadh mar an Eaglais Albannach Eadar-nàiseanta, a' frithealadh coitheanal farsaing bho air feadh na dùthcha.

## NL12 Oilthigh Leiden

Chaidh Oilthigh Leiden a stèidheachadh ann an 1575 fhad 's a bha a' Phoblachd Dhuitseach a' sabaid airson neo-eisimeileachd air falbh bho riaghladh Spàinneach. Thàinig e gu luath gu bhith mar aon de na h-ionadan ionnsachaidh a b' onaraichte ann an ceann a tuath na Roinn Eòrpa agus – 's docha on a b' fheàrr leotha stèidheachd phròstanach seach feadhainn mar ann am Paris – ann an tìne gun a bhith fada bha àireamhan mòra de dh'òileanaich Albannach a' clàradh. Bho 1575 gu 1800, bha faisg air mìle gu leth Albannach ag ionnsachadh ann an Leiden, a' gabhail a-steach luchd-stèidhidh Garraidhean Lusan Rioghail Dhùn Eideann agus sgoil leigheis Oilthigh Dhùn Eideann. Bha mòran eile ag ionnsachadh lagh agus chaidh iad air adhart a' toirt na dh'ionnsaich iad ann an Leiden gu cridhe na beatha phoblach ann an Alba.







# An Fhraing



## FR01 An t-Seann Chaidreachas

B' e cùmhnannt fad-sheasmhach de cho-chobhair eadar rìoghachd na h-Alba agus an Fhraing a bh' anns an t-Seann Chaidreachas no *Vieille Alliance*, a chum smachd air poileasaidh cèin na h-Alba airson na mòr-chuid de na meadhan-aoisean. Chuireadh an gnìomh an cùmhnannt ann an 1295 nuair a bha feum aig an Rìgh Iain Balliol air co-chòmhragaichean a chionn 's gun robh an dàimh a bh' aige le Sasainn air a dhol am miosad, agus mhair e gu h-oifigeil gus na 1560an nuair a thàinig Alba gu bhith na nàisean Phròstanaich. Lean an cùmhnannt air adhart gu saighdearan Albannach a bhith a' sabaid ann an cogaidhean taobh ri taobh ris na Frangaich, ann am buaidh agus ann an call, agus saighdearan Frangach a' tighinn a dh'Alba ann an amannan eiginne. Lean e gu co-chomann làidir cultarach is dioplòmasach eadar an dà dhùthaich.

## FR02 An Geàrd Albannach

Bha an t-Seann Chaidreachas agus na cogaidhean a bha na lùib an aghaidh Shasainn, a' ciallachadh gun robh saighdearan Albannach a' togail airm san Fhraing aig am Cogadh nan Ceud Bliadhna. Ann an 1418, shiubhail feachd mhòr Albannach a chuicheadh Teàrlach VII, a bha gu bhith na rìgh, a thaghad ceud dhiubh airson a bhith mar gheàrd phearsanta dha. B' e seo toiseach an *Guarde Ecossaise* no an Geàrd Albannach, a dh'fhuirich mar phàirt den gheàrd rìoghail cho fada 's a mhair e. Bha iad an sàs ann an seirbheis cogaidh cho math ri bhith coileanadh an dleastanasan mar fhreiceadain geàird is luchairt. Chaidh an cur mu sgaoil gu h-oifigeil aig am an Reabhlaid Fhrangaich, ach thàinig iad còmhla a-rithist airson ùine ghoirid an deidh ath-stèidheachadh Bourbon.

## FR03 Màiri à Guise

B' e Màiri à Guise (1515–1560) a' bhean Fhrangach a bh' aig Rìgh Seumas V ann an Alba. Thug Màiri buaidh làidir Frangach air cùisean na h-Alba, ach bhàsaich an dithis mhac aca 's iad nan naoidheanan. Rugadh nighean dhaibh, Màiri, ann an 1542 ach bhàsaich Seumas gu h-obann dìreach latha no dhà às deidh sin. Rinn cogadh le Sasainn agus fòirneart an Ath-leasachaidh ann an Alba na bliadhnaichean a lean fìor dhùbhlach agus na buidhnean Pròstanaich a' cur an aghaidh a' chaidreachais a bha a' leantainn leis an Fhraing. Bha Màiri a' riaghladh mar thànaiste às leth a nighinn bho 1554 gus na bhàsaich i ann am meadhan cogadh catharra ann an 1560. Thill an nighean aice às an Fhraing an uair sin a riaghladh na dùthcha.

## FR04 Màiri, Banrigh nan Albannach

Thàinig Màiri Stiùbhart (1542–1587), Banrigh nan Albannach, gu rìgh-chathair na h-Alba nuair a bha i dìreach sia làithean a dh'aois. Bha strì mhòr ann airson a pòsadh agus mu dheireadh chaidh Màiri a chur air falbh don Fhraing a phòsadh an Rìgh Proinseas II (san amharc). Mar sin, chuir i seachad a' mhòr-chuid de a h-òige sa chùirt Fhrangach ach cha robh a rìoghachadh mar Bhanrigh na Frainge ach gearr, oir bhàsaich a fear-pòsta òg. A' tilleadh a dh'Alba mar Bhanrigh Chaitligeach air dùthaich Phròstanaich, cha robh fada gus an d' fhuair i i fhèin air a tarraing a-steach do ghàbhaidhean is sgeamaichean mìchneasta, a thug oirre an rìgh-chathair a thoirt suas ann an 1567. Fhuair i air teicheadh a Shasainn ach chaidh a cur gu bàs às deidh sin airson a bhith an sàs ann an cuilbheartan Caitligeach an aghaidh Ealasaid I.

## FR05 Na Stiùbhartach air Fògradh

Nuair a chaidh Seumas VII & II an rìgh-chathair ann an 1688, dh'adhbhraich sin cùirt rìoghail Stiùbhartach air fògradh a bhith air a stèidheachadh ann an caisteal òirdheir Saint-Germain-en-Laye faisg air Paris. B' ann an seo a dh'fhàs mac Sheumais, Seumas Proinseas Èideard

Stiùbhart, suas. Chithear Seumas VIII an seo leis a' chaisteal air a chùlaibh. An deidh don Ar-mach ann an 1715 failligeadh, dh'fhag Seumas Saint-Germain agus taobh Lorraine agus Avignon, stèidhich e mu dheireadh cùirt anns am Palazzo Muti san Ròimh. B' ann an seo a rugadh Teàrlach Èideard Stiùbhart, a thill don Fhraing nuair a chuir e Ar-a-mach fhèin air chois ann an 1745 bho St Nazaire faisg air Nantes.

## FR05A Iain Law

Rugadh Iain Law ann an Dùn Èideann ann an 1671. Ceàrraiche le dioghras airson mnathan, chaidh a dhèteadh airson murt an deidh còmhrag-dithis agus theich e don Roinn Eòrpa, far an do thòisich e a' leasachadh teòiridhean ionmhasail. Ann an 1715, bha Diuc Orléans, tàistear do Rìgh Louis XV, a' sireadh comhairle bho Law air eaconamaidh isal na Frainge agus dh'fhastaidh e e mar Smachdair Coitcheann an Ionmhas. Stèidhich Law am *Banque Générale* agus thug e a-steach airgead-pàipeir. Ach bha e cuideachd na ailtire air "The Mississippi Bubble", a' leantainn gu tuiteam *Banque Générale*. Chaidh buaidh seo fhairichdainn air feadh na Roinn Eòrpa, a' fàgail na Frainge air bruach bristeachais. Theich Law agus bhàsaich e gun sgillinn ann am baile Venice ann an 1729.



## FR05B Am Prionnsa Teàrlach

Ann an 1745, chaidh Teàrlach Èideard Stiùbhart a chur an aithne do Antoine Walsh, priobhadair Frangach-Èireannach stèidhichte ann an Nantes a chuidich e a' faotainn buill-airm, connadh-gunna agus dà shoitheach airson an iomairt aige gus rìgh-chathair Bhreatainn fhaighinn air ais. Chuir Walsh air dòigh cuideachd gum fuiricheadh am Prionnsa aig Sénéchal Gailliot de Cran air *Rue de la Rampe* ann an Saint Nazaire. Rinn Teàrlach às ann an dìomhaireachd ann am bàta iasgaich d'heath costa Nazaire, mus deach e air bòrd an *Du Teillay* agus rinn e air Belle-Île, far an robh am bàta-cogaidh *Elisabeth* a' feitheamh. Cha do ràinig Alba ach an *Du Teillay*, agus mar sin thòisich an Èirigh Seumasach mu dheireadh ach as ainmeile.

## FR06 Seumas Young Simpson

Rugadh Seumas Young Simpson ann am Bathgate air 7mh Ògmhios 1811. Bha a mhàthair bho shliochd Huguenot agus b' e bèicear a bha na athair. Fhuair Simpson urram Ceumnaiche de Cholaiste Rìoghail nan Lannsairan ann an Dùn Èideann ann an 1830, choisinn e MD ann an 1832 agus ann an 1835 thog e air turas Eorpach, a' tadhal air ospadalan ann am Paris. Chaidh fhastadh às deidh sin gun chathair banas-glùine ann an Oilthigh Dhùn Èideann. Ann an 1847, thug e a-steach cloroform mar an-fhairreachair. Chaidh Simpson fhastadh mar Lighiche na

Banrigh ann an Alba, co-phàirtiche cèin den Acadamaidh Eòlais-leigheis ann am Paris agus chaidh duais Monthyon a bhùileachadh air le Acadamaidh Frangach nan Saidheansan, airson 'na buannachdan as cudromaiche a rinneadh don chinne-daonna'.

## FR07 Raibeart Louis Stevenson ann an Cevennes

Bha Stevenson (1850–1894) mar aon de na sgeulaichean a b' ainmeile ann an Alba, le clùt aige airson leabhraichean nam mòr-thursan *Kidnapped* agus *Treasure Island*. Dh'fhàs e suas ann an Dùn Èideann ach bhiodh e tinn gu minig agus ann an 1873 shiubhail e gu ceann a deas na Frainge airson faighinn seachad air. Mar thuras fìor mhòr, dh'fhalbh e air turas coiseachd leis fhèin tro bheanntan Cevennes. Dh'fhoillsich e cunntas den turas san robh 120 mìle ann an 1879. B' e *Travels with a Donkey in the Cevennes* aon de na ciad leabhraichean a bha a' moladh coiseachd mar chur-seachad, agus tha mòr-thuras Stevenson air ath-chruthachadh le luchd-siubhail gus an latha an-diugh.

## FR08 Teàrlach Rennie Mac an Tòisich ann an Rousillon

Rugadh an neach-ealain, an t-ailtire agus an dealbhaiche Albannach, Teàrlach Rennie Mac an Tòisich (1868–1928) ann an Glaschu, am baile ma dh'fhaodte leis an robh an dàimh bu dlùithe aige. Ann an 1923, agus e a' fas gèibh de dh'ailtireachd, shiubhail e còmhla ri a bhean gu ruig Rousillon, far a bheil oirthir a deas na Frainge a' coinnreachadh ris na Pyrenees. Bha Mac an Tòisich na shonas an sin a' peantadh nan cruthan-tìre mhìorbhaileach a bha mun cuairt air agus roghnaich iad fuireach san sgìre a' dèanamh an dachaigh ann am Port-Vendres. Dh'fhàg e ann an 1927 nuair a dh'fhàs e tinn, a' siubhal a Lunnainn far an do chaochail e an ath bhliadhna le ailse. San latha an-diugh, tha Slighe Theàrlach Rennie Mhic an Tòisich agus grunn ionadan eadar-mhìneachaidh a' comharrachadh na dlèib aige agus na h-ùine a bh' aige ann an Rousillon.

## FR09 An Dr Elsie Inglis agus Aonad Leigheis Mnathan na h-Alba, Royaumont

B' e tùsair ann an leigheas mhnathan a bh' anns an Dr Elsie Inglis (1864–1917). An deidh a h-ionnsachadh ann an Dùn Èideann agus Glaschu, thòisich an Dr Inglis ag iomairt an aghaidh droch irean mathais do dh'euslaintich bhoireann, a' stèidheachadh ionadan leigheis agus ospais màthaireachd ann an Dùn Èideann. Leis a' Chiad Chogadh Mòr a' briseadh a-mach, chuir i air bhonn Ospadalan Mhnathan na h-Alba ann an Seirbheis Cèin, a dh'fhosgail aonadan leigheis air feadh nan raointean cogaidh, a' solarachadh sheirbheisean deatamach leithid banaltraman, luchd-taic agus draibhearann charbadan-eiridinn. B' e ospadal taic le dà ceud leabaidh a' chaid fhear a dh'fhosgail, ann an Abaid mheadhan-aoisean Royaumont tuath air Paris, agus fo stiùireadh Crois Dhearg na Frainge.

## FR10 Goilf agus Arnaud Massy

Thathar a' creidsinn gun tàinig gèam a' ghoilf a tha cho co-cheangailte ri Alba, gu bith mar leasachadh air an t-seann gheam chole, a dh'ionnsaich buidheann de dh'Albannaich ann an 1421 nuair a bha iad an lùib iomairt còmhla ris na Frangaich. Aig deireadh na naoidheamh linn deug ge-tà, bha goilfearan proifeiseanta à Breatainn a' tilleadh don Fhraing a dhèanamh cleachdadh air a' gheam sa ghreìn. B' ann le bhith a' coimhead nan cluicheadairean sin a fhuair Arnaud Massy (1877–1950) a-mach gun robh e fhèin measail air a' gheam. Shiubhail e gu Bearraig a Tuath a dh'ionnsachadh tuilleadh, mus tàinig e gu bhith mar an cluicheadair a bu shoirbheachail a-riamh san Fhraing. Aig am an Dàrna Cogaidh Mhòir, ghluais e airson greisgead a Dhùn Èideann agus tha e air a thiodhlacadh ann am prìomh bhaile na h-Alba.





# Portagail



**PT01 Iain an t-Albannach: Iain Druimeanach**  
Bhuineadh Iain Druimeanach do theaghlach cliùiteach le ceanglaichean rìoghail, ach bha e gu soilleir le spiorad làidir siubhail agus e an dan dha ainm a chosnadh dha fhèin taobh a-muigh Alba. Thathar am beachd gun d' rugadh e mu 1400, agus bha e air falbh a' sireadh saoghal ùr san Fhraing agus e dìreach na dheugair mus do ghluais e air adhart gu ruig Portagail. Ann an 1424, bha an ridire òg Albannach seo am measg a' chiad luchd-tuineachaidh a sheòl bho thir-mòr Phortagail gu Eilean Madeira, air bòrd bàta-siùil João Gonçalves Zarco. Bhàsaich a chiad bhean, Catarina Vaz, ga fhàgail le aon nighean, agus an dèidh dha Branca Afonso a phòsadh, lean e air adhart a' cruthachadh loidhne chudromach de shliochd Drummond/ Escórcio. Bhàsaich Iain ann am Madeira mu 1464.



**PT02 Seòras Sandeman**  
Ged a b' fheàrr leis a' mhargaid Shasannach port seach a' mhargaid Albannach, b' ann aig gnothachasan Albannach a bha làmh-an-uachdar

air malairt san naoidheamh linn deug. Chaidh fion Sandeman a stèidheachadh ann an 1790 le Seòras Sandeman a' Peairt, a' malairt port agus searaidh bho thaigh cofaidh ann an Lunnaibh. Còig bliadhna às dèidh sin, bha àite aige ann an Cadiz agus ann an 1811 cheannaich e seilear airson a bhith ag aoiseadh aig Villa Nova de Gaia ann am Portagail. Bhathar a' giùlain a' phuirt gun chosta ann an seòrsa de bhàta ris an canaist *rabello*, mar a chithear an seo. Dh'fhàs luchd-ceannach Sandeman cleachdte ri am branndadh tùsail agus an comharran-malairt, do bheil e cliùiteach agus an latha an-diugh.



**PT03 Malairt a' Phuirt**  
Bha port ga dhèanamh (agus tha fhathast) ann an gleann Duoro ann an ceann a tuath Phortagail, agus an dèidh sin

gu h-àbhaisteach bha e a' dèanamh a shlighe gu margaidhean thall-thairis tro bhaile-mòr Phorto. Dh'fhàs na Breatannaich measail air mar thoradh air troimh-a-chèile ann an ruigsinneachd air fionan Frangach air adhbhrachadh le cogadh, agus an dèidh iomairtean Arm Bhreatainn ann am Portagail an aghaidh Napoleon san Fhraing, fhuair mòran de na h-oifigearan blas airson na dibhe seo agus faireachdainn air cothrom gnothachais. B' e Raibeart Cockburn aon de na h-Albannaich sin agus an dèidh dha tilleadh às a' chogadh, stèidhich e taigh puirt ann an 1815. Am measg ainmean eile a tha cliùiteach airson port, tha Dow, Gould Caimbeul, Symington, Greum, Robasdan agus Sandeman.



# An Eadailt




**IT01 Luchd-dèanamh Iomhaighean Plèastair**  
B' e luchd-dèanamh iomhaighean a' chiad eilthirich a thàinig a Barga. Bho na 1860an gu tràth sna 1990an, shiubhail sgiobaidhean de cheathrar fhear agus bhalach, a' gabhail a-steach na mic a bu shine a teaghlach le bochdainn, tro cheann a tuath na h-Eadailt, tron Roinn Eòrpa gu Breatainn, agus mu dheireadh thall a' ruighinn Alba. Thug bara de cumaidhean, plèastair agus peant dòigh dhaibh air iomhaighean beaga diadhaidh a cruthachadh. Tha an sgeulachd ag innse nach robh mòran iartais air iomhaighean Caitligeach ann an Alba, agus mar sin bha luchd-reic iomairteach a' peantadh nan iomhaighean ann an riochd Iain Knox. Tha Bruno Serini ag ràdh gun robh iad cuideachd air an atharrachadh gus a bhith coltach ri Giuseppe Garibaldi do na Pròstanaich agus an Naomh Pàdraig do na Caitligich.



**IT01A Cùirt nan Stiùbhartach san Ròimh**  
Ghluais Cùirt nan Stiùbhartach air fhògair don Ròimh ann an 1719, a' gabhail còmhnaidh ann am Palazzo Muti. B' ann an seo a bha an Rìgh Seumas VIII & III os cionn fàrdaich ghnìomhach a thàinig gu bhith na fòcas bheòthail do fhogarraich Sheumasach a' sireadh buaidh cosnaidh. Chaidh Seumas Moireach a dhèanamh na Iarla air Dùn Bharra ann an 1721, agus bha e fhèin agus a phuithar a' frithealadh a' Phrionnsa Theàrlach mar oide agus ban-riaghlaidh. Phòs Marsaili Iain Hay, don tug Seumas tiotal Iarla Inbhir Nis agus rùnaire na stàite. Rugadh an dithis, Teàrlach Èideard agus a bhràthair Eanraig, san lùchairt seo agus bhàsaich Teàrlach an sin ann an 1788. B' e Teàrlag a' Albannaidh an t-aon phàiste a bh' aige.



**IT02 Mic Fir nan Èisg is Sliseagan**  
Roghnaich cuid de luchd-dèanamh nan iomhaighean fuireach ann an Alba, far na ghluais mòran dhiubh gu gnothachas nan reòiteag no gnothachas èisg is sliseagan. Thuinich a' mhòr-chuid de na h-in-imrich mun cuairt air Pàislig, na Leargaidh Ghallta agus Inbhir Nis. Rinn tuilleadh de mhuintir Bharga an uair sin imrich a-nall a dh'Alba, ged a bha an fheadhainn a ghluais gu sgìrean Pròstanaich ann am meadhan Alba a' fulang leth-breith airson a bhith Caitligeach. Cha robh iad ceadichte ach obraichean sgalagail a ghabhail a thaobh 's gun robh ceàird air an cumail do na Pròstanaich ionadail. Bha seo a' brosnachadh iomairt phrìobhaideach a' leantainn air adhart gu fosgladh air bùitthean a' reic



reòiteagan no iasg is sliseagan. Bha an tàthchuid a dh'fheumaist airson seo furasta fhaighinn agus saor cuideachd. Bha blonaig ga cleachdadh mus tàinig ola gu bhith furasta a faighinn.

### IT03 Ghabh iad an Rathad Iosal

Chuir Bruno Serini ceithir bliadhna seachad mar dheugaire ann an Glaschu mus deach e don Bhragad Eadar-nàiseanta ann an Cogadh Catharra na Spàinne. Chuir e am pàipear-naidheachd Il Giornale di Barga air bhonn ann an 1949. Thàinig Umberto, mac Bhruno, gu bhith na Àrd-Bhàillidh air Barga agus bha e a' coimhead thairis air a charaideadh le Prestonpans, Cùil Choinnich, Port Seton agus Longniddry. Tha cuimhneachan do na h-Albannaich ionadail a bha a' sabaid leis a' Bhragad Eadar-nàiseanta ri fhaicinn ann am Prestonpans. Rugadh an cluicheadair ball-coise, Giovanni 'Seonaidh' Moscardini (1897-1985) anns an Eaglais Bhric agus bha e a' sabaid don Eadailt anns a' Chiad Chogadh Mòr. Ghluais e gu Barga agus bha e a' cluich do sgioba nàiseanta na h-Eadailt mus do ghluais e air ais a dh'Alba nuair a leig e dheth a dhreuchd. Tha lann-cluiche Bharga air ainmeachadh às a dheidh.

### IT04 An Dàrna Cogadh Mòr agus an Arandora Star

Nuair a dh'èigh Mussolini cogadh an aghaidh Bhreatainn ann an 1940, bha fir a rugadh san Eadailt ach a' fuireach ann an Alba, air am braidheanachadh fhad 's a bha an luchd-daimh a' frithealadh anns na feachdan co-chòrdail. Bha mòran dhiubh air an toirt do dh'Eilean Mhanainn, agus bha an SS Arandora Star air a coimiseanadh gus an giùlain gu na campaichean braidheanais ann an Canda. Dh'fhuiling an t-soitheach spailteart bho U-bàta Gearmailteach air 2 lùchair agus chaidh an t-soitheach sios le còrr agus oich ceud neach air bòrd, a' mhòr-chuid dhiubh nan Eadailtich fo bhraighdeanas. Bha e aithnichte gun robh oich deug dhiubh a Barga. Chaidh gàrradh cuimhneachaidh fhosgladh aig Àrd-Eaglais Chaitligeach an Naoimh Anndra ann an Glaschu air an 70mh ceann-bliadhna den tachartas.

### IT05 Am Baile as Albannaich san Eadailt

San latha an-diugh, tha Barga aithnichte mar am baile as Albannaich san Eadailt, le mu dhà thrian na h-àireimh-sluaigh le buill teaghlach a' fuireach ann an Alba. Tha sliochd cuid den fheadhainn a shiubhail a dh'Alba air tilleadh a dh'fhosgladh taighean-bidh, taighean-seinnse agus bùitthean

reòiteagan. Tha cuid eile de dh'Albannaich nach eil Eadailteach air an dachaigh a dhèanamh ann am Barga. Tha Barga a' tarraing mòran luchd-tadhail Albannach, glè thrì air am brosnachadh le cothrom an cruth-tìre àlainn Thuscanach a pheantadh, no a ghabhail pàirt ann an diofar fhèisean ciùil, anns an fhèis bhliadhnaile èisg is sliseagan no Seachdain Albannach a' bhaile. Is iad Albannaich-Eadailtich ainmeil, an seinneadair Paolo Nutini agus an cluicheadair ball-coise Seonaidh Moscardini.

### IT06 Iain Bellany

B' e neach-ealain co-aimsireil cliùiteach a bh' ann an Iain Bellany (1942-2013) a rugadh ann am Port Seton ann an Lodainn an Ear. Bhiodh e gu tric a' peantadh dhaoine agus sheallaidhean bho choimhearsnachdan na h-oirthir air an robh e cho eòlach. Nas fhaide air adhart na bheatha, an dèidh dha clùt eadar-nàiseanta a ruighinn, ghluais e gu Barga ann an Tuscanaidh far a bheil coltas gun do phìobraich an cruth-tìre faireachdainn nas soilleire na obair. Bhrosnaich gluasad Bellany gu Barga leasachadh air ceanglaichean càraideach leis an sgìre anns na dh'fhàs e suas, a tha air leantainn air adhart gu fas ann an càirdeas a tha làidir agus for-ghnìomhach. Lorgar eaidhb pheantaidh Iain Bellany ann an cruinneachaidhean poblach air feadh an t-saoghal.



### IT07 Picinisco

Tha ceanglaichean diaspora an taobh eile ri Alba ann am Picinisco ann an Lazio, ach glè choltach ris an fheadhainn ann am Barga, co-fharpaiseach don bheachd gur e an t-àite as Albannaich san Eadailt. Ann an suidheachaidhean duilich eaconamach an dèidh an aonaidh, dh'imrich mòran a Picinisco air los chothroman a bharrachd thall-thairis. Ged a thuinich iad ann an diofar cheàrnaidhean den Rìoghachd Aonaichte, ràinig mòran dhiubh oirthir an iar Alba agus thàinig iad gu bhith gu mòr an sàs ann an gnìomhachas nan reòiteagan. B' e malairt a bh' ann air an robh mòr-mheas leis na daoine ionadail, a thathar den bheachd a chuidich le iad am fìleadh a-steach agus gabhail riutha gu sòisealta. San latha an-diugh, faodaidh deichean de mhiltean de dh'Albannaich dualachas Eadailteach a thagradh.



# Sgeulachdan à Àisia a Deas

Rinn na h-Albannaich an slighe gu Pagastan, na h-Ìnnseachan agus Sìona an toiseach mar luchd-mhalairt ach an uair sin mar ghaisgich ann an Companaidh Taobh Sear nan Ìnnseachan, companaidh a bha a' toirt teatha à Sìona gu fo-mhòr-roinn nan Ìnnseachan. Bha prìomh dhleastanas aca ann an rianachd gu h-àraid às dèidh Achd an Aonaidh ann an 1707, le Eanraig Dundas a' dèanamh cinnteach gun d' fhuair Riaghaltas Bhreatainn àrdachadh aig deireadh gnothaich. B' e baile gnìomhachd sònraichte a bh' ann an Calcutta, far an robh sgoiltean, an t-Oilthigh agus an Sgoil Leigheis uile air an stèidheachadh agus Rèisimeid Albannach air a trusadh don Arm Ìnnseanach. Bha a'

mhalairt air diut anabarrach cudromach còmhla ri teatha, dìreach mar a bha cotan, fiodh agus guirmean. Tha an dileab armailteach air fantainn làidir gus an latha an-diugh, le Pagastan ainmeil airson a chòmhlain piobaireachd.

Chaidh malairt le Sìona a stèidheachadh an toiseach ann an Canton airson teatha, pòrsalan, sìoda agus òpium. Às dèidh Hong Kong a thoirt air màl do Bhreatainn, chuimsich Jardine agus MacMhathain air a' cheàrnaidh sin 's iad nam prìomh mheadhan air leasachadh a' bhaile sin agus tha iad fhathast an làthair ann gus an latha an-diugh. Bha àite cudromach aig miseanaraidhean à Macau cuideachd agus aig eadar-theangachadh a' Bhìobaill gu Sìonais.



## Pagastan



PK01

### PK01 Piob Mhòr Sialkot

Ged a bhios sinn a' co-cheangal na Pioba Mòire ri Alba, chan eil freumhan na pioba mòire à Alba amhàin agus tha i ceangailte ris an Roinn Eòrpa, an Ear Mheadhanach agus Àisia cuideachd. Mar sin, cha bu chòir dha a bhith na iongnadh gu bheil Sialkot ann am Pagastan air a bhith na dhachaigh do ghnòthachas soirbheachail a' dèanamh phìoban airson còrr agus linn, le mòran chompanaidhean beaga sa bhaile-mhòr sin a' dèanamh phìoban a thuilleadh air èideadh Gàidhealach, agus gan às-mhalairt air feadh an t-saoghal. Tha Nadeem Bhatti na Àrd-Oifigear air aon de na gnothachasan sin, a chaidh a thòiseachadh le a sheanair ann an 1895, a' reic phìoban agus èideadh Gàidhealach do rèiseamaidean Arm Bhreatainn. Dh'fhàs an gnothachas aige, tha Nadeem ag ràdh, agus ann an 1910 b' e a' chiad neach a thòisich ag às-mhalairt na pioba mòire a dh'Alba!



PK02

### PK02 Colaiste Chinn Àird do Bhoireannaich

Ann an 1928, fhuair Iseabail T NicNair a rugadh ann an Cill Mheàrnaig, dreuchd mar Phrionnsapal na colaiste bhoireannach as ainmeile ann am Pagastan, Colaiste Chinn Àird ann an Lahore. Stiùir i a' cholaiste tro àm buaireasach an roinnidh, nuair a thug i fasnachd do fhogarraich bho thaobh eile na crìche ùire. Na 22 bliadhna mar Phrionnsapal, thàinig NicNair gu bhith aithnichte mar neach-òideachaidh agus neach-adhartachaidh chòraichean bhoireannach. Bha i ag obair gun sguir gus riaghailtean stèidhichte air gnè a thionndadh agus bhrosnaich i boireannaich gu bhith a' beachdachadh air dreuchdan-beatha proifeiseanta. Anns an Liosta Urraman mu dheireadh a thugadh seachad leis na Breatannaich no neo-eisimeileachd, fhuair NicNair am bonn cliùiteach Kaiser-i-Hind. Ann an 1958, fhuair i dreuchd mar Cho-fhoghlamaiche Fad-beatha le Oilthigh Punjab. Thill i a dh'Alba ann an 1950.



PK04

### PK04 Caraid Phosta

Is e facail Almas Mir aig aois 21 bliadhna, a tha air a' phannal seo, sgrìobhte air clàr-bidh a bh' air an

itealan a thug i gu beatha ùr ann an Glaschu. B' e Arif Mir, clàr chunntasan aois 30 bliadhna, a bha pòsta aice agus mar a bha àbhaisteach aig an àm sin choinnich iad airson a' chiad uair air an latha pòsaidh. Gu fortanach, dhearbhan an rannsachadh a rinn a dlùth-dhàimhean a thaobh am biodh iad co-fhèagarrach dha chèile, gun robh oir fiù 's a-nis bidh Arif a' cur Almas an aithne leis na facail "am boireannach as brèagha air an t-saoghal". Thug Almas a-mach teagasg, bha ceathrar chloinne aice - Uzma, Aamer, Aasmah agus Imran - agus tha i a-nis ag obair mar stiùiriche ri taobh Arif ann an gnothachas an teaghlaich.

### PK04 NHS: Lighichean agus Banaltraman

An dèidh do Sheirbheis Nàiseanta na Slàinte (NHS) a bhith air a stèidheachadh ann an 1948, chaidh lighichean agus banaltraman às a' Chò-fhlaitheas a bhrosnachadh gu gluasad don Rìoghachd Aonaichte. Thadhail an lannsaib Albannach An Ridire Gòrdain Gòrdain-Mac an Tàilleir air Àisia a Deas a thrusadh luchd-obrach. Am meas iadsan a ghabh ris an iarrtas, bha an Dr Salim U Ahmed, ceumnaiche à Colaiste Mheidigeach an Rìgh Èideard agus an Dr M Ayub Mirza, ceumnaiche à Colaiste Mheidigeach Dow, a ghluais don UK ann an 1955. Bha iad ag obair gun sguir le creideas dìoghrasach san NHS. Tha am pannal seo na mholadh air na rinn iad agus na rinn còrr air 8,500 lighiche eile a tha air ceumnachadh ann am Pagastan agus a rinn imrich don Rìoghachd Aonaichte bho na 1950an.



PK05

### PK05 Ealain Truga

Tha ealain truga mar phàirt de chultar Phagastan anns a bheil cha mhòr a h-uile truga san àite air an sgeadachadh gu àrd-ìre le dealbhan air am peantadh, nithean eile agus gràbhalaidhean. Tha am pannal seo a' dèanamh iomradh air an traidisean sgeadachaidh seo agus ag aithneachadh coltachd breacan a' chiobair ann an Alba ri modhan fighe den aon seòrsa ann am Pagastan agus na h-Ìnnseachan. Ach chan e tuiteamas a tha seo idir, oir tha eachdraidh fighe air a' bheairt a' sìneadh air ais thar mhòran linntean, le freumhan ann an Sìona agus Àisia. Thathar a' comharrachadh a' cheangail àrsaidh seo le tartan a' Chò-fhlaitheis. Cuideachd a' nochdadh air a' chearcall an taobh a-staigh na deilbhe tha tartan Còmhlan Pioba Patiala à Lahore.



## Taidhuàn



TW01

### TW01 An Ridire Pàdraig Manson

Tha an Ridire Pàdraig Manson (1844-1922) air a bhith air ainmeachadh mar athair eòlas-leigheis tropaigeach. Air a bhreith ann an Oldmeldrum agus air a thrèanadh ann an Oilthigh Obar Dheathain, shiubhail e gu Formosa (Taidhuàn) a dh'obair mar oifigear meidigeach do Chusbainn Maraireachd Shìona. A thuilleadh air a bhith a' sgrùdadh shòithichean agus an criuthaichean, bha e a' frithealadh euslaintich Sìonach ann an

ospadal mhiseanaraidhean agus ghabh e tuidh ann an galaran tropaigeach. Chomharraich e an t-adhbhar airson Bilharzia, boiteag caolain ris an canar *Schistosoma mansoni*. Ann an 1883, ghluais e gu Hong Kong agus chuidich e le stèidheachadh Colaiste Eòlas-leigheis Hong Kong do Shìonaich (Oilthigh Hong Kong). A' tilleadh a Bhreatainn, stèidhich e Sgoil Slainteachais is Leigheas Tropaigeach Lunnainn.





# Siona



**CN01 Iain Bell – Rùbarub**  
Rugadh Iain Bell (1691–1780) ann an siorrachd Dhùn Bhreatainn agus dh'ionnsaich e eòlas-leigheis ann an Glaschu. Ann an 1714, chaidh e a shireadh cosnadh ann an St Petersburg, mar a' chiad lighiche ann an ambasaid Phèirsianach na Ruis. Bha a leithid sin de dh'obair a' ciallachadh gun robh e a' siubhal fad' is farsaing san taobh sear, a' gabhail a-steach ùine mhath air a cur seachad ann an Siona. An seo, thàinig e tarsainn air rùbarub agus thug e leis sampallan dheth, ag aithris a chuid fiosrachaidh ma dheidhinn às dèidh sin do dh'Iain Hope bho Ghàrradh Fiosaig Rìoghail Dhùn Èideann. Bha Albannach eile anns an Ruis, Seumas Mounsey, a' fas rùbarub cuideachd agus lean ae air adhart ga fhàs nuair a thill e a dh'Alba. Bha cunntas Iain Bell air a chuid siubhal na leabhar le cliù àrd-inbheil, dìreach mar a bha an rùbarub!



**CN02 Companaidh nan Ìnnean an Ear**  
Anns an ochdamh linn deug, bha malairt le Siona a' sìor fhàs cudromach do Bhreatainn. Bha iarrtas ann airson sioda, teatha, sùgh-cadail, agus pòrsalan, agus bha mòran den mhalairst seo air a làimhseachadh le Companaidh nan Ìnnean an Ear. B' e Albannaich a bh' ann an àireamh mhòr de luchd-obrach a' Chompanaidh, bho chlàrcan gu rianadairan gu àrd-mhanaidsearan. Bha bunait malairt a' Chompanaidh le Siona stèidhichte ann an Canton (a-nis Guangzhou), a thàinig ann an ùine ghoirid gu bhith na mhòran malairt eadar-nàiseanta, air am biodh àireamh mhòr de shoitichean malairt eadar Siona 's an Roinn Eòrpa a' tadhal. Tha na soitichean malairt timcheall a' phannal ann an cruth cearcaill, a chaidh a chlàradh airson cabhlach òir-chriadh a' siubhal à Breatainn ann an 1710.



**CN03 Jardine agus MacMhathain**  
Chaidh an Companaidh Jardine MacMhathain a chur air bhonn ann an 1832 ann an Canton agus bha fearann aca cheana ann an Hong Kong nuair a thàinig e gu bhith na chòlòinidh Breatainn ann an 1843. Bha an com-pàirteachas mar aon de ghrunn taighean malairt Albannach a bha glè aithghearr le smachd air malairt san Ear Fhada. Thill na com-pàirtichean stèidhidh air chluaineas a dh'Alba an dèidh fortan mòr a dhèanamh mar 'Rìghrean na Malairt Opium' agus tha an companaidh a stèidhich iad air leantainn a' cur gu fìor mhòr ri fortan gnothachais sgrìeil. San latha an-diugh, tha Buidheann Jardine fhathast glè bhuadhach na phrìomh 'hong' le ùidhean gnothachais tarsainn raon de ghniomhachasan – agus a' ruith fhathast air bunait 'gnothachas teaghlach Albannach'.



**CN04 Teatha: Anndra Maolròs**  
Chuir Anndra Maolròs (1789–1855) an companaidh teatha aige air bhonn ann an 1812 sa



Chanongait ann an Dùn Èideann. Bha a' mhalairst teatha eadar Breatainn agus Siona fhathast aig Companaidh nan Ìnnean an Ear, ach cha robh uimhir de mheas air an aon-mhargadh seo agus aig an àm a chaidh crìoch a chur air, bha Maolròs ag in-mhalairt teatha tro *Jardine, MacMhathain & Co.* Nuair a thàinig an cliopair *Isabella* a-steach do dhoca Lite ann an 1834, dh'às-luchdaich iad do Mhaolròs a' chiad luchd teatha laghail a thigeadh a dh'Alba bho chompanaidh phrìobhaideach. Bha a' mhalairst a' sìor fhàs, uaireannan a' ruighinn mìle ciste de theatha sa mhios do chompanaidh Mhaolròis. Tha am brand sin fhathast ri fhaotainn gus an latha an-diugh.

**CN05 An Cliopair Teatha Cutty Sark**  
Tha an *Cutty Sark* am measg nan soitichean seòlaidh as cliùitiche air an t-saoghal. Thogadh i air Abhainn Chluaidh ann an 1869 do Chompanaidh Shoitichean Jock Willis. Tha i air a h-ainmeachadh às dèidh na bana-bhuidisich Nannie Dee bho *Tam O'Shanter*. Air a' chiad turas slàn aice ann an 1870, bha i a' giùlain deoch làidir gu Shanghai agus an uair sin thill i a Lunnainn le 1450 tonna de theatha. Bha an *Cutty Sark* air a dealbh airson astaran luath a ruighinn mu thimcheall Rubha Good Hope, turas a thàinig gu bhith neo-riatanach airson soitichean a' dol gu Siona an dèidh do Chanal an Suez fhosgladh. Tha meas mhòr oirre a-nis mar thaigh-tasgaidh ann an Greenwich.

**CN06 Rèis Mhòr na Teatha ann an 1866**  
Bha na cliopairean a thug a' chiad luchd teatha a Bhreatainn air an deagh phàigheadh, agus thàinig an turas dhachaigh a Siona gu bhith glè fharpaiseach agus bha astar a' ciallachadh barrachd prothaich. Ann an 1866, ghabh "Rèis Mhòr Teatha" neo-oifigeil àite eadar an *Ariel*, *Serica*, *Fiery Cross* agus an *Taipeng*. Bha gach aon dhiubh ach am *Fiery Cross* air an togail ann an Grianaig. Bha an *Taipeng* agus an *Ariel* cha mhòr taobh ri taobh nuair a thàinig iad a-steach tro bheil Abhainn Thames, an dèidh bhòidse a bha air leth luath agus ged a bha an *Taipeng* air a ceangal suas san doca an toiseach agus air an duais fhaighinn, chaidh co-dhùnadh às dèidh làimhe gun deidheadh an t-airgead a roinn eatarra.

**CN07 Oilcnaich Sionach ann an Alba**  
Chan eil na ceanglaichean eadar Alba agus Siona uile a' dol an aon taobh. Tha traidisean fada ann de dh'ionnsachadh le Sionaich ann an Alba, agus chan e tuiteamas sam bith a th' ann gum b' ann tron mhòr-ionad malairt ann an Canton a thòisich seo. Dh'fhàg an Dr Kuan Huang (1829–1878) Canton a dh'ionnsachadh eòlas-leigheis ann an Oilthigh Dhùn Èideann ann an 1850. Seachd bliadhna às dèidh sin, thill e air ais a Shìona, an toiseach gu ruig Hong Kong agus an uair sin air ais gu Canton, a' cuideachadh le sgoileadh

chleachdaidhean meidigeach an Taoibh Siar ann an Siona. B' e Hok Tang Chain a' chiad oileanach Sionach ann an Glaschu ann an 1886, air a leantainn leis a' chlach-eòlaiche Wenjiang Ding, ann an 1911.

**CN08 Eric Liddell: Miscanaraidh**  
Rugadh Eric Eanraig Liddell (1902–1945) ann an Tianjin ann an Siona. B' e miscanaraidhean Albannach a bha na phàrantan, agus thogadh e an sin gus an do ghluais e a Shasainn don sgoil aig aois sia bliadhna. Thill e a' fhrithealadh mar mhiscanaraidh airson faisg air fichead bliadhna bho 1925. Bha e ag obair an dà chuid ann an Tianjin agus Xiaozhang, agus dhùit e fàgail nuair a thug na Iapanaich ionnsaigh air an dùthaich. Ann an 1943, chaidh a chur am braighdeanas ann an campa ann an Weifang an latha an-diugh, far na lean e air a' teagasg agus a' cuideachadh a chophriosanaich gus an do bhàsaich e. Bha gradh agus spèis mhòr aig daoine dha. Chuir Maureen, an nighean as òige aige ris a' phannal seo.

**CN09 Eric Liddell: Luth-chleasaiche**  
A thuilleadh air obair mar mhiscanaraidh, tha Eric Liddell ainmeil mar aon de na luth-chleasaichean as cliùitiche a thàinig à Alba. Bha e na neach-spòrs soirbheachail san sgoil, agus fhad 's a bha e anns an oilthigh ann an Dùn Èideann bha e a' cluich do sgioba rugbaidh na h-Alba, ach b' ann airson ruith a choisinn e a mhòr-chliù. Anns na Geamannan Olimpigeach ann an 1924, dhiùlt e rèis 100m a ruith a chionn 's gun robh an rèis ga ruith air Didòmhnaich, ach an àite sin bhuaicheadh e bonn òir anns an rèis 400m agus bonn umha anns an rèis 200m. An dèidh tilleadh a Shìona, bha e a' gabhail a-steach spòrs don teagasg aige fìù 's a' cur air doigh gheamannan an taobh a-staigh Campa Weihsien ann an Weifang.

**CN10 Hong Kong**  
Tha Hong Kong air a bhith deatamach do mhalairst Shìona bho thràth san 19mh linn. Am measg nan ciad fheadhainn a chunnaic na cothroman a bha air an tairginn le a' 'cala chùbhraidh' bha na h-Albannaich Uilleam Jardine agus Seumas MacMhathain. Stèidhich Tòmas Sutherland comhla ri a cho-dhùthchasaich Banca Hong Kong agus Shanghai ann an 1864, a-nis aon de na bancaichean as motha sa chruinneach. San latha an-diugh tha 'creag mhi-thorrach gun aon taigh oirre' a' Mhorair Palmeston, na dachaigh do 7 mìllean neach, mar aon de na puirt as dripeile air an t-saoghal agus an tritheamh ionad ionmhasail as cudromaiche san t-saoghal – agus fhathast le coimhearsnachd gnothachais shoirbheachail Albannach.



# Palastàin/Israel



**PS/ILO1 Albannaich ann am Palastàin/Israel**  
Ann an 1861, stèidhich Comann Mhiscanaraidhean Meidigeach Dhùn Èideann clionaig agus an uair sin ospadal ann an Nazareth. Chuir Sine Walker Arnott a Glaschu Sgoil Tabeetha do nigheanan air bhonn ann an Jaffa (1863). Thog an Dr Daibhidh Torrance ospadal ann an Tiberias (1894). Chaidh Eaglais Cuimhneachaidh an Naoimh Anndrais ann an Iarusalem a choisrigeadh ann an 1930 do shaighdearan Albannach a chaidh a mharbhadh sa Chiad Chogadh. Thug stèidheachadh air Stàit Israel ann an 1948 leis mòran atharrachaidhean nach gabhadh an leasachadh. Tha ospadal EMMS (a-nis Urras Nazareth) ag obair leis an t-Seirbheis Slainte Israileach. Chaidh an t-ospadal ann an Tiberias a dhèanamh na Ospas agus an uair sin taigh-òsta. Tha eaglais an Naoimh Anndrais ann an Iarusalem fhathast a' frithealadh thaistealaidh agus Crìosdaidhean ionadail. Tha Sgoil Tabeetha a-nis co-oidheachail agus eadar-nàiseanta.

**PS/ILO2 Sgoil Tabeetha, Jaffa**  
Chaidh Sgoil Tabeetha do nigheanan a stèidheachadh ann an 1863 le Sine Walker Arnott a Glaschu, a bha troimh-chèile a thaobh dìth foghlaim do nigheanan ann an Jaffa. Bha Tòmas Cook air a ghluacadh gu mòr le obair na M-uas Walker Arnott agus chuir e taic mhòr ris an obair aice. Dh'fhàg i an sgoil aig Eaglais na h-Alba, a tha a' cur taic rithe fhathast. Tha mòran Albannach air a bhith a' teagasg an sin, a' gabhail a-steach cuid de Cheannardan Sgoile fìr bhrosnachail. Tha i na sgoil air a bheil mòr-mheas, tha i co-oidheachail agus eadar-nàiseanta. Tha an as-aithris bhon Bhioball air a' phannal seo ann am Beurla, Arabais agus Eabhrais: "Èirigh a clann suas agus canaidh iad gu bheil i beannaichte" a' nochdadh air plàc anns an fhosglan, mar cho-chuimhneachadh air an Stèidhiche.



# Na h-Innseachan



**IN01 An Rìgh Seumas agus Jahangir**  
B' e Rìgh Seumas VI Alba agus I Shasainn a' chiad mhonarc ann am Breatainn a chuir tosgaire don chùirt Innseanach. Thagh e an Ridire Tòmas Roe, fear a bha ainmeil cheana airson mòr-thursan thall-thairis mar a' chiad mhisean aige do na h-Innsean an Iar agus a thuras a lorg *El Dorado mar a th' anns na h-uirsgeulan*. Chuir Seumas Roe gu cùirt Jahangir (1569–1627) impire Mughal, a bha a' riaghladh sna h-Innseachan aig àm a bha seasmhach agus le fàs ann an coileanadh obair ealain agus saidheanas. B' e prìomh adhbhar a' mhisein còraichean toirmeasgach a thèarainn do Chompanaidh nan Innsean an Ear ann a bhith a' stèidheachadh bhunaitean anns na h-Innseachan.



**IN02 An Companaidh Bagan**  
Chuireadh Gàrradh Lusan Calcutta (a-nis Gàrradh Lusan Innseanach Acharya Jagadish Chandra Bose) air bhonn leis an t-saighdear Albannach, Raibeart Kyd ann an 1787, sa chiad àite airson a bhith a' fàs planntais anns an robh feum eaconamach, cuid aca a chithear mun cuairt meadhan a' phannail seo a tha cuideachd a' gabhail a-steach pailm sàgo agus cuile an t-siùcair. Tha carragh-cuimhne neo-chlasaigeach do Kyd fhathast na sheasamh ann am meadhan a' ghàrraidh, air fhaicinn an seo le *Kydia calycina ri thaobh* (air ainmeachadh às a dhèidh). Os cionn seo agus a' coimhead coltach ri frith-choille bheag, tha an lus as ainmeile sa ghàrradh, a' chraobh banyan (*Ficus benghalensis*) a tha a' dol air ais gu àm Kyd. Bha an gàrradh air a ruith bho thùs le Companaidh nan Innsean an Ear fon ainm Companaidh Bagan.



**IN03 Athair Luibh-eòlais nan Innseachan**  
An dèidh trèanadh ann an Oilthigh Dhùn Èideann, chaidh Uilleam Roxburgh mar lannsair gu oirthir an ear nan Innseachan, far an robh e a' ruith gàrradh deuchainneach airson lusan feumail ann an Samalkot. An seo, thòisich e a' dèanamh iomradh air planntais Innseanach le deilbh air an tarraing le luchd-ealain ionadail, a' leantainn air adhart gu na h-obraichean mòra aige, *Flora Indica* agus *Plants of the Coast of Coromandel*, a choisinn an tiotal 'Father of Indian Botany' dha. An seo cuideachd lorg e *Roxburghia gloriosoides*, an lus air a bheil ainm fhèin a-nis. Ann an 1793, chaidh Roxburgh a ruith Gàrradh Lusan Calcutta far an do thog e an taigh a chithear an seo, agus a tha ann gus an latha an-diugh.



**IN04 Lannsairean Companaidh nan Innsean an Ear**

Gu meadhan an naoidheamh linn deug, dh'fhaodadh saidheans a' gabhail a-steach luibh-eòlais a bhith air ionnsachadh san oilthigh, ach dreach mar phàirt den chlàr-obrach mheidigeach. Bha oilthighean na h-Alba gu h-àraid cudromach ann an trèanadh lannsairean a chaidh a dh'obair do Chompanaidh nan Innsean an Ear, far an do chuir mòran dhiubh gu mòr ri sgrùdadh eachdraidh nàdarra. Tha am pannal seo a' comharrachadh an tabhartais sin, gu h-àraid tabhartas Francis Buchanan airson na h-obrach thùsail a rinn e ann an Nepal, Tòmas MacThòmais airson an rannsachaidh aige air beanntan Himalaya agus Seòras Watt airson a chuid obrach an luib planntais eaconamach. Tha e a' sealltainn tiotalan taghadh de na foillseachaidhean agus cuid de na lusan air an robh iad ag obair no a tha air an ainmeachadh às an dèidh.



**IN05 Raibeart Wight**  
B' e Raibeart Wight an luibh-eòlaiche a b' ainmeile ann an ceann a deas nan Innseachan anns a' chiad leth den naoidheamh linn deug, agus lean e eisimpleir Uilleam Roxburgh ann a bhith a' cleachdadh luchd-ealain ionadail airson deilbh nan lusan a tharraing. Chaidh 2,101 de na deilbh sin fhoillseachadh ann am Madras eadar 1838 agus 1853 anns na sia leabhraichean *Icones*



*Plantarum Indiae Orientalis*. A thuilleadh air iomradh a dhèanamh air 1,267 seòrsaichean a bha ùr do shaidheans, dh'fheuch obair Wight ri impidh a chur air tuathanaich Innseanach gus cotan Aimeireaganach fad-stùtleag fhàs (a chithear air an làimh dheis) a dh'fhaodaidh às-mhalairt airson a shnìomh agus fhighe ann an Sasainn. Tha an gnè *Wightia*, air ainmeachadh dha le a charaid Nathaniel Wallich, a' gabhail a-steach an sreapadair àibheiseach beanntan Himalaya a chithear air an làimh chli.

**IN06 Gleidhteachas Choilltean**  
B' e dà lannsair Albannach, Alasdair Gibson (1800–1867) agus Uistean Cleghorn (1820–1895) ann an uachdranachdan Bombay agus Madras, a thòisich air gleidhteachas coille sna h-Innseachan, anns na 1840an–50an. Bha feum air smachd a chumail air sgrìos luath nan coilltean gus solar seasmhach fiodha a chheadachadh gus a bhith ri làimh airson togail bhàtaichean, airson trasnana air an lionra rèile a bha a' sior fhàs, agus mar chomhad airson a chleachdadh san dachaigh agus cumhachdachadh bhàtaichean-smùid. Bha dragh ann cuideachd mun bhuidh àrainneachdail air di-choilteadh a bha a' leantainn chun an dà chuid, lughdachadh air uisge a' tuiteam agus crìonadh talmhainn. Thug gleidhteachas choilltean Innseanach buaidh mhòr air tuis a' ghluasaid àrainneachdail air feadh na cruinne.

**IN07 Uilleam Greumach MacIomhair**  
Ann an 1848 fhuair MacIomhair, a rugadh ann an Dolar agus a chaidh a thèanadh ann an Gàrradh Lusan Rìghail Dhùn Èideann, dreuchd mar ard-stiùiriche air gàrradh ùr lusan Riaghaltas Madras ann an Ootacumand ('Ooty', a-nis Udthagamandalam) ann an Cnuic Nilgiri ann an ceann a deas nan Innseachan. Thionndaidh e leathad lom gun ghàrradh bhrèagha a chithear ann gus an latha an-diugh. Tha MacIomhair nas ainmeile airson fàs soirbheachail air preasan bàirc à Peru *Cinchona succirubra* agus *C. officinalis*, tusan cairt-gheal a bhitear a' cleachdadh airson an tinneis malaria. Chaidh na lusan sin a chùl-mhùtaireachd a-mach à Peru agus chaidh am fàs air cnuic Nilgiri ann an 1861 ann am planntachasan aig diofar laraichean mu thimcheall Ooty, a' gabhail a-steach Neddiwattum, Dodabetta agus Pykara.

**IN08 Gàirnealair Albannach**  
Tha Alba air a bhith ainmeil o chionn fhada mar àite trèanaidh do ghàirnealair. Chaidh Anndra Tòmas Jaffrey (1824–1885) sa chiad àite gu ruig Madras agus mu dheireadh bha e ag obair ann am planntachasan cairt-gheal Darjeeling. Ann an 1890 aig an Lal Bagh ann am Bangalore, b' e Iain Camshron (1851–1935) air an robh dleasan airson an taigh-glaine a chithear an seo a thogail, air a dhèanamh le Bhaltar MacPhàrlain & Co ann an Glaschu. Bha Darwin a' faicinn Iain Scott (1836–1880) mar neach-amhairc air leth agus phàigh e fharadh do na h-Innseachan. Ràinig e dreuchd Gleidheadair Gàrradh Lusan Calcutta, far na shàbhail e beatha co-obriche ann an 1879 a bha fo ionnsaigh aig tìgear a fhuair air teicheadh a-mach à gàrradh-bheathaichean an Rìgh a bh' ann an Oudh.

**IN09 An Dr Raibeart Brus: Teatha Assam**  
Anns na 1820an, chuir Daibhidh Scott duilleagan teatha, às leth an Albannaich Teàrlach Brusach, bho Ear-thuath Bheangail far an robh e na àidseant riaghaltais, gu an luibh-eòlaiche ainmeil Nathaniel Wallich ann an Calcutta. Bha e air am faighinn bho Raibeart, bràthair a' Bhruisach, a bha air coinneachadh ri agus air planntais teatha fhaighinn bho Singhpò, Ceann-cinnidh Bessa Gaum ann an Assam. Cha robh Wallich airson teatha Assam an toiseach idir, ach dh'atharraich e intinn às dèidh sin agus stiùir e turas Comataidh Teatha an Riaghaltais gu Assam ann an 1834. A' leantainn air soirbheachadh an turais sin, chaidh

Companaidh Teatha Assam a stèidheachadh ann an 1839 airson àiteach teatha ann an Assam.

**IN10 Darjeeling**  
Ann an 1840, ghabh an Dr Gillesbaig Caimbeul thairis tuineachadh colòinianach ùr Darjeeling far an tug e a-steach àiteach deuchainneach air teatha. Bha planntachasan coimearsalta air an stèidheachadh gu math ro na 1850an, ag àiteach an dà chuid teatha Assam agus teatha Shìonach, leis a' Chaimbeulach fhèin na thùsair stiùiridh còmhla ris an Dr J.R. Withecombe agus am Mairsear J.A. Crommelin. Dà fhichead bliadhna às dèidh sin, bha 174 oighreachdan air an stèidheachadh, a' gabhail a-steach Allt a' Bhonnaich [1850an], Gleann a' Bhùirn [1859], Dòchas Maireid [1864] agus Baile a' Chaisteil [1885] agus iad uile a' leantainn air adhart gus an latha an-diugh a' toradh nan teathaichean as grinne. B' e Companaidh Teatha Darjeeling aon de na companaidhean bu tràithe a chaidh air bhonn.

**IN11 Breabadair nan Kashmir**  
Tha muinntir Kashmir agus na sgìrean mun cuairt air a bhith a' cruinneachadh agus a' fighe cloimh mhìn nan gobhar aca airson mìltean de bhliadhnaichean, a' cruthachadh gnìomhachas soirbheachail dhaibh fhèin. Cheannaich an taisealaiche Uilleam Moorcroft cloimh Kashmir (no Cashmere) nuair a bha e air mòr-thuras gu Tibet ann an 1812, ach bha aig a' mhòr-chuid den mhalairt thall-thairis ri dhòl tro Shìona ùr bha beanntan Himalaya ga dhèanamh duilich faighinn gu na puirt Innseanach, a' dèanamh nan sèilichean daor an ceannach. Bha sèilichean is aodach air a thoirt a-steach bho Chompanaidh nan Innsean an Ear, gu tric a' nochdadh a' phàtrair shònraichte *buta*, a' stiùireadh iarrtais aig an taigh: ann an tìne nach robh fada, bha Norwich, Pàislig agus Dùn Èideann nan àiteachan far am faighteadh aodach breug-shamhail nas saoire.

**IN12 Breabadair Phàislig**  
Bha iarrtas mòr ann airson sèilichean Innseanach air an in-mhalairt ach bha iad glè dhaor. Bha e fada nas saoire na pàtranan tùsail a leantainn air aodach deante gu h-ionadail, agus thàinig sin gu bhith na ghnìomhachas aig ìre mhòr ann an Alba. Ghabh am pàtran sònraichte *buta* an t-ainm Phàislig far an robh meudan mòra deth ga dhèanamh. Chaidh a' chiad seàla a dhèanamh sa bhaile ann an 1808, agus ann an 1850 bha 7,000 breabadair air am fastadh agus a' mhalairt a' tighinn gu h-àirde. An toiseach bhathar gan dèanamh air beairtean làimhe, bha am pàtran toinnte a' cosg mòran tìne ann an dèanamh nan sèilichean. Ann an 1880 thàinig na beairtean Jacquard a-steach do Phàislig, a' ciallachadh gum foadhadh am pròiseas innleachadh, ach aig an àm bha fasan ag atharrachadh agus an t-iarrtas a' dol sìos.

**IN13 Turkey Red Shrath Leamhna**  
Chuidich an solar uisge lionmhor bho Loch Laomainn a' sruthadh a-steach do dh'Uisge Leamhain le gnìomhachasan a shuidheachadh ann an Srath Leamhna. Airson còrr agus 200 bliadhna, b' e prìomh ionad a bh' ann airson gnìomhachasan gealachaidh, clò-bhuailidh agus dathaidh. B' ann ann an ionad-obrach Croftengea ann an 1827 a bha a' chiad dath Dearg Turcach air a dhèanamh, a bha soirbheachail gu malairteach agus air a chleachdadh. Chaidh diomhaireachd an Dearg Thuraich a thoirt às na h-Innseachan gu Alba le fear Frangach, Pierre Jacques Papillon ann an 1785. Chuir an dath seo sìos bunait airson soirbheachadh Shrath Leamhna airson a' chòrr den 19mh Linn mar ionad airson a' ghnìomhachais gealachaidh, dathaidh agus clò-bhuailidh ann an Alba, le margaidean gu mòr sna h-Innseachan, ach cuideachd ann an Afraga agus an Roinn Eorpach leanaibh obair United Turkey Red air adhart don 2mh Linn ged a bh' ann air sgèile nas lugha. Dhùin e ann an 1960.





IN14

**IN14 Diut: Bangladesh & Din Deagh**

Bha raon farsaing de dh'fheuman air diut a' Bengal aon uair 's gun robh e air a dhèanamh snàithleach, agus bha Companaidh nan Innsean an Ear a' malairt meudan mòra dheth tro Kolkata. Aig an toiseach bhathar ga ghiullachd air làimh gus an d' fhuair eadh a-mach gum faodadh am pròiseas inneachadh le bhith a' cur ola muic-mhara ann. Ann an Dùn Deagh far an cothrom air an ola fhaotainn, dh'fhàs gnìomhachas an diut gu àirde anns an naoidheamh linn deug, a' toirt obair do mhiltean agus a' cruthachadh "Barain Diut" a bha làn airgid. Ach bha e mòran nas saoire diut a ghiullachd ann an Kolkata: bha mòran de na Barain air gluasad do na h-Innseachan ro dheireadh na linne, far an robh iad nan "Jute Wallahs", a' toirt mòran air falbh bho na muilnean ann an Dùn Deagh.



IN15

**IN15 Muilnean air feadh an t-Saoghail**

Tha gnìomhachas an t-snàith ann am Pàislig a' dol air ais gu obair Sheumais agus Phàdraig Coats bhon dàrna leth den ochdamh linn deug, agus gnìomhachas fighe Sheumais Coats ann an 1802. Ann an 1826 chuir Seumas Coats muilnean snàith air bhonn ann am Ferguslie, a chaidh mar dhileab gu a dhithis mhac Seumas agus Pàdraig. Leudaich J & P Coats glè luath agus bha iad a' malairt gu h-eadar-nàiseanta, a' stèidheachadh barrachd mhulnean air feadh an t-saoghail, nam measg Pawtucket ann an Rhode Island. Bha muilnean a chaidh a thogail cho fada air falbh ris an Ruis, an Ostaire, a' Ghearmailt agus an Spàinn a' cuideachadh a' chompanaidh gu bhith a' searbhachd chisean àrda cusbainn agus bha snàth àrd-ghnèitheil a' deanamh cinnteach gun robh an luchd-ceannach a' fuireach dileas.



IN16

**IN16 Cladh Albannach Kolkata**

Ann am meadhan Kolkata far a bheil farsaingeachd a bha aithnichte aig aon àm mar Chearnag Dalhousie, tha cladh a chuireadh air bhonn ann an 1820 airson na coimhearsnachd mhòr Albannaich anns a' bhaile. Bha e ceangailte ri eaglais Naomh Anndra a chaidh a stèidheachadh beagan bhliadhnaichean roimhe sin. B' e Albannaich a bh' anns a' mhòr-chuid de fhreannach, bhòireannaich is chloinn a bha air an tiodhlacadh an seo, ged is dòcha gu bheil mu dheic anns a' cheud à Bengal fhèin. Bha na h-Albannaich ann an Kolkata a' gabhail os làimh raon fharsaing de dh'obraichean, bho theatha gu malairt diut, seòladh gu lannsairreachd. Chaidh an cladh Albannach a leigeil fo droch churam anns an dàrna leth den fhicheadamh linn, ach a-nis tha obair co-roinnte Albannach-Innseanach ga thoirt am feabhas.



IN16A



IN17

**IN16A Alasdair Duff 1806-78**

Rugadh Alasdair Duff, a' chiad mhiseanaraidh aig Eaglais na h-Alba, ann am Maoilinn ann an Siorrachd Pheairt. Fhuair e a chuid ionnsachaidh ann an Cill Rìmhinn agus chaidh a chur an dreuchd airson obair sna h-Innseachan, a' ruighinn Kolkata ann am Bengal ann an 1830. Chomharraich Duff cho cudromach 's a bha e an rang meadhan ann am Bengal oideachadh agus stèidhich e sgoiltean agus colaiste aig a' cheann mu dheireadh, aithnichte mar Colaiste Eaglais na h-Alba (1830). Bha e a' cur taic ri teagasg Beurla agus sgrùdaidhean bhon taobh an iar, agus



IN17A



IN18

tharraing an dòigh-obrach aige mòran den rang àrd ann am Bengal. Thionndaidh cuid aca leithid Lal Behari De agus K M Banerjea gu bhith nan Crìosdaidhean. Chuir e tùs e air prìomh thabhartas Albannach do fhoghlam àrd-ìre anns na h-Innseachan, a' gabhail a-steach Colaiste MhicUilleim, Bombay (1832), Colaiste Chrìosdaidheil Madras (1837), agus Colaiste Hislop ann an Nagpur (1883).

**IN17 Geddes agus Tagore**

Tha an Taobh an Ear agus an Iar a' coinneachadh ann an dlùth-dhàimh agus ag iomlaid bhun-bheachdan eadar Pàdraig Geddes, an ioma-fhoghlamaiche à Alba, agus an Nobel Laureate Innseanach, Rabindranath Tagore. Choinnich iad sna h-Innseachan nuair a bha a' Chiad Chogadh aig àirde, agus lorg iad co-choitcheannas ann am bun-bheachdan co-roinnte mu fhoghlam ann an dàimh leis na tha mun cuairt, sgrùdaidhean eadar-chuspaireil, àrainneachd sheasmhach, ath-thogail air an tuath agus sìth. Thug Tagore cuireadh do Geddes planaichean a thoirt gu buil airson an Oilthigh Eadar-nàiseanta aige, Visva-Bharati aig Santiniketan, agus thug Geddes cuireadh do Tagore a bhith na Cheann-suidhe air a' Cholaiste Innseanach aig Montpellier. Chuir Artair, mac Phàdraig Geddes, dà bhliadhna seachad a' teagasg ann an Sriniketan. Chùm iad an dàimh eatarra a' dol gus an do bhàsaich Geddes ann an 1932.

**IN17A Albannaich ann an Kalimpong**

Anns na 1870an, bha planntachasan teatha mu thimcheall Darjeeling agus Kalimpong a' tarraing Albannaich. Chuir Eaglais na h-Alba lighichean, banaltraman, luchd-teagaisg agus miseanaraidh (An t-Urr. Uilleam MacPhàrlain) ann. Chaidh Ospadal Charteris a thòiseachadh ann an 1892, le leth a' mhaoinachaidh a' tighinn bho Chomann Mhnathan ann an Alba. Ann an 1886, chaidh àrd-sgoil do bhalaich (Institiùd Mìsein Oilthighean Alba) air a maoineachadh le oilthighean na h-Alba, a chur air bhonn. Ann an 1890, bha Àrd-sgoil Kalimpong do Nigheanan ga togail agus tràth sna 1890an, bha Taighean an Dr Ghreumach gan togail, stèidhichte air an dealbhadh agus an fheallsanachd co-cheangailte ri Dachaighean Quarrier ann am Bridge of Weir ann an Alba. Tha na pròiseactan sin fhathast soirbheachail agus tha ceanglaichean gnìomhach le Alba a' dol fhathast.

**IN18 Antaidh Màiri: A' Bhean-usal Màiri Scott**

Rugadh Màiri Scott, nighean a' Mhorair Polwarth, ann an 1877 agus fhritheil i ochd bliadhna deug na miseanaraidh Crìosdail ann an Kalimpong mus do ghluais i gu Sikkim ann an 1923. Fhuair i cead sònraichte a bhith a' fuireach ann am prìomh bhaile Gangtok, agus an ath bhliadhna stèidhich i Sgoil Nigheanan Paljor Namgyal. Bha a' Bh-uas Scott ag obair ann an Gangtok airson sia bliadhna deug, a' gabhail os làimh uallaichean meidigeach cho math ri oideachail. Thug a caractar agus a pearsantachd buaidh air an luchd-ceannais ionadail, a thug comas don Bh-uas Scott eaglais Chrìosdail fhosgladh ann an 1936.

**IN18A Alasdair Robin MacGlaisein**

Chaidh an t-Urramach Alasdair Robin MacGlaisein (1933-2012) do na h-Innseachan ann an 1963 fo stiùir Comann nam

Miseanaraidhean Eaglais a dh'òraideachadh sa Cholaiste Diadhachd ann an Tirunelveli agus an uair sin Madurai anns na h-Innseachan a Deas. Thàinig e gu bhith fileanta ann an Tamil, ga chleachdadh leis na h-oileanaich aige. Thug *Periya Puranam*, cunntas air naomhan Tamil sa 6mh-8mh linn, buaidh air a' foillseachadh firinnean cruinneil mu chreideamh. Nuair a thill e a Shasainn, bha e ag obair mar shaidhc-eòlaiche bun-rannsachail agus mar shagairt Anglach. Mar thoradh air a' ghràdh a bh' aige do gach nì Tamil, lean e gu eadar-theangachadh gu Beurla a' mhòr-dhàn nàiseanta Tamil, *Periya Puranam of Chekkitar*, no Eachdraidh Searbhanatan Naomh an Tighearna Siva.

**IN19 Banais Innseanach: Bean na Bannse**

Tha am pannel seo air a chruthachadh mu thimcheall bean-bannse Innseanach a' gluasad a dh'Alba gu beatha ùr. Tha a bròn ann a bhith a' fàgail a dachaigh air a riochdachadh leis na deòir a' tuiteam bho a stùilean, a tha a' gabhail cumadh ann *buta* traidiseanta no pàtran Pheairt. Tha Uisge Lite a' solarachadh a' cheangail eadar a suidheachadh ùr agus an traidisean cultarach aice, fhad 's a tha am *palki*, an còmh-dhail traidiseanta a bhithist a' cleachdadh airson bean-bannse a thoirt gu a dachaigh ùr, a' taisbeanadh gu bheil i a' leantainn air adhart air a turas don àr nì reachd. Tha na h-iomhaighean timcheall a' phannail, a' gabhail a-steach ionnsramaidean ciùil, a' riochdachadh beatha bean na bannse seo agus an turas a tha i air a thaghadh.

**IN20 Traidisean agus Subhachasan**

Tha am pannel seo a' comharrachadh cuid de na h-ionnanachdan a lorgar ann an subhachasan traidiseanta dhaoine ann an Alba agus na h-Innseachan. Tha aon leth den phannal a' taisbeanadh samhlaidhean oidhche Albannach Burns: an tartan, uisge-beatha agus sgoltadh an tagais. Tha an leth eile den phannal a' taisbeanadh cuid de fheartan subhachasan Innseanach: an duilleag banana, air a bheil nithean grunn ri ithe, siùcaran sònraichte leis an ainm *laddos* agus *lassi*, deoch ùrachail de iògart agus uisge. Eadar an dà leth tha làmh air an sgeadachadh le pàtranan *Mehendi* no *Heena*, gu h-àbhaisteach air an cleachdadh aig fèisean no le mnathan bannse ron bhanais aca.

**IN21 Am Baran Singh**

Is e fear-gnothachais air chluaineas a th' anns a' Bharan Sirdar Iqbal Singh a rinn a dhachaigh ann an Lios Mo Chuda. Ann an 1999, fhuair e a' chiad tartan airson na coimhearsnachd Aisianach ann an Alba air a chlàradh – an "Tartan Singh". Is e dath sònraichte Singh a th' anns an dath ghorm; tha an dath buidhe a' riochdachadh gur e Sikh a th' ann am Baran Singh. Tha an dearg agus geal a' riochdachadh bean a' Bharain Singh, nach maireann, a bha às an Eilbheis. Tha an dath uaine a' riochdachadh fearann 'Seanair' Singh. Fhuair am Baran Singh air obraichean sònraichte le Raibeart Burns eadar-theangachadh gu Punjabi, agus ann an 1993, cheannaich e Eilean Bhàcasaigh anns na h-Eileanan Siar agus dh'ath-ainmich e e gu eilean Raibeart Burns. Cheannaich am Baran Singh rionnag cuideachd bhon Chlar Reultan Eadar-nàiseanta, air a bheil an t-ainm Raibeart Burns a-nis.



IN18A



IN19



IN20



IN21



**Sri Lanka**



LK01



LK02

**LK01 Daibhidh Sime Cargill – Ola à Burma**

Rugadh Daibhidh Sime Cargill ann am Baile Màiri faisg air Monadh Rois ann an 1826. Shiubhail e gu Ceylon, a-nis Sri Lanka, agus còmhla ri Uilleam Milne stèidhich e taigh-bathair coitcheann, agus gnothachas in-mhalairt is as-mhalairt ann an Colombo ann an 1844. Thàinig seo gu bhith ainmichte Taigh Cargill, às deidh sin "Harrods an Taobh an Ear". Tha e soirbheachail gus an latha an-diugh le còrr air 200 bùth. Às deidh bàs Milne ann an 1861, bha Cargill a' ruith a' gnothachais a Glaschu. Ann an 1874, thadhail e air Ceylon a-rithist, agus thug sin e gu Rangoon ann am Burma. Cheannaich e Fineadair Ola Rangoon, gnothachas ola beag geallaidheach. Ann an 1886, chaidh seo ath-ainmeachadh gu Companaidh Ola Burma. Bhàsaich e ann an 1904.

**LK02 An Ridire Tòmas Lipton**

B' e neach-bùtha, neach-tionnsgainn agus neach-ghèat a bh' ann an Tòmas Lipton (1850-1931). Ann an Aimeireaga ann an 1864, chaidh Lipton a chur an aithne agus fhuair e eòlas air cultar iomairt agus reic Aimeireaganach. Nuair a thill e a Ghlaschu ann an 1869, thòisich e a' stèidheachadh sèine de bhùithean a bha air an dealbh airson an neach-ceannaich a bhuaireadh. Anns na 1880an, bha teatha gu luath a' tighinn am barr mar thoradh ùr. Ann an Sri Lanka, thug Lipton gum b' urrainn dha pris nas saoire na teatha à Sìona iarraidh. Ann an 1890, bha e air a' ghàrraidhean teatha fhèin a cheannach, a' gabhail smachd air an t-sèine solar iomlan bho 'garradh teatha gu poit-teatha'. Às deidh sin, thòisich e a' margaidheachd teatha ann an Aimeireaga agus thàinig am branda a tha aithnichte san t-saoghal mhòr an-diugh, gu bith.



# Sgeulachdan à Canada

Tha na h-Albannaich air a bhith ann an Canada bho bhuilich Seumas VI am fearann a tha aithnichte an-diugh mar Alba Nuadh air Iarla Shruighle, agus a chruthaichheadh baranachdan dhaibhsan a bha deònach leasachadh a dhèanamh air an dùthaich. Tha a' Ghàidhlig air a' labhairt fhathast anns na Roinnean Mara agus an latha an-diugh. Bhuilich Teàrlach II Còir-sgrìobhte do Chompanaidh Bàgh Hudson gus malairt gu h-àraid ann am bèin agus às dèidh sin fiodh, a bha a' coimhead ri Albannaich threun putadh air adhart a-steach don tìr le mòran à Arcaibh mar thùsairean air an sin. An dèidh buaidh fhaotainn air ùidhean Frangach ann an Canada aig deireadh an 18mh linn, bha Albannaich a' fuireach ann an Quebec nochdte am

measg luchd-stèidheachaidh Companaidh an Iar Thuath, a bha ann am farpais an toiseach agus a chaidh aig deireadh gnòthaich a-steach do Chompanaidh Bàgh Hudson – a tha air soirbheachadh gus an latha an-diugh.

Bha neart is smior nan Albannach gan dèanamh fìor fhreagarrach airson na gnàth-thìde a bha cho dùbhlanaich, agus phut iad nas fhaide agus nas fhaide a-steach don mhòr-thìr, a' rannsachadh mar a bha iad a' dol air adhart agus mu dheireadh a' ruigsinn Cailleann Nuadh air a bheil British Columbia an-diugh. Tha mòran de phrìomh luchd-poilitigs na dùthcha air a thighinn à rangannan nan Albannach agus an sliochd.

## CA01 Cùmhnant St Germain Alba Nuadh

Thàinig a' chiad luchd-tuineachaidh Albannach a Chanada às dèidh Sir Uilleam Alexander, Iarla Shruighle, air an deach fearann a bhuileachadh an sin le Rìgh Seumas VI & I ann an 1621. B' e am fearann Scotia agus New Brunswick le pàirtean de Maine agus sgìre Quebec. B' e Alba Nuadh an t-ainm a bha gu bhith air an tìr ùr. Thog am mac, Uilleam Alexander a b' òige, an Dùn Albannach (as dèidh sin Dùn Theàrlach) ann an 1629 air fearann a chaidh a dhleasadh bho na Frangaich. Chosg na cothroman sin am fortan don teaghlach Alexander agus gun adhbhar gu ìre mhòr: thill Teàrlach I an tìr don Fhraing ann an cùmhnant Saint-Germain-Laye ann an 1632.

## CA02 Gàidheil Alba Nuadh

Bha fàgail an taighe dhuibh na roghainn dhoirbh ach riatanach do na mìltean de dh'Albannaich. Bha Alba Nuadh a' riochdachadh dòigh beatha a bha neo-aithnichte agus dùbhlanaich le mòran chruadalan, le cànain na Gàidhlig, creideamh agus cleamhnas a' ceangal nan daoine còmhla ann an coimhearsnachdan. Is e bradan an eolais ann an cumadh na litreach G suaicheantas na Gàidhlig ann an Alba Nuadh agus tha e a' taisbeanadh foillseachadh a' chànain tro a' chultar saidhbhir de dh'òran, sgeulachd, ceòl, dannsa is nòsan agus siostam creideimh. Tha Baile Gàidhealach a' leantainn leis an fhoillseachadh seo air cultar Gàidhlig tro an taisbeanadh agus roinn air cànain, coileanaidhean cultarach, dòighean beatha, ceàird agus cleachdaidhean.

## CA03 An Hector

Aig deireadh an 18mh linn, thug na Fuadaichean air mòran teaghlacha Gàidhealach Alba fhàgail. Ràinig a' chiad soitheach de choloinich a Innse Gall "Eilean Naoimh Eòin" (Eilean a' Phrionnsa) ann an 1770, le tuilleadh a' leantainn gu luath às dèidh sin. Ann an 1773, chaidh an Hector air tìr ann am Pictou ann an Alba Nuadh a' giùlain 189 luchd-

tuineachaidh. Bha a' mhòr-chuid à Loch Bhraoin ann an taobh siar na Gàidhealtachd. Ann an 1784, chaidh lagh a' cuibhreachadh seilbh air fearann air Eilean Cheap Breatainn a thilgeil a-mach, agus ann an ùine ghoirid bha Eilean a' Phrionnsa agus Alba Nuadh sa mhòr-chuid a' labhairt sa Ghàidhlig. Tha tuairmse gun robh còrr agus 50,000 neach-tuineachaidh Gàidhlig air in-imrich ann an Alba Nuadh agus Eilean Cheap Breatainn eadar 1815 agus 1870.

## CA04 Luchd-tuineachaidh Ghlinn Athaladail

Ann an 1772, thàinig am bàta Alexander gu Eilean Naoimh Eòin (Eilean a' Phrionnsa) a' giùlain buidheann Albannach a thàinig gu bhith aithnichte mar Luchd-tuineachaidh Ghlinn Athaladail. Bha na Gàidheil sin a' sireadh fathachadh bho na fuadaichean agus a' sireadh nan cothroman a bha toiseach ùr air mòr-roinn ùr a' tairginn. Bha an t-slighe glè chruaidh agus bha an obair a bha romhpa nuair a ruigeadh iad duilich. Nuair a ràinig an luchd-tuineachaidh b' e fasach a bha romhpa, eilean làn choilltean gun bhun-structar sam bith, an deidh an teaghlachean agus an ceanglaichean uile ri Alba fhàgail às an deidh.

## CA05 A' Dol air Tìr

B' e turas aon-sligheach a bha a' mhòr-chuid de dh'Albannaich a' dèanamh, a chaidh tarsainn a' Chuain Shiar a thuineachadh ann an Aimeireaga a Tuath, agus a rèir sin bha na cistichean a luchdaich iad dhen bhàta làn de gach nì a bhuineadh dhaibh. Bha an obair an lùib deisealachadh an fhearrainn, togail dachaigh agus a' lorg dòigh air a bhith beò ann an àite a bha do-aithnichte dhaibh, fhathast romhpa. An seo, tha Gàidheil a' toirt an cuid threalaichean air tìr fo chreagan dearga costa a tuath Eilean Naoimh Eòin (air ath-ainmeachadh Eilean a' Phrionnsa ann an 1798).


## CA06 Ciad Dachaigh nan Tùsairean

Nuair a ràinig an luchd-tuineachaidh an dùthaich dhachaigheil aca an toiseach, bha obair romhpa a bha eagalach. Cha robh cruthachadh dachaigh ùr gu bhith furasta agus bha e an crochadh air sgilean, fulangas agus dìogmhaltas an luchd-tuineachaidh an soirbheachadh leotha. Bha craobhan rin leagail gus am fearann fhosgladh a-mach airson tuineachadh, a' cleachdadh an fhiodha bho na craobhan airson bothain a thogail. Bhiodh coimhearsnachdan a' cruinneachadh còmhla gus a leithid sin de dh'obair a ghabhail os làimh, ach bha tuineachadh glè thrìc sgapte fad' is farsaing. Bha bagairtean ann bhon aimsir agus bho ainmhidhean fhìadhaich agus gu dearbh cunnart gum faodadh aon bhuaig fogharach a bhith bochd, nì a bhiodh fìor sgriosail dhaibh.

## CA07 Cumail an Creideimh

Sa Chèitean 1772, dh'fhàg an Alexander Glaschu airson Eilean a' Phrionnsa le dà cheud agus ceithir deug de Ghàidheil Caitligeach air bòrd. Nam measg bha an t-Athair Seumas Dòmhnallach (1731–1785), a stiùir na ciad sheirbheisean Caitligeach air an eilean bho thàinig e fo

sgìath Bhreatainn. Fileanta ann an Gàidhlig, Beurla, Frangais agus Laideann, bha an Dòmhnallach glè eòlach air rianachd coitheanal anns an robh cuideachd na h-Acàidianaich aig an robh Frangais. Thàinig Aonghas Bernard MacEacharna (1759–1835) chun an Eilein ann an 1790, còig bliadhna an deidh bàs an Dòmhnallaich agus thog e gu mòr air an obair aigesan. Ann an 1804, stèidhich e eaglais ann an Cill Rìmhinn agus ann an 1835 stèidhich e Colaiste Naoimh Anndra.



## CA08 Toiseach a' Cho-chaidreachais

Tha Eilean a' Phrionnsa aithnichte mar Àite-breith a' Cho-chaidreachais. Ann an 1864, bha Eilean a' Phrionnsa, Alba Nuadh agus Brunsbhaig Nuadh a' beachdachadh air aonadh Cuantach. Dh'iarr Canada an Iar agus an Ear a bhith mar phàirt den seo cuideachd. Chaidh co-labhairt a chumail san t-Sultain 1864 ann am Baile Theàrlaig mu chomas air Cho-chaidreachas Chanada a chruthachadh. Bha coinneamhan a' gabhail àite ann an Taigh na Roinne sa mhòr-chuid ach bha coinneamhan sòisealta ann cuideachd. Tha dreasa shìoda thartain fhathast ri faicinn, a bha air a' Bh-ph A C NicDhòmhnail aig a' bhàl mhòr. Bha mòran de dh'Athraichean a' Cho-chaidreachais bho shliochd Albannach, le Sir Iain A MacDhòmhnail nam measg, a' chiad Phrìomh Mhinistear ann an Canada.




### CA09 Fuadach nan Gàidheal

Tha am pannel seo stèidhichte air dealbhadh le Lachie Robinson (13) airson farpais ann an Àrd-Sgoil Mhalaig. Is e *Fuadach nan Gàidheal* an abairt a bhitear a' cleachdadh airson an fhuadaich a ghabh aite air a' Ghàidhealtachd, a chunnaic àireamhan mòra de dhaoine à Taobh Siar na Gàidhealtachd air an cur às an dachaighean, agus uachdarain a' gabhail an fhearainn thairis airson tuathanachas chaorach. Tha am pannel a' taisbeanadh chroitean gan sgrìos agus treudan chaorach gan toirt air an fhearann, air a shuidheachadh mun cuairt sealladh drùidhteach a' fàgail soraidh slàn. Bha an t-slighe tarsainn a' Chuain Shiar lan chunnartan agus mi-chofhurtail, gun fhios aig an fheadhainn a dh'fhalbh de bha an dan dhaibh.



### CA10 Cumha an Luchd-tuineachaidh

Bho mheadhan na h-ochdamh linn deug gu meadhan na ficheadaimh linne, bha tuairmse de aon mhillean Albannach air às-imrich a Chanada. Tha am bailead *The Scarborough Settlers' Lament* bhon naoi dheamh linn deug a' taisbeanadh faireachdainnean de chianalas agus gràinneachadh ann an dùthaich a bha 'trì mìle mìle bhon dachaigh'. Chaidh ceòl na h-Alba tarsainn a' Chuain Shiar còmhla ris an luchd-tuineachaidh, gan cuideachadh gus an spiorad a chumail beò agus na chumhneachan cudromach air am freumhaichean. Thàinig ceòl is cànan na h-Alba gu bhith nam bunaitean cinneachaidh ann an saoghal ùr agus coimheach. Bha seo gu sònraichte fìor anns na Tìrean Cuantach, gu h-àraid Eilean Cheap Breatainn far a bheil prìomh aite aig ceòl is cànan na Gàidhlig fhathast anns a' bheatha chultarach.



### CA11 Iain Norton, Cogadh 1812

B' e Cherokee a bh' ann an athair Iain Norton, a chaidh a thoirt an grèim 's e na bhalach agus an uair sin chaidh a thogail do dh'Àrm Bhreatainn. Ghluais e às deidh sin a dh'Alba agus phòs e. Chaidh Iain don arm cuideachd agus ghluais e còmhla ris an rèisimeid aige air ais a Chanada. Ag atharrachadh dreuchd, shiubhail e agus bha e a' malairt mus deach uchd-mhacachd leis na Mohawks fon ainm *Teyoninokovrawen*. Dh'èirich Norton gu bhith na cheann-cinnidh, agus bhrosnaich e fir gu taic a chur ri feachdan Bhreatainn nuair a thug Aimeireaga ionnsaigh air Canada ann an Cogadh 1812. Chuidich an eadar-theachd bho a phàrtaidh air buaidh a thèarainn aig Àrdan Queenston, agus às deidh a' chogaidh dh'fhoillsich Norton a leabhar-latha. Tha a bheatha às deidh sin diomhair.

### CA12 Bhon Chroit gu Farsaingeachd

Bha a' mhòr-chuid de dh'Albannaich a bha a' tuineachadh ann an Canada anns an ochdamh linn deug, buailteach a bhith a' co-roinn an ionadan-còmhnaidh iriosal le an cuid

bheathaichean. Mar a h-uile neach eile, lorg an fheadhainn a ràinig coille Scarborough ann an Ontario fàsghadh bho na h-eileamaidean agus bho na h-ainmhidhean fìadhaich ann am bothain loga. Tha a' chraobh Malpas, a chaidh a dhèanamh ainmeil ann an Canada le Alasdair Muir, a' falach an eadar-dhealachaidh eadar Alba agus Canada gu ìre – na ceanglaichean cultarach is eaconamach eadar an t-seann dhùthaich agus an dùthaich ùr, 's iad air fuireach gu bunaiteach làidir airson mòran ghinealaichean agus a dh'fhaodadh san latha andiugh a bhith air an ath-ùrachadh le spionnadh tro ghabhail ris agus tlachd à dualchas coitcheann.

### CA13 Beach Logaidh

Thug beachan logaidh coimhearsnachd buaidh tràth air coille Scarborough agus cheadaich sin don luchd-tuineachaidh a bha air ùr ruighinn, a' chiad bhàrr a chur. Bha logadh cunnartach: chaidh Raibeart Rae a mharbhadh le craobh a' tuiteam air ann an 1832; bha Katherine Bowes air a fàgail na bantraich air sàilleabh inneal gluasad bun-craoibhe. Bha Seumas Weir agus Seumas MacNeill a' glanadh a-mach fearann agus a' logadh chunnradair anns na 1830an, agus thàinig Raibeart Stobo gu bhith na mharsanta fiodha cudromach.

### CA14 Beach, Fealla-dhà, agus Togail Shaibhlean

Bha a' bheachd air solarachadh bidhe, deoch, feistean agus fealla-dhà san fharsaingeachd do bhuidheann luchd-obrach air tuathanas sa Ghalltachd, na phàirt cudromach den chultar ann an eaconomaidh dùthchail co-obrachail an ochdamh linn deug. Thug mòran de na h-Albannaich Gallta a rinn às-imrich a-null thairis an cultar seo leotha gu an coimhearsnachdan ùra. Ann an Scarborough, Canada, bha an obair "beach" gu tric air a leantainn leis an dibhearsain – am feistean! Ann an 1832, sgrìobh aon neach leabhar-latha: 'Bha beach air a bhith aig Mgr MacThòmais Diciadain, agus tha iad air a bhith ag òl on uair sin'.

### CA15 Baile-mòr Guelph

Ràinig Iain Galt (1779–1839) à Irbhinn ann an Siorrachd Àir, sgìre Raonach Huron ann an Canada Uarach (Ontario) ann an 1827 mar àrd-stiùreadair air Companaidh ùr Chanada. Dh'fhàg e còmhla ris an Albannach, an Dr Uilleam "Tiger" Dunlop agus an Sasannach Tèarlach Prior, a stèidheachadh prìomh thogalach na Companaidh ann an Canada Uarach. Air 23 Giblean, leag iad craobh mhòr malpais agus stèidhich iad Guelph, air ainmeachadh às deidh an teaghlach Rìoghail. A' putadh air adhart an iar-thuath bho Guelph, bha Rathad Raonach "cèrdroidh" Huron, deànte bho chraobhan air an leagail. Bha an t-Easbaig Alasdair MacDhòmhnaill, clèireach armailteach à Gleann Urchadain, air obair Galt a bhrosnachadh. Mar dhuais, chaidh "cnoc àlainn Ionadail" a bhuileachadh air na Caitligich, airson na h-eaglais aca.

### CA16 Màiri Irwin, Bean-chràbhaidh na 17mh linn

Rugadh Màiri Irwin ann an Alba ann an 1626 do theaghlach uasal Caitligeach a ghluais às deidh sin don Fhraing, far an robh e comasach dhaibh



an creideimh a chleachdadh saor bho chlaon-bhreith agus geur-leannhainn. Roghnaich Màiri a beatha a choisrigeadh do a creideamh agus chaidh i an lùib mnathan-cràbhaidh Hospitalier ann an Dieppe, òrdugh banaltramachd a bha dealasach a thaobh a bhith a' solarachadh sheirbheshean meidigeach. Ann an 1642–3, chuir iad i a thrèanadh gu *Hôtel-Dieu* ann an Quebec, a bha aig an àm sin mar phàirt den Fhraing Nuadh. Thill i gu Quebec ann an 1657 agus chaidh i a-steach don taigh-cràbhaidh leis an ainm Mère Marie (Hirouin) de la Conception. Bha Màiri a' frithealadh san ospadal gu àm a bàis ann an 1687.

### CA17 Comann Naoimh Anndrais ann am Montreal


Thàinig a' chiad Albannaich gu Montreal còmhla ris na Frangaich, mar sin am fleur-de-lys. B' e Claude De Ramezay aon de riaghladairean na Frainge Nuaidh agus tha an sloinneadh fhèin ag innse a fhreumhaichean! Chaidh a' chiad seirbheis Chlèireach a chumail ann an 1786 agus lean Eaglais na h-Alba goirid às deidh sin. Bho nach robh e comasach do shoitichean mòra a dhol nas fhaide na Montreal, bha bathar ga às-luchdachadh an sin agus a' dol air adhart ann am bata no canù, fhad 's a bha bèin phrothaideach is fiodh a' siubhal an taobh eile. Dh'fhàg aon neach-malairt bèine, Seumas McGill, oighreachd mar dhileab airson oighigh a thogail, air a bheil ainm. Bha na h-Albannaich nam meadhan air a' chiad bhanc ann an Canada a stèidheachadh, Banca Montreal (a-nis BMO) ann an 1817. Ann an 1835, chaidh Comann Naoimh Anndrais a stèidheachadh.

### CA18 An Duilleag Malpas gu Bràth

Chaidh Uachdranachd feadarail Chanada fhosgladh gu h-oifigeil ann an 1867, a' leantainn air còmhraidhean a thòisich aig co-labhairtean ann am Baile Theàrlaig agus grunn bhliadhnaichean roimhe sin. Chaidh Sir Iain Alasdair MacDhòmhnaill (1815–91) a' rugadh ann an Glaschu, a thaghadh mar Phrìomh Mhinistear Chanada, agus fhritheil e san dreuchd sin airson naoi bliadhna deug. Aig an àm seo bha Canada a' leudachadh a dh'ionnsaigh faisg air meud an latha an-diugh. Sgrìobh Albannach eile, Alasdair Muir (1830–1906) a Lios Mo Chuda, òran cuimhneachaidh don cho-chaidreachas, Duilleag Malpas Gu Bràth, fhad 's a bha e a' fuireach ann an Toronto. Dh'fhàs meas mhòr air an òran agus anns a' mhòr-chuid de Chanada san robh a' bheurla, bha e mar laoidh nàiseanta neo-oifigeil.







**CA19 Malairt Bèine/Mnathan nan Ciad Nàiseanan**

Ann an 1670, stèidhich Companaidh Bàgh Hudson am prìomh thogalach ann am Factaraidh Iorc air cladaichean Bàgh Hudson. Bha na ciad oibrichean air an trusadh à Sasainn agus Èirinn, ach ann an 1702 thòisich iad a' trusadh ann an t-Sròim Nis ann an Arcaibh. B' iad sin na ciad Albannaich ann an Canada an Iar agus aig deireadh na 1700an, bha iad a' deanamh suas trì-chairteal de sgioba-obrach Bhàgh Hudson. Bha iad pàighe £6-£8 sa bhliadhna agus a' frithealadh timcheall air 5 bliadhna, le cuid aca nan oifigearan. Cho-dhùin mòran dhiubh fuireach ann an Canada, a' pòsadh mnathan Ciad Nàiseanan a bha a' solarachadh ceangal cudromach eadar an dà chultar, mar eadar-theangairean, a' fuaigheal aodaich, ag ullachadh bìdhe agus a' solarachadh companas.

**CA20 Bàta Iorc**

B' e bàtaichean troma fiodha a bh' ann am bàtaichean Iorc air an cleachdadh le Companaidh Bàgh Hudson air sliogean malairt bho Fhactaraidh Iorc gu na dùin aig an Abhainn Dhearg. Air an stiùireadh le criutha de 6-8 fir, bha 14 meatair de dh'fhad annta, ghiùlaineadh iad suas ri 6 tonnaichean. Bha iad air an stiùireadh le ràimh agus pòla stiùiridh fada, no air an stiùireadh le falmadair nuair a bha iad a' cleachdadh seòl cambhais cèarnagach. Bha còmh-dhail thar thalamh ann an cairtean Abhainn Dhearg, deante a-mach à fiodh gun a bhith a' cleachdadh tairgnean no crèis. Bha na h-aisealan agus na h-oirean-cuibhle air an neartachadh le "shaganappi" - sriopan fliuch de sheich buabhail a bha a' seacadh 's a' teannachadh fhad 's a bha iad a' tiormachadh.

**CA21 Luchd-tuineachaidh a' Mhorair Sailcric**

Stèidhich Tòmas Dùbhghlas, an 5mh Iarla Sailcric (1771-1820), a' chiad coimhearsnachd àiteachais shoirbheachail ann an Canada an Iar. Chaidh 300,000 cileameatair cèarnagach de fhearann ("Assiniboia") a bhuileachadh air le Companaidh Bàgh Hudson do fhulangaich fuadach nan Gàidheal, a' mhòr-chuid à Cill Donnain ann an Cataibh ann an Alba. Sheòl an luchd-tuineachaidh air bòrd trì soithichean: Robert Taylor (1812), Prince of Wales (1813) agus Hadlow (1815). Thadhail an t-Iarla Sailcric air an tuineachadh ann an 1817 agus thug e seachad fearann airson eaglaisean tuineachaidh do Chaitligich, Easbaigich agus Clèirich san àm ri teachd. An dèidh Cùmhnant Shailcric a shoidhnigeadh le stiùirichean ionadail Ciad Nàiseanan, a' gabhail a-steach an Ceann-cinnidh Peguis, thug am Morair Sailcric tiotalan an tuathanasan ùra do an luchd-tuineachaidh.

**CA22 Coimhearsnachd Mètis**

Tha am Mètis aithnichte mar bhuidheann Tùsail eadar-dhealaichte. Thàinig Mètis a' phrèiridh bho eadar-phòsadh am measg mhalairtich bèine Sasannach, Albannach agus Frangach le boireannaich nan Ciad Nàiseanan, gu h-àraid

Saulteaux-Ojibwe, Assiniboine, agus Cree. Le speis dhaibh mar luchd-obrach luachmhor ann an Companaidhean Bàgh Hudson agus an Iar Thuath, rinn teaghlaichean Mètis am bith-beò mar ghlacadairean, sealgairean agus malairtich. Leasaich am Mètis cànanan thar-chinealach, a' gabhail a-steach Michif no Michif-Cree agus "Bungee" – measgachadh de Ghàidhlig na h-Alba, Beurla, Cree, agus Ojibwa. Thàinig a' bhuaidh Cheilteach ann an cultar nam Mètis troimhe gu sònraichte sa cheòl fìdhle, puirt-cruinn agus dannsaichean cèarnagach; buadhan a tha a' leantainn mar phàirt de dhualchas cultarach Manitoba, agus an latha an-diugh.

**CA23 Blàr Seven Oaks**

Bha Companaidhean Bàgh Hudson agus an Iar Thuath a' strì an aghaidh a chèile airson smachd fhaighinn air malairt nam bian ann an Gleann Abhainn Dhearg; an fharpais eatarra air a dhèanamh nas miosa le luchd-tuineachaidh Sailcric. Bha Bàgh Hudson a' cur taic ris an tuineachadh agus an solar bidhe a b' urrainn dhaibh a thairginn aig a' cheann thall. Bha an Iar Thuath an aghaidh an tuineachaidh còmhla ri muinntir Mètis air an robh eagal gun tigeadh tuathanachas san rathad air sealg agus malairt a' phemmican (feòil Buabhail thiormaichte). Dh'fhàs am buaireadh na bu mhiosa nuair a chaidh casg a chur air às-mhalairt air pemmican agus biadh a sholarachadh don luchd-tuineachaidh a bha a' strì ri bith-beò. Aig Blàr Seven Oaks (1816), chaidh 21 neach-tuineachaidh air an stiùireadh leis an Riaghladair Semple, a mharbhadh ann an còmharg le muinntir an Iar Thuath agus sealgairean Mètis air an stiùireadh le Cuthbert Grant.

**CA24 An Ceann-cinnidh Peguis**

B' e stiùiriche Saulteaux agus ceann-cinnidh cumhachdach ann an sgìre Abhainn Dhearg a bh' ann an Chief Peguis (1774-1864) tràth anns na 1800an. Gun a thaic agus a chàirdeas, cha bhiodh luchd-tuineachaidh Sailcric air soirbheachadh. Aig an tadhail an Iarla Sailcric ann an 1817, bharganaich e Cùmhnant Sailcric leis a' Chree agus leis an Saulteaux, a' ceadachadh eadar-ghluasad oifigeil air fearann. Ann an 1832, ghluais e gu Paraisite Naoimh Peadar Dynevor, an aon pharaiste Anglach Thùsail a bh' ann. Dh'iompaich e gu Crìosdaidheachd agus chaidh a bhaisteadh ann an 1838 mar Uilleam King. Ghabh a mhic an t-ainm Prince mar shloinneadh. Tha a dhileab de chàirdeas maireannach agus taic a' seasamh fhathast mar phàirt urramach de dh'eachdraidh Manitoba.

**CA25 Eaglaisean nan Tuineachaidhean**

Chaidh na ciad eaglaisean ann an Canada an Iar a stèidheachadh aig an Abhainn Dhearg air fearann a fhuair eadhon bhon Iarla Sailcric. Ann an 1818, thog an t-Athair Provencher caibèl Chaitligeach ann an St. Boniface a chaidh ionadachadh mu dheireadh le Chathair-eaglais St. Boniface nan dà



stìopall. Ann an 1822, chùim an t-Urramach Anglach Iain West sùil thairis air togail eaglais air larach a chaidh a thaghadh leis an Iarla Sailcric agus coisrigte mar Chathair-eaglais an Naoimh Eoin ann an 1853. Bhathar air ministear Clèireach agus eaglais a ghealltainn don luchd-tuineachaidh Albannach. Ann an 1854, chùim an t-Urramach Iain MacIlleDhuibh sùil thairis air togail air eaglais aoil leis an ainm "Cill Donnain" a bha air a cumadh air eaglais paraiste an luchd-tuineachaidh ann an Alba.

**CA26 Sandford Fleming**

Rugadh Sir Sandford Fleming (1827-1915) ann an Cathair Chaladain ann am Fìobha. B' e preantas sgrùdaidh a bh' ann mar-thà nuair a ghluais e gu Ontario ann an 1845. Lean Fleming air adhart le obair, agus thàinig e gu bhith na phrìomh neach-sgrùdaidh air Reile a Tuath Chanada. Ann an 1862, mhol e rathad-iarainn bhon a' Chuan Shiar gu ruig an Cuan Sèimh, agus beagan bhliadhnaichean às dèidh sin chaidh fhasdadh mar phrìomh innleadair air pròiseact ana-mhòr na Reile Eadar-nàiseanta. Bho 1876, bha Fleming ag iomairt airson uair coitcheann air feadh an t-saoghail. Bha Albannaich eile le prìomh dhreuchdan ann an rathaidean-iarainn Chanada, nam measg Seòras Stephen, Robin B MacAonghais agus Donnchadh Mac an t-Saoir.



**CA27 Alasdair MacCoinnich**

Rugadh Sir Alasdair MacCoinnich (1764-1820) ann an Eilean Leodhais agus ghluais e còmhla ri a theaghlach gu New York ann an 1774. Ceithir bliadhna às dèidh sin, leis a' Chogadh Reabhlaideach aig àrde ann an Aimeireaga, ghluais e gu Montreal ann an Canada agus choisinn e preantasachd ann am malairt phrothaideach nam bèin. Ann an 1789 agus e ag obair do Chompanaidh an Iar-Thuath, rinn MacCoinnich rannsachadh air an abhainn as fhaide ann an Canada, a tha a' giùlain ainm an-diugh. Ann an 1792-23, dh'fheuch e ri sliogha a lorg chun a' Chuain Sèimh, a' cur crìoch air a' chiad turas bhon ear gu an iar ann an Aimeireaga a Tuath (tuath air Meagsago). Thill e às dèidh sin a dh'Alba.



**CA28 Iain Rae**

Bha Iain Rae (1813-93) à Arcaibh ag ionnsachadh leigh-eòlais ann an Dùn Èideann mus d' fhuair e dreuchd mar lighiche aig Companaidh Bàgh Hudson ann an Canada. Nochd a chuid obrach don Chompanaidh an sgil a bh' aige anns an t-saoghal aig na crìochan, agus dh'obraich e air dealbhadhean airson a bhàrnan sneachda fhèin. Chaidh e air adhart a' cur air dòigh mòran thursan a' rannsachadh agus a' sgrùdadh Canada a Tuath agus pàirt ean de Shlighe an Iar-Thuath. Ann an 1854, thàinig e tarsainn air fianais a thaobh mar a thachair do thuras cailte a' Chaitpein Iain Franklin. Bha Iain Rae ainmeil airson a chomas air coiseachd astaran fada le glè bheag de bhagaichean, agus choisinn seo dha an t-ainm Inuit, Aglooka (Esan nan Sinteagan Mora).



### CA29 *Sim Friséal*

Air a bhreith do phàrantan Albannach ann an 1776, bha Friséal ag obair ann an Companaidh an Iar-Thuath mar chlàrc agus mar neach-malairt bèine bho 1792–1818. Thàinig e gu bhith na chom-pàirtiche ann an 1801 agus dh'fhosgail e suas malairt seachad air na Beanntan Rocky. Ann an 1805, stiùir e mòr-thuras suas Abhainn na Sìthe agus thog e Gearastan MhicLeòid, a' chiad tuineachadh Eòrpach maireannach san àite ris an canar Columbia Breatannach san latha an-diugh. Ann an 1808, thòisich e air an teàrnadh ainmeil air Abhainn Fhriseil, a' ruighinn beul na h-aibhne tràth san Iuchair. Air a dhi-mhisneachadh an dèidh faighinn a-mach nach b' e an Abhainn Columbia a bh' innte, agus gun fheum sam bith innte mar shlighe còmhhdhail, thill e gu Gearastan Sheòrais. Thug e Caillean Nuadh mar ainm air an dùthaich a bha e air a shiubhal, a thàinig às deidh sin gu bhith air a h-ainmeachadh Mòr-roinn Columbia Bhreatannach.

### CA30 *Agnes Deans Chamshron*

B' e boireannach neo-eisimeileach a bh' ann an Agnes Deans Chamshron le inntinn gun choimeas. B' i a' chiad bhoireannach a bha na rianadair air sgoil cho-oideachail ann am British Columbia agus stèidhich i Institiùd Luchd-teagaisg British Columbia. Ann an 1906, fhuair i na ceann-suidhe air Comann Oideachail na h-Uachdranachd. Bha a' Bh-uas Chamshron a' cur taic ri mòran chùisean a' gabhail a-steach còraichean-bhòtaidh bhoireannach, Aonadh Measarrachd Chrìosdail Bhoireannach, Comhairle Ionadail Mhnathan Bhìochòiria agus Comann Cobhair Chloinne. Nuair a sguir i a theagasg ann an 1906, chùim i taic rithe fhèin mar neach-naidheachd. Ann an 1908, b' e a' Bh-uas Chamshron agus a co-ogha na ciad bhoireannaich gheala a shiubhail sìos Abhainn MhicCoinnich, a' clàradh a h-euchdan anns an New North.

### CA31 *Gung Haggis Fat Choy*

*Tha Gung Haggis Fat Choy* a' comharrachadh co-sheirm ioma-chultarach, a' cothlamadh thraidiseanan bho Oidhche Burns agus a' Bhliadhna Ùr Shionach. Air a thòiseachadh ann an Bhancùbhar, tha na tachartasan sin a' nochdadh bàrdachd, òrain agus biadh leithid tagais wonton air a fraightheadh, le aoigheadh bho Todd Wong aithnichte mar "Toddish McWong." Bha Wong, Canàidhach-Sionach den chòigeamh ginealach, na oileanach treòrachaidh ann an 1993 nuair a chaidh iarraidh air an toiseach a thighinn an lùib nan subhachasan Burns ann an Oilthigh Shim Fhriseil. Dh'aithnich e cho cudromach 's a bha cultar na h-Alba agus cultar Shìona do ioma-chultarachd Chanada, agus glè aithghearr bha meas mhòr air a dhinnearan cultarach. Is e cluich air faicail a th' anns an ainm a' cothlamadh tagais leis an fhàilte Cantonese airson na Bliadhna Ùir Shionach, "Gung Hay Fat Choy".

### CA32 *An Rìdire Seumas Dùbhghlas: Athair BC*

Bha Seumas Dùbhghlas na phrìomh mhaor air Companaidh Bèig Hudson nuair a chuireadh e ann an 1843 a stèidheachadh gearastan ann an ceann a deas Eilean



Bhancùbhair. Chuidich Dùbhghlas le bhith a' stiùireadh a' choloinidh ùr gus an sgìre a thèarainn do na Breatannaich. B' e "Old Square-toes" a bhiodhte ag eighach air uaireannan air sgàth a dhòigh cholganta agus thàinig e gu bhith na riaghlaiche air a' choloinidh ann an 1851. Chaidh meinnearan Albannach a thoirt don àite gus buannachd fhaighinn a' gual a lorgadh aig Nanaimo. Nuair a dh'atharraich Caillean Nuadh air tìr-mòr gu Coluimbia Nuadh ann an 1858, fhuair Dùbhghlas dreuchd mar riaghlaiche a' choloinidh ùir sin a thuilleadh air a dhreuchd air Eilean Bhancùbhair a chumail. Chaidh an dà choloinidh a cheangal ri chèile gu h-oifigeil ann an 1866. Le sàr-chliù mar "Athair Choluimbia Nuaidh", fhuair Dùbhghlas urram ridire ann an 1863.

### CA33 *Raibeart Dunsmuir, am Baran Guail*

Thòisich Companaidh Bhèig Hudson a' trusadh mhèinnearan a Siorrachd Àir gus cuideachadh le mèinn a leasachadh ann am Fort Rupert aig ceann a tuath Eilean Vancouver, agus nam measg bha Raibeart Dunsmuir. Ann an 1852, chaidh na meinnearan a ghluasad gu mèinn ùr aig Nanaimo. Bha Raibeart Dunsmuir am measg nan ciad fheadhainn a fhuair cead saorsa meinnearachd. San Dàmhair 1869, lorg e sreath guail, chruthaich e a chompanaidh fhèin agus thòisich e a' giùlain gual gu San Francisco. Às deidh sin, chruthaich e Companaidh Rèile Esquimalt is Nanaimo (Rèile E is N) agus bho 1884–6 bha e a' togail na rèile bho Victoria gu Nanaimo. Bha e a-nis mar an duine a bu bheairtiche ann am British Columbia. B' ann aig an àm sin a thog e Caisteal Chreig Daraich do a bhean, Seonag.

### CA33A *Caimbeulach an Iùcon*

Rugadh Raibeart Caimbeul (1808–1894) ann an Gleann Lìomhann, Siorrachd Pheairt agus bha e na rannsachair ainmeil ann an Iar Thuath Chanada. B' e malairtiche bèine a bh' ann do Chompanaidh Hudson Bay, chaidh a thaghadh airson rannsachadh an iar air Abhainn MhicCoinnich. Am measg a chuid euchdan bha lorg Abhainn Pelly, slighe a chleachd na miltean de luchd-siridh òir às deidh sin airson garraidhean òir Klondike a ruighinn. Dhearbh e cuideachd gun gabhadh an Abhainn Iùcon a seòladh bho Dhùn Sailcìr. Tha am pannaal a' cuimhneachadh turas gearmhraidh a' Chaimbeulaich a dh'iarraidh lamh a leanainn airson a pòsadh, a bha ag iarraidh turas fada tron t-sneachd air brògan-sneachda bho Dhùn Simpson gu Crow Wing.



### CA34 *Am Fògarrach Megantic*

Rugadh Dòmhnall Moireasdan do dh'in-imrich Albannach Murchadh agus Sophia Mhoireasdan, a thuinich anns na Bailtean an Ear de Quebec ann an 1838. Bha Dòmhnall, a b' òige de na còigear mhac aca, aithnichte mar am Fògarrach Megantic nuair a bha e a' dìon fàrdaich an teaghlach bho luchd-iasad airgid mì-onarach. Loisg e air Connstabal Warren agus e ga dhìon fhèin air sràidean Lac Megantic. Chuidich Lìog Dion nam Moireasdanach e gu teicheadh bhon lagh airson còrr agus bliadhna. Chaidh losgadh air agus a thoirt ann bruid ann am Marsden, chaidh feuchainn sa chùirt ann an Sherbrooke agus a chur don phrìosan ann am Montreal. Bhàsaich e uairean a thide an dèidh dha faighinn a-mach às a' phrìosan agus tha e tiòdhlaichte ann an Cladh Guisla (Giosladh), faisg air dachaigh a phàrantan.

### CA35 *An Leifteanant-Còirneal Iain MacRath*

Rugadh an An Leifteanant-Còirneal Iain MacRath (1872–1918) ann an Guelph, Ontario, ogha do dh'in-imrich Albannach, Tòmas MacRath (1820–1892) agus Sine Chaimbeul (1814–1897). B' e bìuglaire agus gunnair a bh' ann an Iain MacRath mar dhuine òig. Dh'ionnsaich e eòlas-leigheis às deidh sin agus fhrithheil e na shaidhear san arm. Tha e ainmeil airson an dain chliùitich mun Chogadh Mhòr, *In Flanders Fields*. Chaidh an dàn a sgrìobhadh an dèidh do MhacRath seirbheis tiòdhlaicidh a stiùireadh don Leifteanant Alexis Helmer air an 3mh Ceitean 1915. Tha e a' cuimhneachadh an dà chuid, na daoine a chaidh a chall 's iad a' coileanadh an dleastanas agus cuideachd a' toirt urram dhaibhsan a tha a' leantainn air adhart a' frithealadh sna feachdan armaiteach.

### CA36 *An Teaghlach MacUilleam*

Às deidh WWII, dh'fhàg Iain agus Sine MacUilleam Dùn Deagh a shireadh beatha ùr ann an Dundas, Ontario. San Ògmhios 1948, shiubhail Iain air thoiseach agus thàinig a bhean agus a chlann còmhla ris san t-Sultain air an SS *Aquitania*, air a coimiseanadh mar shoitheach in-imrich. Bha an teaghlach air a bhith a' roinn an ceàban aca le boireannach eile agus a clann à Glaschu. Cha robh gach teaghlach ceadaichte aca aon chiste. Bhiodh Sine tric ag innse mar a bha a bhàsa Crèadhadaireachd Borsky, a seata teatha ceithir phiosan agus a h-anartan bùird grèisichte fhèin air an sparradh innte. A dh'aindeoin coinneachadh ri deireadh doineann, ràinig an dà chuid poitean agus daoine Halifax sàbhailte.



# Sgeulachdan à Aimeireaga

Rinn Albannaich tabhartas cudromach sna Stàitean Aonaichte le mòran dhiubh a' soidhnigeadh Foillseachadh an Neo-eisimeileachd. Ann an Aimeireaga a Deas, bha prìomh àite aca ann an toirt a-steach ball-coise gu h-àraid ann am Braisil agus Arsaintìona le stoidhle shònraichte Aimeireaga a Deas. Anns a' Charaibian gu h-àraid Iameuca, bha iad aithnichte na b' fheàrr airson planntachasan siùcair a bha air an obrachadh le tràillean. Bha imrich mhòr gu Aimeireaga an dèidh ar-a-mach nan Seumasach fàilligeadh san 18mh linn a thuilleadh air adhbharan cruadh-chàs. Bha àite cudromach aig Eaglais Chlàireach na h-Alba agus a solar foghlaim fad' is farsaing, agus am measg sin bha stèidheachadh agus leasachadh air sgoiltean meidigeach agus oilthighean. Bha fàs Ghlaschu às dèidh Achd an Aonaidh mar thoradh sa mhòr-chuid air malairt a' chotain agus tombaca à Aimeireaga.

Chunnaic buaidh Oliver Cromwell air na h-Albannaich aig Dùn Barra ann an 1650 mòran de na chaill air an giùlain gu Iameuca, a bha air a ghabhail thairis o chionn ghoirid leis an Spàinn. Rinn daoine a shoirbhich oidhirpean nan Albannach air coloineadh Phanama aig Darien an slighe an sin cuideachd, agus còmhla riutha às dèidh sin thàinig mòran de thràillean Afraganach a dh'obair air na plannachasan.

Bha àite cudromach aig an Albannach, Tòmas Cochrane, mar cheannard air a' chabhlaich rìoghail ann am faotainn neo-eisimeileachd Bhraisil bho Phortagail tràth san 19mh linn, agus stèidhich na bràithrean MacUilleam a' chiad doca tioram san dùthaich agus leasaich iad an siostam rèile. Ann an Arsaintìona tràth san 19mh linn, stèidhich in-imrich glè luath sgoiltean agus eaglaisean a tha a' soirbheachadh gu an latha an-diugh.



## Braisil



**BR01 Tòmas Cochrane**  
Rugadh Cochrane (1775–1860), an 10mh Iarla Dhùn Dòmhnail, ann an Siorrachd Lannraig agus chaidh a thogail ann an Cuileann-Ros ann am Fìobha. Choisinn e cliù mar oifigear mara fìor mhath aig am Cogaidhean Napoleon gus an deach a chur à dreuchd an dèidh sgaimeal a thaobh ionmhais. Thàinig Cochrane an uair sin gu bhith na ghaisgeach ann an Aimeireaga a Deas le bhith a' cleachdadh a thàlant an a' cuideachadh le iomaitearan neo-eisimeileachd ann am Peru agus an t-Sìle. Bha e a' stiùireadh na cabhlaich Bhraisilianach bho 1822, a' sgrìusadh a-mach na h-àireimh mu dheireadh de Phortagail, agus chaidh dreuchd Marcos Maranhão a bhuileachadh air ann an 1823 leis an ìmpire Bhraisilianach, Dom Pedro I. Chaidh e air adhart às dèidh sin gu bhith a' cuideachadh nan Greugach nan cogadh saorsa an aghaidh na h-Ìmpireachd Ottoman.

**BR02 Ball-coise ann am Braisil**  
Tha Braisil ainmeil airson ball-coise, ach b' e na h-Albannaich a thug ann e. B' e Tearlach Muillear (1874–1953) à Glaschu a fhuair an cliù airson na ciad buill-coise agus leabhar riaghailtean a thoirt gu Braisil, agus b' e Tòmas Donohue, oibriche dhathan à Siorrachd Rinn Friù, a chuir air dòigh a' chiad gheam sa Ghiblean 1894, air a chluich ri taobh an fhactaraidh aodaich Albannach ann am Bangu, Rio de Janeiro. Ràinig Eardsaidh MacIlleathain à Pàislig ann an 1912, a' toirt a-steach stoidhle cluiche luath agus a' stèidheachadh Club Ball-coise Scottish Wanderers. Thugadh cuireadh do Sheoc Hamaltan à Inbhir Air gus Atletico Paulistano a stiùireadh ann an 1907, a' chiad eisimpleir de chlub Bhraisilianach a' fastadh coids bho thall-thairis.

**BR03 Teàrlach Druimeanach de Andrade**  
Bha an ridire Albannach meadhan-aoisean, an Ridire Iain Druimeanach, a' sabaid bho thoiseach

còmhla ris na Frangaich agus an uair sin anns an Spàinn agus Portagail, mus deach fearann a bhuileachadh dha air eilean Phortagail aig Madeira ann an 1430. B' i a nighean, Beatrix Escócia (Beatrix Alba), màthair na meòir sin den teaghlach a dh'fhàg Madeira airson a dhol a Bhraisil, a' tuineachadh ann am Minas Gerais. B' e fear de a sliochd, Teàrlach Druimeanach de Andrade (1902–1987) aon de na bàird nuadh-aimsireil a bu chliùitiche agus bu mhotha a bh' air a mheas aig daoine anns an fhicheadamh linn. Tha na faclair "No mar estava escrita uma cidade" (Air a' mhuir, chaidh baile a sgrìobhadh) bhon dàn aige "Mas Viveremos".



## An t-Sìle



**CLO1 Valparaiso**  
Tha ceanglaichean air a bhith aig Valparaiso ri Alba on a bha Cochrane a' stiùireadh na Cabhlaich Shìleach bho 1818. Bha Albannaich cliùiteach mar innleadairean agus luchd-tionnsgain. Shoirbhich le Valparaiso mar ionad malairteach air an t-slighe gu boile an òir ann an California, ged a thug crith-thalmhainn uabhasach ann an 1906 agus Canàl Panama bho 1914 crìonadh sa chùis. Chuir Pàdraig MacAoidh à Glaschu Sgoil ainmeil MhicAoidh air bhonn ann an 1857. Ann an 1870, ràinig Tòmas Riddell agus an uair sin a bhràthair Raibeart à Rutherglen, a' stèidheachadh loicheadaireachd shoitichean agus gnothachas solar mheinnearachd. Leasaich Raibeart an stòr reic fhasanta, Casa Riddell, agus cheannaich e *estancias*. Bha mac Raibeart, 'Bertie', a' ruith *estancias* ana-mhòr agus sgrìobh e mòran mu dheidhinn Patagòinia.

**CLO2 Uilleam Mann Somerville**  
Rugadh Uilleam Mann Somerville ann an Haddington ann an 1882. Tràth sna 1900an, ghabh e suidheachadh anns a' Bhanca Angla-Deas Aimeireaganach agus thuinich e ann an Sìle. A' siubhal air tràna-asail, chuir e air bhonn meuran den bhanca bho Bolibhia gu Punta Arenas. Ann an 1922, shàbhail e cùl-stòran a' bhanca bho sunamaidh. Fhuair e duais bhon bhanca a chomasaich dha togalach a cheannach shuas ann an Gleann Elqui, far an do chruthaich e tuathanachas measgaichte ris an canar Fundo Edina. Lean a mhic orra leis an tuathanachas gu na 1970an, a' stèidheachadh a' chiad Cho-chomann Pisco ann an Sìle, Capel, a tha a' soirbheachadh fhathast. Is e a shuaicheantas Ruperto, an t-asal.



## Antartaga



**AQ01 RRS Discovery II**  
B' e *Discovery II* a' chiad shoitheach a chaidh a thogail gu sònraichte airson rannsachadh saidheansail, air a cur ri chèile leis na Bràithrean MacFhearghais ann am Port Ghlaschu ann an 1929. Mios às dèidh sin, dh'fhàg i Lunnainn airson an Antartaig le leth-cheud s a trì oifigear mara, luchd-saidheans agus criutha. Sa Chèitean 1939, bha i air seòladh timcheall mòr-thìr an Antartaig ceithir tursan agus air mòran rannsachaidh saidheansail a choileanadh air amas sa chiad àite air imrichean mhucan-mara a thuigsinn. San Dùbhlachd agus san Fhaoilleach 1935/6, ràinig an *Discovery II* a' phuig as fhaide deas de chuan fosgailte san t-saoghal, a' sàbhailadh an rannsaichair Lincoln Ellsworth agus a chompanach Hollick Kenyon. Chaidh i gu deas a-rithist eadar 1950 agus 1952, mus do ghluais i gu obair air saidheans chuantan ann an ceann a tuath a' Chuain Shiair. Chaidh an *Discovery II* a dhi-choimiseanadh ann an 1962.



# Iameuca



**JM01 A' Chiad Chaimbeulach ann an Iameuca**  
Thàinig an Còirneal Iain Caimbeul gu ruig Iameuca ann an 1700. Bha e a' tilleadh bho Thuras Darien, pròiseact cholòinianach Albannach a bha air leth mì-shoirbheachail, don robh e air a bhith na cheannard air companaidh shaighdearan. An àite tilleadh a dh'Alba a bha an impis a bhith banca-briste agus le mì-chinnt phoilitigeach mar thoradh air Darien, roghnaich an Caimbeulach beatha a dhèanamh dha fhèin ann an Iameuca, agus glè luath bha e a' toirt cuireadh do a theaghlach farsaing a thighinn ann còmhla ris gu planntachas siùcair na h-Aibhne Duibhe. B' e a' chiad neach de mhòran Chaimbeulach a thuinich ann an Iameuca, agus thathar den bheachd gu bheil barrachd ann gach acair na an àite sam bith ann an Alba.

**JM02 Albannaich agus Planntachasan**  
A' leantainn stiùir Chailein Chaimbeil, chunnaic mòran Albannaich a bha iomairteach an cothrom air prothaid mhòr a dhèanamh a bhith a' stèidheachadh phlanntachasan siùcair is tombaca ann an Iameuca. Bha an t-iarrras airson saothair an-asgaidh a' stiùireadh malairt uabhasach nan tràillean, fhad 's a bha mòran den t-saidhbheas bhon ghniomhachas a' nochdadh ann an ailtireachd bhailtean mòra leithid Ghlaschu. Aig deireadh an ochdamh linn deug, bha trian de phlanntachasan an eilein ann an seilbh nan Albannach agus dh'fhaodadh gun robh uimhir ri 10,000 Albannach air an eilean. Mar sin, chan eil e na iongnadh gu bheil sloinnidhean Albannach cumanta an sin, agus mòran de dh'ainmean-àite Iameuca fhathast a' nochdadh a dhuilchhas Albannach.


**JM03 Seumas agus Raibeart Wedderburn**  
Ann an 1746 chaidh Sir Iain Wedderburn a chur gu bàs a' leantainn air a thoirt am bruid aig Cùil Lodair. Rinn a dhithis mhac, Iain agus Seumas, beatha ùr dhaibh fhèin sa Charaibian far an robh sealbh aca air mòran phlanntachasan thràillean. Bha mac aig Seumas bhon tràill aige, Rosanna, agus an uair sin mus d' rugadh an leanabh



(Raibeart) reic e Rosanna air ais ris an t-sealbhadair a bh' aice roimhe, leis a' chead gum biodh Raibeart saor o àm a bhreith. Nuair a thill Seumas a dh'Alba ann an 1773, cheannaich e Loidse Inbhir Easg. Chaidh Raibeart ga lorg an sin, ach cha ghabhadh e gnothaich ris agus chuir e air falbh le "sia sgillinn bhriste". Dh'fhàs Raibeart Wedderburn buadhach ann an cur às do thràilleachd agus b' e am Morair Bill Wedderburn aon de a shliochd.

**JM04 Màiri Seacole**  
B' e Màiri Seacole (1805–1881) nighean oifigeir airm Albannach agus Iameucach saor agus bhiodh i a' sgrìobhadh mu dheidhinn a "fuil mhath Albannach". An dèidh cùisean bunasach leigheis ionnsachadh bho a màthair, thàinig i gu bhith na h-òstair agus na h-iomairtiche air an robh meas. An dèidh siubhal a Shasainn, rinn Seacole a sliغه don Chrimea gus an "Taigh-òsta Breatannach" a chur air bhonn, far am foadadh oifigearan a bha bochd agus leònte an slàinte fhaighinn air ais ann an cofhurtachd, fhad 's a bha i cuideachd a' dèanamh cobhair air saighdearan aig an aghaidh mu thimcheall Tchernaya. Mar phàirt chlub agus pàirt ospais, b' e gnothachas Seacole a bh' anns an Taigh-òsta Bhreatannach ach ged a dh'fhàg an t-sìth i ann an 1856 cha mhòr banca-briste, gu deiridh b' e neach iomraiteach a bh' innte.

**JM05 Geoff Palmer in-imriche Iameucan**  
Rugadh an t-Àrd-Ollamh An Ridire Godfrey (Geoff) Palmer ann an St Elizabeth an Iameuca ann an 1940. Nuair a bha e ceithir bliadhna deug, chaidh e còmhla ri mhàthair a bha air às-imrich a Lunnainn, agus mar gheall air a sgilean le criogaid chaidh àite a thairginn dha ann an sgòil gràmairach. An dèidh Oilthigh Leicester a fhrithealadh, ghluais Palmer a dh'Alba airson leantainn air adhart le a chuid ionnsachaidh ann an Oilthigh Heriot Watt, a' sònrachadh ann an saidheans graime agus a' tighinn gu bhith mar a' chiad àrd-ollamh dubh ann an Alba. Is e iomairteach for-ghniomhach a th' ann do chòraichean daonna agus adhartachais co-ionannachd, a' leantainn gu diofar onairean a' gabhail a-steach an OBE ann an 2003, Saoirseach Meadhan Lodainn ann an 2011, agus ridireachd ann an 2014.



# Arsaintiona

**AR01 Alba Ùr (Nueva Escocia)**  
Bha Albannaich air an tarraing glè thrìc gu Arsaintiona leis an dòchas gum faigheadh iad fearann dhaibh fhèin, agus bha an fheadhainn a b' urrainn a dhèanamh a' tasgadh ann an oighreachdan mòra ris an canar *estancias*. Bha na daoine bu bhochda a ruigeadh, a' faighinn cuireadh tuineachadh agus obair air na h-oighreachdan. Ann an sgìre Entre Rios, bha a leithid sin de choimhearsnachd àiteachais a bha air a tuineachadh gu ìre mhòr le cinnidhean MacFhearchair, MacDhòmhnaill, MacNèill, Mac na Ceardaich, Bochanan agus Frisael, air a h-ainmeachadh *Colonia Nueva Escocia* (Coloinidh Alba Ùr). Dh'fhaodadh an fheadhainn a bha soirbheachail nam beatha, gluasad air adhart agus oighreachdan a leasachadh dhaibh fhèin: thòisich tuineachaidhean ùra a' nochdadh le ainmean mar Cluaidh, Ceann Taile, Mossgiel agus San Martin (bho St Martins ann an Siorrachd Pheairt).

**AR02 Luchd-tuineachaidh Ghallaibh**  
Bha riaghaltas Arsaintiona for-ghniomhach ann a bhith a' brosnachadh luchd-tuineachaidh a' ceann a tuath na Roinn Eòrpa aig deireadh an naoidheamh linn deug, agus bha an t-iarrras ann an ceann a deas Phatagòinia air a stiùireadh leis na rainnsichean mòra chaorach, aig an robh feum air ciobairean sgìleil a thuilleadh air luchd-rainnachd agus manaidsèaran. Bha prothaid ann na coarich, an dà chuid a thaobh feoil agus clòimh. Bha an gnìomhachas soirbheachail seo a' taigsinn tuarastal math, àrd gu leòr airson imrich a

bhrosnachadh. Bha ciobairean Albannach air a bhith soirbheachail mar-thà anns na h-Eileanan Faclanach, agus a-nis bha mòran chuibheirean laidir a' Galalaibh air an tarraing gu turas gu ruig Patagòinia. Bha cuid air cùmhntanant socraichte a thug cead dhaibh tilleadh a dh'Alba fhad 's a roghnaich feadhainn eile fùireach.

**AR02A Mungo agus Grace Park**  
Phòs Mungo agus Grace Park ann am Baile nam Feusgan ann an 1901. Bha iad nan goilfearan sàr-mhath, air an togail ri taobh an raoin goilf ionadail. Bha Mungo air tilleadh a Aimeireaga a ruith leasachadh goilf a bhràthar Uilleam ann an Siorrachd Oxford, ach ann an 1903 sheòl e gu Buenos Aires. An sin, thàinig e gu bhith na chiad ghoilfeair proifeiseanta. Chaidh Grace còmhla ris agus bhuannaich i Farpais Fhosgailte nam Ban ann an 1904, 1909 agus 1910. Ann an 1905, choisinn Mungo a' chiad duais ann an 'El Abierto', Ciad Fharpais Fhosgailte Arsaintiona agus a-rithist ann an 1907 agus 1912. Bha e na choisde don chiad ghinealach de ghoilfearan Arsaintionach mus do dh'fhàg e ann an 1924 gus a bhith còmhla ri a bhràthrean, Uilleam Park a b' òige agus Iain, ann an Aimeireaga a Tuath agus Canada.

**AR03 Alasdair Hutton**  
B' e neach-teagaisg agus neach-spòrs a bh' ann an Alasdair Hutton (1853–1936) agus tha e air fhàicinn mar 'athair' ball-coise Arsaintionach. Chuir e air bhonn Comann Ball-coise

Arsaintiona, Àrd-sgoil Bheurla Buenos Aires agus Club Lùth-chleasan Alumni. Bha Hutton a' creidsinn gun robh spòrs mar eileamaid dheatamach ann am foghlam agus slainte. Thug bràthair-cèile Hutton, Uilleam Waters, a-steach a' chiad buill-coise leathair ann an 1886, agus bha Arnold, mac Hutton, a' cluich airson sgioba nàiseanta Arsaintiona. Ann an 1891, chuir Ailig MacLaomainn air dòigh a' chiad fharpais liog taobh a-muigh Bhreatainn. Chùm Alumni smachd air an raoin ball-coise fad deich bliadhna, a' cosnadh 22 tiotal. Thug dileab chultarach Hutton cumadh air dearbh-aithne Arsaintiona agus soirbhichidh sin airson mòran ghinealaichean.

**AR04 Raibeart Bontine Coineagan Greumach**  
B' e taistealaiche, sgrìobhadair agus neach-stèidhich a' Phàrtaidh Làbaraich agus Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba a bh' ann an Raibeart Bontine Coineagan Greumach (1852–1936). Chaidh e gu Gualaguaychù ann an Arsaintiona ann an 1870 agus e an dùil fhòrtan a dhèanamh a' rainnsèadh chruidh, ag às-mhalairt yerba mate agus a' reic eich. Shiubhail e gu Sile, Uruguaidh, Braisil agus Paraguaidh. Ann an 1936, shiubhail e gu Arsaintiona a dh'fhaicinn Mancha agus Gato, dà each a ruith le Aimé Tschiffely a Buenos Aires gu New York, ach bhàsaich e mus d' fhuair iad air coinneachadh. Nuair a chaidh faighneachd dha de bu mhath leis a dhèanamh nam biodh e air a bhreith a-rithist, fhreagair e sa bhad, 'gauchò'.





# Na Stàitean Aonaichte



## US01 Raibeart Barclay

Chaidh am peutant airson Jersey an Ear a bhuidheachadh air Raibeart Barclay (1648–1690) tron Rìgh Seumas VII. Bha prìomh bhaile a' chòlainidh, Perth Amboy, air ainmeachadh às dèidh a' cho-phreantach Larla Pheairt. Bha Barclay a chaidh oideachadh ann am Paris ainmeil airson a leabhar ann an 1678, *Apology for the True Christian Divinity*, prìomh theacs don adhbhar Quaker. Shiubhail e air feadh na h-Olainid agus na Gearmailt còmhla ri Uilleam Penn agus feadhainn eile, ach air a thilleadh dh'fhuiling e geur-leannhainn agus am prìosan. Rinn iad às-imrich gu Aimeireaga ann an 1682, far an robh Barclay mar chaid riaghlaidhe air stàit Jersey an Ear. Thill e gu oighreachd Ury ann an Siorrachd Obar Dheathain sia bliadhna às dèidh sin, agus bhàsaich e an sin ann an 1690.



## US02 Blàir Dhùn Barra & Worcester

An dèidh do Phàrlamaid Shasainn Teàrlach I a chur gu bàs ann an 1649, chaidh a mhac a ghairm mar rìgh na h-Alba. Fhiobraich seo ionnsaigh bho Oliver Cromwell, a thug buaidh air na feachdan Albannach aig Dùn Bharra ann an 1650. Bha cuid de na prìosanaich gun cur a dh'obair an aghaidh an toil, a' gabhail a-steach 150 neach a chuireadh gu New England air an t-soitheach *Unity*. Air an reic airson £20 agus £30 am fear, chaidh mòran dhiubh a thoirt gu gàrradh-iarainn Saugus aig Lyn, no gu Bearraig ann am Maine. Air ais aig an taigh, dh'fheuch Teàrlach II ri cùisean a fhearrachadh le ionnsaigh a thoirt air Sasainn le athrachd Albannach. Chaidh buaidh a thoirt air ann an Worcester ann an 1651, a' leantainn gu ceudan eile de phrìosanaich Albannach a bhith air an cur a-null thairis.



## US03 Bàgh Merrymeeting: Tighinn Albannach Ulaidh

Thòisich Albannaich Ulaidh a' tighinn gu Maine ann an 1718. Bha creideamh Pròstanach Albannaich Ulaidh, eòlas aig aghaidh cogaidh, agus an clùt a thaobh dìon an cuid fearainn, am measg nan adhbharan gun deach am brosnachadh gu imrich a dh'Aimeireaga, far am faodadh iad cuideachadh a' dìon an aghaidh creachadh le Tusanaich Aimeireaga, aig an robh càrdeas ris an Fhraing. B' e Bàgh Merrymeeting aon àite a bha na uallach do luchd-tasgaidh Massachusetts. Cha do shoirbhich le tuineachaidhean Albannaich Ulaidh ann an Cork is Somerset anns an sgrìobhadh a chaidh a dheanamh air an sgìre aig àm nan ionnsaighean bho na h-Innseanaich ann an 1722. Tha mòran de shliochd nan ciad teaghlaidhean sin air fuireach san sgìre ge-tà, agus tha iad mar phàirt de dh'inneach cultarach is eachdraidheil Maine.



## US04 Crùn Maine

Tha ceanglaichean eachdraidheil is cultarach aig Siorrachdan Aroostook ann am Maine agus Washington ri Canada, aig aon uair nam pàirt de "Alba Nuadh." Is urrainn do mhòran den luchd-còmhnaidh ann an ceann a tuath Maine, an sinnsearachd a lorg tro Chanada gu Fuadaichean na Gàidhealtachd no gu Ulaidh. Tha an sgìre seo a-nis air ainmeachadh le bàidh mar "Crùn Maine." Tha an rionnag a tuath air a' phannal seo a' riochdachadh suidheachadh cruinn-eòlasach na sgìre. Tha an rionnag agus am maraiche a' nochdadh le chèile air bratach stàite Maine. Tha an taigh-buntata mar shamhla shuaicheanta de Shiorrachd Aroostook. Tha a' ghrian ag èirigh a' riochdachadh tagradh Beinn Mars Hill mar aon de na ciad làraich san dùthaich a chi briseadh an latha. Tha na freumhaichean a' riochdachadh sinnsearachd Albannach is Albannaich Ulaidh san àir eamh-sluaigh.



## US05 Sgìre Maine

Bho 1718 gu 1760, chaidh còrr air 30 coimhearsnachd a thuingeachadh sìos costa Maine còmhla ri "Albannaich Ulaidh". Ged a bha eachdraidh nan dàimhean eadar Eòrpaich agus



muintir nan Ciad Nàiseanan a' toradh uaireannan ann an cùis-mhùlaid tro mhi-thuigse agus gabhail brath, dh'fhaodadh gun do chuidich na coltachdan eachdraidheil agus cultarach a bha an dà bhuidheann a' co-roinn, le tuigse a thogail agus deòin air co-obrachadh. Bha an dà bhuidheann treubhach; a' cur luach air dàimhean teaghlach, a' cur taic ri buill den chinneadh no den bhaile, a' cuideachadh chloinne gu bhith a' togail dilseachd agus a' toirt urram do dhaoine nas aosta. Is e innleachd, fulangas (samhlachd an seo leis a' bhìobhar), neo-eisimeileachd, dilseachd, misneachd agus abhachdas, feartan a tha cumanta don dà bhuidheann.

## US06 An Còirneal Ninian Beall

Chaidh Ninian Beall, oifigear agus ann am feachd Albannach Alasdair Leslie, a thoirt am bruid le feachdan Cromwell aig Blàr Dhùn Bharra ann an 1650, agus chaidh a reic fo chùmhannan gu tràillealachd ann am Barbados. An dèidh a shaoradh ann am Maryland, bha e na chommandair air 'soitheach cogaidh' a' Mhorair Baltimore, Iar-Sgrùdaire air Sgìre Thearlaich (Charles County) agus Prìomh Chommandair air feachdan a Mòrachd ann an Sgìre Calvert. Thug Beall a-steach àireamhan de dh'in-imrich Albannach, le mòran dhiubh a' tuineachadh air raonach 'Alba U' 100'. Bha sealbh aige air an fhearann air a bheil Georgetown suidhichte, agus deich planntachasan le ainmean leithid Creag Dhùn Bhreatainn, Faichean Beall, roghainn Beall, Naomh Anndrais agus Leargach.

## US07 Ùistean Mercer

Rugadh Ùistean Mercer ann an 1726. Bha e na fhògarrach airson fichead bliadhna an dèidh a bhith a' frithleadh mar chuidiche lannsaire do na Seumasaich. Fhuair Mercer air teicheadh aig a' cheann mu dheireadh gu Aimeireaga. Thuinich e ann am Fredericksburg, Virginia agus thog e dàimh le Seòras Washington. Ann an 1755 bha Mercer a' toirt leigheas do na leòintich às dèidh an ruaig aig Monongahela agus chaidh e dh'Arm Bhreatainn. Chaidh adhartachadh na drochd gu Còirneal ach anns a' Chogadh Reabhlaidheach chaidh e an lùib na reabhlaidheach agus chaidh àrdachadh gu Briogaidair-Seanlair ann an Arman nan Stàitean Aonaichte ann an 1776. Beagan làithean às dèidh Trenton chaidh a mharbhadh, mar mhearachd airson Seòras Washington. Am measg a shliochd, tha an Seanlair Seòras Patton agus an sgrìobhaiche-òrain, Seonaidh Mercer.

## US08 Bàillidhean Tombac

Thug Achd an Aonaidh còthrom do mhalairtich Albannach air na coloinidhean Aimeireaganach a ruighinn. Anns na 1760an, bha bàillidhean tombac Ghlaschu a' càrnadh tombac bho luchd-fàis bheag faisg air Chesapeake, a' reic bathar caitheimh air creideas, agus a' seòladh tombac air ais gu Cluaidh anabarrach luath. Bha na "mòrairean tombac" sin a' dèanamh prothaid iongantach fhad 's a bha iad a' toirt bathair bho reabhlaid ghnìomhachasail Bhreatainn agus bun-bheachdan bho Shuilleireachd Dhùn Èideann gu luchd-èisteachd Aimeireaganach. De bhaitean Chesapeake air an stèidheachadh le Albannaich, tha Alexandria, Virginia gu h-àraidh pròiseil às a tusan. Anns a' chaismeachd bhliadhna, aig an "Cuairt Albannach na Nollaig," tha ceannard-baile Dhùn Deagh na aoigh urramach. Faisg air làimh, bha Washington DC air a phlanadh ann an taigh-seinnean ann an Georgetown air a ruith le Iain Suter, a rugadh ann am Farris.

## US09 Iain Knox Witherspoon

Rugadh Iain Witherspoon (1723–94) ann an Gifford ann an Lodainn an Ear agus chaidh oideachadh ann an Cill Rìmhinn agus Dùn Èideann. Bha e na mhinistear ann an Eaglais na h-Alba ann an Siorrachd Àir agus Pàislig agus sgoil a thràchdasan diadhachdail a chliù. An dèidh cuireadh gu bhith na Cheann-suidhe air Colaiste

New Jersey (Oilthigh Princeton), ghluais e a dh'Aimeireaga ann an 1768 agus dhearbh e e fhèin mar neach-rianchadh comasach, ollamh air an robh meas agus mar phrìomh neach ann an stèidheachadh na h-Eaglais Chleirich ann an Aimeireaga. Chuir e taic ris a' chùis reabhlaidheach nuair a bha na coloinidhean a' sireadh neo-eisimeileachd bho Bhreatainn, a' cur ainm ri Foillseachadh an Neo-eisimeileachd agus a' cuideachadh le dreachadh nan Artaigilean Co-chaidreachais.

## US10 Floraidh NicDhòmhnaill

Tha ainm Fhlòraidh NicDhòmhnaill (1722–90) am measg nan ainmean as cliùtiche ann an eachdraidh na h-Alba, agus tha an *Skye Boat Song* ag innse na sgeulachd mu a taic ghaigeil don Phrionnsa Thearlaich 's e na fhògarrach, nuair a dh'iomair i e gu sàbhailteachd 's e ann am breug-riochd a searbhant, Betty Burke. Nì nach eil cho aithnichte, 's e gun do phòs i ceithir bliadhna às dèidh sin oifigear airm, Ailean Dòmhnallach à Cinnseaborg. Ann an 1774, ghluais iad gu Carolina a Tuath far an deach MacDhòmhnaill don 84mh Rèisimeid (Imrich Ghàidhealach Rìoghail) anns a' Chogadh Reabhlaidheach, agus bha e a' sabaid ann am Blar Moore's Creek. Thill Floraidh do dh'Alba ann an 1779 agus tha i air a tiodhlacadh ann an Cinnseaborg san Eilean Sgitheanach.

## US11 Tha Simm Uile Cairdeach

Chaidh am pannal seo a chruthachadh le Taigh-tasgaidh nan Nàiseanan Dùthchasach ann am Florida. Tha e a' nochdadh dìth is cheann-cinnidh pàirt Albannach agus pàirt Aimeireaganach dùthchasach: Billy Powell (Osceola) a bha Creek-Seminole, agus Iain Rosach (Guwisguwi) den Cherokee. Tha làmhna a-mach a' cur faillte air a chèile agus aodach tartan is an crios sith Aimeireaganach mun cuairt orra. Tha an turtar co-cheangailte ri traidisean cruthachaidh a tha a' toirt an ainm "Eilean an Turtair" do dh'Aimeireaga a Tuath. Tha na ceithir sgiathan a' riochdachadh polaichean tòtair nan ceathrar luchd-fuaigheil aig a bheil sinnsearachd saidhbhir dhaibh fhèin: Tha Bonnie Lewis (comhachag) Apache is Sioux; tha Bear Bozarth (mathan dubh) Cherokee is Gearmailteach; tha Paula Groves (cougar) Cherokee is Pòlainneach; agus Stanley Groves (each) Albannach is Choctaw.

## US12 An Ceann-cinnidh Uilleam Mac an Tòisich

Bha Uilleam Mac an Tòisich (1775–1825), aithnichte cuideachd mar *Taskanugi Hatke* (Gaisgeach Geal) na cheann-cinnidh air Nàisean Creek. Bha athair Albannach-Aimeireaganach air a bhith ag obair leis an nàisean Creek ann an dòchas an toirt a thaobh Bhreatainn aig àm a' Chogaidh Reabhlaidheach. Bha pòsaidhean dioplomatasach eadar boireannaich Creek agus malairtich bèine Albannach, a' ciallachadh gun robh teaghlaidhean de chinneadh measgachichte cumanta, agus choisinn Mac an Tòisich inbhe tro a mhàthair Creek. Dh'obraich Mac an Tòisich air rathad mòr a leasachadh tro Alabama agus Georgia, a' meudachadh prothaid bho na h-oighreachdan aige: tha an t-slighe ainmichte às a dhèidh gus an latha an-diugh. Chaidh Mac an Tòisich a mhurt an dèidh fearann Creek a shoidhnigeadh air falbh do riaghaltas nan Stàitean Aonaichte ann an 1825.

## US13 An Ceann-cinnidh Iain Rosach

Bha Iain Rosach (1790–1866), aithnichte cuideachd mar *Guwisguwi* (Eun Beag Geal) mar Phrìomh Cheann-cinnidh air Cherokee. Rugadh e ann am Baile an Tuirc bho athair a bha Albannach agus màthair Albannach-Cherokee. Ann an 1816 stèidhich e Laimrig an Rosaich air an Abhainn Tennessee agus bha e gnìomhach mar riochdaire don Cherokee ann an Washington aig àm barganachadh an fhearainn. Dh'èirich an Rosaich gu àrd-inbhe am measg an Cherokee agus e a' feuchainn ri an dìon bho cheannach fearainn



leis an riaghaltas, a bha gan cur a-mach às an coimhearsnachdan dùthchasach. Cha do shoirbhich leis agus dh'imrich e còmhla ris an Cherokee sios Slighe nan Deòir. Dh'adhbhraich Cogadh Catharra Aimeireagadh tuilleadh sgaraidh, agus bhàsaich an Rosaich ann an Washington a' barganachadh leis an riaghaltas a thug buaidh.

**US14 Slighe nan Deòir**

Tràth san naoidheamh linn deug bha riaghaltas nan Stàitean Aonaichte airson an sgìrean a leudachadh a-mach, agus mar phàirt den phròiseas seo chuir iad cuideam dioplòmasach agus armaitheach air na daoine dùthchasach. Is e an Cherokee aon de na treubhan a chaidh a chur às aite le lámhachas-làidir, an deidh Achd Imrich nan Inneanach. Ann an 1838, fo cheannardas a' Chinn-cinnidh Iain Rosach a bha air feuchainn ri dhòl an aghaidh a' chuideim seo, ghabh mòran den Cherokee os làimh turas cruaidh de mhìle mìle gu fearann ùr ann an Oklahoma. Bhàsaich mu 4,000 neach air an t-slighe. Thug an Cherokee *Nu na da ul tsun yi* (an t-Àite san robh an Caoineadh) air an às-imrich seo.

**US15 Ceit Chuimeanach Banaltram a' Cho-cheangail**

Rugadh Ceit Chuimeanach (c1828–1909) ann an Dùn Èideann, mus do ghluais i gu Montreal sa chiad àite agus an uair sin gu Mobile ann an Alabama sna 1840an. Nuair a bhris Cogadh Catharra Aimeireagadh a-mach, dhiùlt a' Bh-uas Chuimeanach eisimpleir a màthar agus a pèatrachan a leantainn agus tilleadh a Bhreatainn. An àite sin, chuidich i le cruinneachadh solaran meidigeach don Arm Co-cheangail mus do chuir i i fhèin air adhart gu bhith ag obair gu saor-thoileach anns na h-ospadalan aca aig an loidhne aghaidh. A' faighinn thairis air beachdan cuid de dhaoine nach b' e dreuchd fhreagarrach a bh' ann am banaltramachd, chaidh a' Bh-uas Chuimeanach còmhla ri mòran bhoireannach eile a bha a' frithealadh tron chogadh agus a' solarachadh cùram deatamach do mhlean gun àireamh de shaighdearan. Às deidh a' chogaidh, chaidh na leabhraichean-latha aice fhoillseachadh, a' solarachadh in-shealladh gun choimeas air a beatha.

**US15A Bana-phrionnsa mu dheireadh Hawaii**

Ghluais Gillesbaig Scott Cleghorn (1835–1910) à Dùn Èideann gu Honolulu còmhla ri a bhàrantan ann an 1851. Dh'fhosgail athair stòr bhàthar tioram ach bhàsaich e an taobh a-staigh bliadhna. Dh'fhuirich Cleghorn nuair a ghluais a mhàthair gu Sealainn Nuadh, agus bha e na neach-gnothaich agus na neach-poilitigs soirbheachail. Ann an 1870, phòs e Miriam Likelike, piuthar do Dhaibhidh Kalakaua a fhuair na rìgh ann an 1874. Rugadh an nighean aca, a' Bhana-phrionnsa Victoria Ka'iulani ann an 1875, an dàrna neach sa loidhne gu an rìgh-chathair às deidh a' phiuthar a bu shine aig an rìgh, Liliuokalani. Fhad 's a bha Ka'iulani ann an Sasainn airson na sgoile, fhuair Liliuokalani na banrigh ach chaidh a' mhonarachd a thilgeil ann an 1893 agus chaidh Hawaii a cheangal ris an USA. Bhàsaich Ka'iulani ann an 1899, aig aois 23.

**US16 Ruairidh MacCoinnich**

Rugadh Ruairidh MacCoinnich (1865–1941) ann an Lunnainn do theaghlach Albannach, agus ghluais iad gu Mobile ann an Alabama ann an 1872. Thàinig e gu bhith ainmeil mar neach-ealain, a' faighinn a mhòladh airson a chuid iomhaighean dràmach de dh'obrachaidhean gnìomhachasail a' ghnìomhachais stàilinn ann an Alabama. Ghlac e seallaidhean cuideachd bho shubhachasan a' Mhàrdi Gras ionadail. Is e Mardi Gras Mobile an càrnabhal as sine ann an Aimeireaga, an deidh tòiseachadh ann an 1703 nuair a bha an t-àite air a ghabhail thairis le saighdearan Frangach. Bho 1926-30, bha Ruairidh MacCoinnich air a chomiseanadh gus eachdraidh Alabama eadar-mhìneachadh ann an sreath de dheilbh-balla airson an cur an taobh a-staigh na cuach-mullaich ann an togalach Capitol na Stàite ann am Montgomery.



**US17 Luchd-obrach cloich-ghràin**

Bho thòisich cuaraidheachd air a' chnoc shaibhir cloich-ghràin dhearg ann am meadhan Montello ann an Wisconsin ann an 1881, bha luchd-obrach Albannach aig fìor theis-meadhan na cùise. Chuir a' chiad chompanaidh cuaraidheachd clach-ghràin air tòir 125 "luchd-obrach marmor" agus luchd-lìomhaidh à Alba. Chuidich ainmean mar Andra Rae, Raibeart Harper agus Iain Robasdan, uile nan Albannach a ràinig tràth sna 1880an, le clach-ghràin Montello a dhèanamh aithnichte agus ainmeil agus air àrd-luach, gu h-eadar-nàiseanta. Tha carraighean-cuimhne air feadh an US deante às a' chloich seo a' gabhail a-steach na ciste-laighe cloiche aig an t-Seanair Ulysses S. Grant agus carragh-cuimhne ann an Cladh Nàiseanta Custer.

**US18 Andra Carnegie**

Rugadh Andra Carnegie (1835–1919) ann an Dùn Phàrlain ann am Fìobha ach bha e air gluasad do na Stàitean Aonaichte ro 1848. Fhuair e a chiad obair ann am muileann snàith ann am Pittsburgh nuair a bha e dìreach 13 bliadhna a dh'aois, mus d' fhuair e obair mar theachdaire telegraman air na rathaidean iarainn. Tro obair chruaidh agus togradh, chaidh Carnegie air adhart a stèidheachadh Companaidh Stàilinn Charnege agus dh'fhàs e anabarrach beairteach agus buadhach. An deidh fhòrtan a dhèanamh, bhrosnaich e luchd-gnìomhachais eile a b' aithne dha ann an gnìomhan deagh euchdachd. Bha Carnegie gu cinnteach a' stiùireadh tro eisimpleir, a' toirt urrasachd do leabharlannan, taighean-tasgaidh agus urrasan. Chaidh còrr agus 2,500 leabharlann Carnegie a thogail mun cuairt an t-saoghail eadar 1883 agus 1929, a' gabhail a-steach Alba, a dhùthaich fhèin.

**US19 Iain Muir, Dùn Barra**

Rugadh Iain Muir (1838–1914), aon den luchd-nàdair a b' ainmeile san t-saoghal, ann an Dùn Barra ann an Lodainn an Ear. Sgrìobh e às deidh làimh mun dòigh a fhuair e a-mach mu a mheas air an t-saoghal nàdarra, 's e a' cluich timcheall a bhaile fhèin. Chuir Muir òg seachad an t-àm saor aige a' rannsachadh nan glumagan creagach mu thimcheall a' chosta, a' gabhail tlachd às *awful storms thundering on the black headlands and craggy ruins of the old Dunbar Castle*, agus ag amharc air saoghal nan eun. Dh'fhàg a theaghlach Alba ann an 1849, ach tha an taigh san d' rugadh e a-nis na thaigh-tasgaidh de a bheatha agus a dhìleab.

**US20 Iain Muir, Siorrachd Marquette**

Ghluais teaghlach Iain Muir gu Wisconsin ann an 1849 agus chuir iad Tuathanas Fountain Lake air bhonn. An seo, bha Iain air a bheò-ghlacadh leis a' chruth-tìre, a' sgrìobhadh às deidh làimh mu na duilleagan-bathte geala air an loch ri an taobh, na cuileagan-dragain agus na cuileagan-teine, na steirlean gorma agus na *'brave little bluebirds'*. Ghluais an teaghlach às deidh sin gu Tuathanas Cnoc Hickory, agus mus robh an obair tuathanachais a' tòiseachadh sa mhàdainn bhiodh Iain a' cur seachad a thide a' cumadh a chiad innleachdain. Bhiodh an *"ingenious whittler"* gan taisbeanadh aig Fèile Stàit Wisconsin agus thàinig e am follais glè luath gun robh tàlant air leth aige.

**US21 Iain Muir, Sierra Nevada**

Ann an 1892, chuir Iain Muir an Club Sierra air bhonn còmhla ri saoranaich eile air an robh dragh mu leudachadh gnìomhachasail, mar bhuidheann neo-phrothaideach a bha ag adhartachadh chur-seachadan air a' bhlar a-muigh agus tagradaireachd àrainneachdail. Bha Muir a' frithealadh mar cheann-suidhe air a' bhuidheann gu àm a bhàis ann an 1914. Le barrachd na mìlean ball, chùm am buidheann freumhaichte seo a' dol le obair Iain Muir gus an latha an-diugh. Tha a dhìleab beò fhathast cuideachd ann an Slighe Iain Muir, rathad de 210 mìle tro Sierra Nevada. Tha an t-slighe a' leantainn raointean a

rannsaich Muir agus air na chuir e dìon, a' gabhail a-steach Yosemite is Sequoia agus pàircan nàiseanta Kings Canyon. Tha na h-àiteachan mun d' rinn Muir strì airson an gleidheadh, còmhla ri a sgrìobhadhean, a' leantainn air adhart a' brosnachadh dhaoine air feadh an t-saoghail gus faighinn a-mach mu agus ceangal a dhèanamh ri nàdar.

**US22 Iain Muir, Iain nam Beann**

Bhrosnaich sgrìobhadh Iain Muir nàisean gu gnìomh. Dhearbh a chuid iomraidhean air sequoia-an àrda agus eigh-shruthan eagach do luchd-leughaidh mun fheum air gleidhteachas. Còthlamadh cumhachdach de shaidheans agus bàrdachd, tha sgrìobhadhean Muir a' leantainn air adhart a' ceangal nam mìleanan de dhaoine ri bòidheach nàdair. Chuir e seachad uairean fada de thide a' sgrìobhadh anns an *"scribble den"* aige ann am Martinez ann an California. Tha craobhan paillme mun cuairt na slighe a-steach do dh'àros athar-cèile, far an robh Iain a' fuireach bho 1890 còmhla ri a bhean Louie agus a chlann Wanda agus Eilidh. Dh'aimeich e na cnuic air cùlaibh an taighe às deidh nan nigheanan. San latha an-diugh, faodaidh luchd-tadhail tlachd a ghabhail à bhith a' cuairteachadh dachaigh Iain Muir agus a' ghàrraidh mheasan.

**US23 Donaldina Chamshron (NicChoinnich)**

Ghluais a' Bh-ph Chamshron gu California le a teaghlach mar phàist ann an 1874. Ann an 1895, thòisich i ag obair gu saor-thoileach aig an Taigh Mhisein Chèireach ann an ceàrnaidh Shionach San Francisco. An seo, bha nigheanan Stonach air an saoradh bho dhroch dhìol agus chaidh cùram agus foghlam a thairginn dhaibh. Bha nigheanan a bha air an toirt am bruid air an cur don US, cuid air an reic mar thràillean taighe, feadhainn eile air an sparradh gu siùrsaicheachd. Ghabh Donaldina pàirt ann an sàbhlaidhean, glè thrìc reudan tron oidhe air an stiùireadh le poilis le lámh-thuadhan. A dh'aindeoin bagairtean, shàbhail Donaldina faisg air 3,000 nighean mus do leig i dhith a dreuchd ann an 1934, a' cuideachadh le stad gu ìre a chur air malairt thràillean Sionach san US. Ann an 1942, chaidh an seann Taigh Mhisein ath-ainmeachadh gu *"Taigh Donaldina Chamshroin"* agus tha e ann gus an latha an-diugh.

**US24 Latha Nàiseanta an Tartain**

Bidh na Stàitean Aonaichte a' comharrachadh cuideachadh bho Aimeireaganaich le sinnsearachd Albannach gach bliadhna air 6 Giblean, Latha Nàiseanta an Tartain. Tha an ceann-latha mar chiumhneachadh air soidhnigeadh Foirgeall Obar Bhrothaigh ann an 1320, sin fhèin a' toirt buaidh air Foirgeall Neo-eisimeileachd Aimeireagaidh. Bha faisg air leth a chur an airm-sgrìobhte ris an Foirgeall sin bho shinsearachd Albannach, mar a bha naoi de riaghladairean nan 13 stàitean. Chaidh Latha Nàiseanta an Tartain a chomharrachadh an toiseach ann an 1997, gu h-oifigeil air aithneachadh leis an t-Seanad a' bhliadhna às deidh sin, gus *"urram a thoirt do dhualchas, traidisean agus cultar na h-Alba, a' riochdachadh nan ceudan de mhiltean de dh'Aimeireaganaich le sinnsearachd Albannach, a' còmhnaidh anns na Stàitean"*.

**US25 Iain Milligan, Sreapadair nam Beann**

Chaidh Iain Milligan a shreap an toiseach timcheall air aois 5 no 6, air Suidheachan an Rìgh ann an Gleann Tillycountry. Nuair a bha e 13 bliadhna a dh'aois, ghabh e a' chiad shreap leis fhèin os làimh, faisg air Lus. Bhrosnaich an sealladh tarsainn Loch Laomainn e agus da bhliadhna às deidh sin bha Milligan air falbh gu Outward Bound airson mìos ann am Burghead. Thug sin dha misneachd gun chrich airson àrdan nas motha feuchainn. On uair sin, tha e air a bhith a' sreap fad a bheatha, a' ruighinn campa campa bona 18,000 troigh Beinn Everest aig aois 53. Tha an tuadh deighe agus a' bhraic sa phannal am measg nan nithean as priseile do MiMargaret Ferguson Burns Iligan, an deidh a bhith còmhla ris air a h-uile sreap airson còrr agus leth-cheud bliadhna.

# Sgeulachdan à Afraga is Astralàisia

Chan eil àite eile coltach ri Malàbhaidh san diaspora, Alba air Fògarradh mar a bha e aithnichte uaireigin. Bha buaidh creideamh Dhaibhidh MhicDhùnLèibhe, sgrìos air malairt nan tràillean agus stèidheachadh siostam an fhoghlaim air fhaireachdainn fad' is farsaing. Ann an Afraga a Deas, b' e an luibh-eòlaiche Uilleam MacPheadrais, a' chiad Albannach a rinn diofar 's e a' gluasad às dèidh sin gu Astràilia. Bha mòran eile ann a thug leotha creideamh agus a leasaich gnìomhachdan malairt. Ach b' ann an Astràilia agus Sealainn Nuadh a thug Albannaich a leithid de bhuidh. Dh'fhosgail na h-Uachdarain Mac an t-Sealgair, MacGuaire agus Brisbane, suas tuineachadh ann an Queensland, iad uile Albannach agus an-diugh tha còrr math air millean Astràilianach a' dleasadh sinnsearachd Albannach. Bha athair a' Chaiptein Cook às na Crìochan. Leasaich na h-in-imrich, a bha glè thric às a' Ghalltachd, ceanglaichean

malairt agus cuideachd tuathanachas chaorach a-staigh san tìr fada seachad air na ciad tuineachaidhean ann an New South Wales. Thàinig mòran gu Victoria ann am bliadhnaichean Dian-ruith an Òir ann am meadhan na 19mh linn. Bha Peairt san taobh an iar air ainmeachadh às dèidh àite-breith an Ridire Seòras Moireach, an Rùnaire Colòinianach. Bha a' bhuidh acasan air foghlam troimhe gu ìre oilthigh fìor mhòr.



Bha an seòrsa cruth-tìre ann an Sealainn Nuadh gu h-àraid an t-Eilean a Deas, freagarrach do na h-Albannaich agus thàinig Dùn Èideann agus Inbhir Charghaill gu bhith nam bailtean tuineachaidh mòr. Tha làmh-an-uachdar fhathast aig an eaglais Chlèireach dìreach mar a tha tuathanachas chaorach air Rèidhlean Canterbury. Chuir iad gu mòr ri siostam foghlaim na dùthcha agus dh'aonaich iad gu math le àireamh-sluaigh nam Maori.



## Astràilia



**AU01 Bagh Botany**  
Bha Alasdair Dalrymple (1737–1808) à Dùn Èideann na neach-tairgse don teòiridh gun robh tìr mhòr fharsaing, *Terra Australis Incognita*, ri a lorg sa Chuan Shèimh a Deas. B' ann a' sireadh seo, a thuilleadh air amharc air Trasnadh Bhionas, a stiùir Seumas Cook an *Endeavour* air a' mhòr-chuairtean ainmeil. Lorg Cook Bagh Botany ann an Sydney sa Ghiblean 1770. Tha an Rubha Shutharlanach an sin air a h-ainmeachadh às dèidh Forbey mi-fhortanach Sutharlanach a Arcaibh, maraiche a bhàsaich leis a' chaitheamh agus mar sin a' chiad neach às an Roinn Eòrpa air a thiodhlacadh ann an Astràilia. Rè na bhòidse, dh'ainmich Cook na h-eileanan ùra a lorg e, Inse Gall Nuadh agus Cailleann Nuadh. Bha Seumas Cook bu shine, athair Sheumais Cook, na oibriche air tuathanas gach latha, a bha air a thighinn gu deas bho bhruachan Abhainn Thuaidh ann an Siorrachd Roxburgh ann an Alba, a' leantainn air reabhlaid nan Seumasach ann an 1715.



**AU02 A' Chiad Chabhach**  
Sa Chèitean 1787, sheòl aon soitheach deug bho Portsmouth ann an Sasainn. Air an stiùireadh leis a' Chaiptein Artair Phillip, bha a' chomhailteachd

seo aithnichte mar A' Chiad Chabhach. Nam measg bha oifigearan, criutha, saighdearan-fairge is an teaghlachan, agus ciontaich à Breatainn. Anns a' Chabhach bha dà shoitheach coimheadachd bhon Chabhach Rìoghail, *HMS Sirius* agus *HMS Supply*, a' coimhead às dèidh sia còmhdailean chiontaich, an *Alexander*, *Charlotte*, *Friendship*, *Lady Penrhyn*, *Prince of Wales* agus an *Scarborough*, agus trì soitheichean stòrachd, am *Borrowdale*, *Fishburn* agus *Golden Grove*. Còmhla ris a' chabhach seo thàinig na ciad Albannaich a thuinich ann an Astràilia. An dèidh 8 mìosan agus aon seachdain ràinig an Cabhlach Port Jackson air 26 Faoilleach 1788, ceann-latha a tha air a chomharrachadh mar Latha Astràilia.

### AU02A Alasdair Muir agus na Martaraich Albannach

Bha Tòmas Muir à Cnoc an t-Sealgair ann an Drochaid an Easbaig, bha e na neach-iomairt ainmeil Albannach às leth chòraichean deamocratach anns na 1790an, san àm às dèidh na Reabhlaid Fhrangaich. Bhathar a' coimhead sìos air gnìomhachdan Muir agus san Lùnastal 1793 chaidh fheuchainn airson ceannairc. Chaidh a ghiùlain don chòlaidh peanasachaidh aig Bagh Botany ann an Astràilia. Theich e às an sin ann an 1796 agus shiubhail e don Fhraing a thaobh California, Meagsago, Ciùba agus an Spàinn, le mòran dhàn'-thursan air an t-slighe. Bhàsaich e ann an 1799 agus e fhathast òg. Bho 1845, tha an tursa ann an Cladh Calton Hill ann an Dùn Èideann air seasamh na chuimhneachan air Muir agus a cho-iomairtich, a' gabhail a-steach Eòsaph Gerrald, Tòmas Fyshe Palmer agus Uilleam Skirving.

### AU03 Lachlann MacGuaire


Rugadh am Màidsear-Seanalair Lachlann MacGuaire (1762–1824) ann an Ulbha dheth costa Mhuile. An dèidh dreuchd-beatha ghnìomhach san arm, ràinig e Astràilia ann an 1810 mar Rìaghlaiiche air New South Wales. Chunnaic a ghabhailtas de dh'aon bliadhna deug cruth-atharrachadh a bha gun choimeas. Bha

MacGuaire a' brosnachadh rannsachadh agus phut e an coloinidh a-steach don tìr, thòisich e air prògram togail agus dh'obraich e cruaidh gus inbhe a ghluasad air falbh bho inbhe mar chòlaidh peanasachaidh. Thill e a dh'Alba agus tha an uaigh aige an sin a' toirt iomradh air mar "Athair Astràilia". Tha mòran àiteachan air feadh na dùthcha air an ainmeachadh às a dhèidh, mar urram dha.

### AU04 Ealasaid NicGuaire

Phòs Ealasaid Chaimbeul (1778–1835) às an Àird Lachlann MacGuaire goirid ron fhastadh aige mar Rìaghlaiiche New South Wales. Shiubhail i còmhla ris a dh'Astràilia agus ghabh i ùidh ghnìomhach ann an cùisean mathais sa chòlaidh. Dh'ainmich Lachlann MacGuaire an tuineachadh ùr aig Baile Chaimbeul mar urram dhi, agus bha an leabharlann aice mar bhunait brosnachaidh do na h-aitirean a dhealbhaich mòran de na togalaichean poblach ùra a bhathar a' togail ann an New South Wales. Ann an Caladh Sydney, tha being chloich-gainmhich ri faicinn fhathast, air a snaigheadh le prìsonaich gus am faodadh i amharc air na bàtaichean às an sin. Tha i air a h-ainmeachadh mar Cathair na Mnatha Pòsta NicGuaire.





**AU05 Uilleam Scott: Bho Chiontach gu Briodaiche Each**  
Bha Uilleam Scott à Glaschu a' fulang bho ghniomhachasadh Shasainn – air a pheanasachadh airson goid bidh le chur air falbh gu NSW ann an 1811. B' e deagh fhòrtan agus tuiteamas a bh' ann gun deach a shonrachadh don teaghlach MacArtair. An taobh a-staigh 20 bliadhna, bha Uilleam air 5,500 acair a cheannach agus na miltean a bharrachd a leigeil air mhàl airson ionaltradh chruidh. Bha e a' briodachadh, a' rèiseadh agus ag às-mhalairt each. Shocrach Uilleam a-steach do bheatha crìche agus thàinig e gu bhith na chonnstabil urramach an dèidh crodh air an goid a lorg ann am marachd de trì latha bhon tuineachadh. Ainmeil airson a chuid eòlais agus a sgil a thaobh stoc-fala, choisinn e aithne mar dhuine-usal agus fhuair e an aonta dheireannach, “mar bu chòir tuathanach a bhith sa chloinnidh seo”.

**AU06 Raibeart Caimbeul**  
Rugadh Raibeart Caimbeul (1769–1846) ann an Grianraig ann an Alba. Sa Ghearran 1800, thàinig e gu Sydney agus na dhèidh sin thog e cidhe agus taighean-stòir a' Chaimbeulaich aig Rubha Dawes, a' leasachadh gnòthachas mòr mar mharasantach coitcheann. Chaidh an Caimbeulach a chur na ionmhasair air na maoinnean poblach, bha e na oifigear luinean, maighstir-lagha agus neach-tional chisean, agus thog e na cidh ghàrraidhean-shoithichean ann an Astràilia ann an 1807. Às dèidh sin, chaidh e na bhall de chiad Chomhairle Reachdail New South Wales ann an 1830, agus shuidh e air a' chomataidh a chuir air bhonn sgoiltean King ann an Sydney agus Parramatta. Ann an 1910, fhuair an riaghaltas seilbh air an togalach aice Duntroon airson Colaiste Armailteach Rìoghail a chruthachadh. Tha Caimbeul, iomall-baile ann an Canberra air ainmeachadh às a dheidh.



**AU07 Uilleam Turnbull**  
Ràinig Uilleam Turnbull Sydney air an t-soitheach *Charles Keer* ann an 1837. Rugadh e an Afraga a Deas do phàrantan a Dùn Èideann agus Fìobha. Ann an 1845, bha Uilleam na chòbair air Stèisean Callandoon agus dà bhliadhna às dèidh sin aig aois 18, stiùir e fhèin agus gille Tusanach 199 daimh reamhar à Callandoon air crìochan Queensland don mhargaid aig an Tollbar faisg air Parramatta ann an Sydney – astar de 500 mìle. B' e 5 notaichean am pàigheadh a fhuair na balaich airson an drobhaidh fhèin, ach bha aca fhathast ri tilleadh dhachaigh a-rithist! Bha Uilleam an sàs anns a' ghniomhachas aoghaireil suas gu àm a bhàis aig Boronga, NSW ann an 1916.

**AU08 Buidheann loingeis MhicIlleRiabhach MhicEachairn**  
Chaidh buidheann loingeis MhicIlleRiabhach MhicEachairn a stèidheachadh ann an Lunnainn ann an 1875 le Anndra MacIlleRiabhach (Inbhir Air) agus Calum MacEachairn (Ile) a choisinn cunnradh ann an 1867 airson in-imrichean a ghiùlain gu Astràilia. Sin mar a thòisich an 'Loidhne Albannach', cabhlach de aon shoitheach deug a leudaich às dèidh sin gu loingean eadar-chòlòinianach. Rinn MacEachairn imrich ann an 1879, a' socrachadh ann am Meall Bùirn airson an taobh Astràilianach den ghniomhachas

a ruith. Fhad 's a bha e a' còmhnaidh ann am Meall Bùirn, fhuair e dreuchd Iarla Baile agus às dèidh sin ball den chiad Phàrlamaid ann an Astràilia. B' e a' bhuidheann aca a' chiad bhuidheann a ghiùlain feòil agus im reòtthe bho Astràilia don Rìoghachd Aonaichte air an SS Strathleven ann an 1880.

**AU09 Tòmas Tait: Drochaid Caladh Sydney**  
Dhealbh Tòmas Mac a' Ghobhainn Tait (1882–1954) na ceithir crainn-dealain aig gach ceann de Dhrochaid Caladh Sydney. B' e ailtire Nuadh-aimsireil Albannach aithnichte a bh' ann a dhealbhaich mòran togalaichean sònraichte, a' gabhail a-steach Taigh Naoimh Anndra air Cnoc Calton. Rugadh Tait ann am Pàislig, mar mhac de phrìomh chlachair agus fhuair e a chuid fhoghlam ann an Institiùd Iain Neilson agus Sgoil Ealain Ghlaschu. Tha na crainn-dealain aige ann an Sydney a' seasamh aig 293 troigh. Gus a' chlach-ghràin a chur an sàs, bha 250 clachair Astràilianach, Albannach is Eadailteach agus an teaghlach air an gluasad gu sealach gu àite-tuineachaidh ann am Moruya, NSW. Chan eil cudromachd structarail sam bith aca, ach tha iad a' solarachadh cothromachd lèirsinne nas fheàrr don drochaid na bha an dealbhadh tùsail.

**AU10 Iain MacArtair**  
B' e Oifigear Breatanach, neach-tionnsgain, neach-poilitigs agus ailtire a bh' ann an Iain MacArtair (1767–1834). Tha e air fhaicinn mar thùsaire air gnìomhachas na Clòimhe a bha a' dol a thòcadh ann an Astràilia tràth san 19mh linn, agus a bhith na comharra malairt don dùthaich. An dèidh 100 acair de fhearann fhaotainn aig Rose Hill faisg air Parramatta agus 100 acair eile ann an 1794, dh'ainmich e an t-àite, Tuathanas Ealasaid, às dèidh a bhean. Thòisich e air deuchainnean a' leasachadh fàs air clòimh le bhith a' crois-bhriodachadh caoraich Beangalaidh de clòimh Inneanach le ruid clòimhe Èireannach, ni a bha soirbheachail. Thòisich e ag às-mhalairt clòimh den ghnè a b' àirde a Shasainn, agus glè aithghearr b' e an neach a bu bheairtiche ann an N.S.W.

**AU10A Eliza Forlonge**  
Cho-dhùin Eliza Forlonge agus a mic Uilleam agus Anndra, Alba fhàgail airson gnàth-shìde nas slàinteachail. Ann an ullachadh airson gluasad gu Astràilia, thadhail iad air Saxony agus thagh iad treud de 98 chaorach de bhriod fìorghlan. A' ruighinn Fearann Van Diemen ann an 1829, bhuilich an Rìaghladair Leifteanant 2600 acair de fhearann orra aig Reidhleanan Abhainn MhicGuairre faisg air Baile a' Chaimbeulaich, mar thoradh air luach an treud aca don eaconamaidh ionadail. B' e àite grinn buachailleach a bh' ann air a thuingeachadh cheana le àireamh de theaghlachan Albannach. Tha Forlonge air a comharachadh an-diugh am measg luchd-stèidheachaidh neart àiteachail Tasmania. Tha slìochd an treud aice aithnichte air feadh an t-saoghail an-dìugh agus tha iad nam prìomh mhaoin a thaobh malairt.

**AU10B An Teaghlach Mac a' Phearsain**  
Chaidh Uilleam Mac a' Phearsain a dh'Astràilia ann an 1829. B' e esan a' chiad Chruinniche air In-Chisean, an uair sin na Chlàr ann an Riaghaltas New South Wales agus sa Chomhairle Reachdail. Chaidh uinneag le glainne dhathte a chur suas mar chuimhneachan air ann an Cathair-eaglais an Naoimh Anndrais ann an Sydney. B' e sgrìobhadair a bh' ann am Mairead Preston agus òraidiche ealain. Ann an 1929, fhuair i cuireadh bho Ghaillearaidh Ealain NSW fein-dealbh dhith fhèin a thoirt dhaibh. Rugadh Eilidh Nic a' Phearsain Nic a' Ghobhainn (1874–1951) ann an Alba do Raibeart Mac a' Ghobhainn agus Sine Nic a' Phearsain. Dh'fhàg i a beairteas mar dhileab agus urras gràdh-daonna a stèidheachadh a bhiodh na bhuanachd do carthannasan Bhìoctòirianach. Tha so-mhaoin Urras Eilidh Nic a' Phearsain Nic a' Ghobhainn luach còrr air \$100 millean dolair.

**AU10C An teaghlach MacFhraing à Srath Albainn**  
Rinn Uilleam MacFhraing, a bhean Sine, an sianar chloinne agus bràthair Uilleim, an Dr Iain MacFhraing agus a bhean Màiri, uile às-imrich à Siorrachd Inbhir Air air am Fairfield ann an 1839. Bha mòran bhuirdean eile còmhla riutha a


thuilleadh air searbhantan agus 'mòran bathair is lumaraidh'. Bliadhna às dèidh sin, bha iad uile ann an Srath Albainn ann an Astràilia a Deas, a chuireadh air bhonn leis an teaghlach agus air ainmeachadh leis an Dr Iain. Thill Iain agus Màiri a dh'Alba ann an 1857, agus an dèidh dha bàsachadh ann an 1864 chuir a bhantrach uinneag ghlainne dhathte mar chuimhneachain air gu Eaglais Naoimh Anndrais ann an Srath Albainn, ann an 1870. Gu h-iongantach, chaidh an uinneag a dhiùltadh leis an eaglais agus a tilleadh a Ghlaschu.




**AU10D Clann MacNeacail à Sgorra Bheac**  
Tha am pannal seo a' ceangal an dà cheann-cinnidh mu dheireadh aig Clann MhicNeacail a rugadh san Eilean Sgùtheanach, agus a dh'fhàg Alba mu 1825: Tormod (an 17mh Ceann-cinnidh), bàrd ainmeil agus uaireannan poisdear, agus a bhràthair Iain (an 18mh Ceann-cinnidh) a rinn às-imrich gu Tasmania sna 1840an. B' e mac Iain a' chiad ceann-cinnidh a rugadh ann an Tasmania, Iain Thormoid Marshall MacNeacail. Steidhich esan a' chiad greigh chaorach Coire Dhail a choisinn duaisean ann an sgìre Bhaile Caimbeul ann an Tasmania ann an 1908, le luchd-briodachaidh ghreigean à Sealainn Nuadh. Fhuair na cinn-cinnidh MacNeacail uile bhon uair sin am breith ann an sgìre Streatshalh, a tha fhathast a' briodachadh caoraich Choire Dhail agus a' cosnadh dhuaisean.

**AU10E Uilleam MacUilleam Gordain**  
B' e Uilleam mac diolain a bh' aig an neach-tagraidh Alasdair Gordain agus Agnes NicIlleDhuinn. Rugadh e air 4mh Giblean 1829 agus bha e a' fuireach còmhla ri a mhàthair ann an Obar Dheathainn agus an do sheòl e a dh'Astràilia còmhla ri a bhràthair Alasdair ann an 1852. Thàinig Uilleam gu bhith na neach-tarraing agus innleadair shoithichean, drochaidhean is taighean-solais a choisinn speis ann am Meall Bùirn mus do dh'innlich e èideadh daibhidh a bheireadh daibhearan nas doimhne na bha a-riamh comasach. Thàinig a bhrosnachadh bho bhith a' coimhead daibhearan neamhnaid dùthchasach. Còmhla ri a chompanach gnòthachais Iain Buchanan, dhealbh e uidheam daibhidh sùbailte air a dhèanamh bho fhilidhean de stuth donach, a bha air a dheuchainn gu mionaideach ann an Alba ann an Linne Chluaidh mus deach a pheuantadh airson a chleachdadh air feadh an t-saoghail.

**AU11 Waltzing Matilda**  
Rugadh Cairistiona Nic a' Phearsain ann an 1864 ann an Wangaratta, an t-òchdamh pàiste aig Eoghainn Mac a' Phearsain agus Mairead NicIlleDhuinn Rutherford. Ann an Winton, choinnich Cairistiona ri a leannan, an neach-lagha agus bàrd, Banjo MacPheardra. Fhuair e cuireadh tadhal air an teaghlach Mac a' Phearsain aig Dagworth tràth ann an 1895. B' ann an seo a chuir Seac Carter, am marasgal, e an aithne don abairt "Waltzing Matilda". Chaidh na feasaran ann an Dagworth a chur seachad ri am feistean fhèin le còmhraidh beòthail, Cairistiona a' cluich a' phiàna agus Banjo a' aithris bàrdachd. B' e a' chaismeachd Craigeile aon de na fuinn a bhiodh Cairistiona a' cluich gu tric. Ag èisteachd ris an fhonn, chuir Banjo am bailead Waltzing Matilda agus an ceòl còmhla.







**AU12 Dìorbhaile NicEalair 1885–1968**

Mar ùghdar air aon de na dàin as aithnichte ann an Astràilia, *My Country*, cha do leig Dìorbhaile NicEalair oirre a-riamh gur e bana-bhàrd a bh' innte. Chaidh a beatha, a bha air a dìon agus àrd-shìobhalta, a chur seachad ann an companas dhaoine inntleachdail agus daoine sgoilearach eile ann an Sydney agus Lunnainn. Bha *My Country* tarraingeach do ghràdh-dùthcha cogaidh agus nàiseantachd às dèidh a' chogaidh ann an Astràilia. Aithnichte mar chumadair-bhriathran de dhathan agus soilleireachd aig an robh gaol air cruth-tìre Astràilia, bha a dàin leasachta agus làn spioraid; bha a nobhailean fìor romansach. Bha Dìorbhaile mar shamhla air mòran aig an àm sin le spionnadh na h-òige a' dèanamh iomsgaradh le imeachd às dèidh sin air talant agus beòthlachd.

**AU13 Anndra Petrie**

Rinn Anndra Petrie às-imrich gu Sydney iann an 1831. An dèidh crìoch a chur air mòran phròiseactan togail sin, sheòl e gu tuineachadh peanasachaidh Bìgh Moreton mar Chlàr Obraichean, far an do chàirich e a' Mhuileann-gaoithe agus thog e mòran togalaichean poblach. Rannsaich e an sgìre gu farsaing agus b' e a' chiad neach a lorg Giuthas Bunya. B' e e fhèin agus a mhac Iain a bu shine, a' chiad Eòrpaich a shreap Beinn Beerwah. Dh'fhuirich Anndra ann am Brisbane agus leasach e a ghnìomhachas togail; bha mòran de na togalaichean brèagha cloiche ann am Brisbane, a' gabhail a-steach Taigh Newstead, Taigh Bulimba agus an Deadhanachd air an togail leis-san. Tha e aithnichte mar 'Athair Brisbane'.

**AU14 An t-Urramach Iain Dunmore Lang**

Rugadh Iain Dunmore Lang (1799–1878) ann an Grianaig. An dèidh a chuid foghlaim a thoirt a-mach ann an Glaschu agus a bhith air a chur an dreuchd ann an Eaglais na h-Alba, cho-dhùin e a dhol còmhla ri a bhràthair ann an New South Wales, agus mar sin b' e a' chiad mhinistear Clèireach a bh' anns a' chholoinidh nuair a ràinig e ann an 1823. An sin, fhuair e a barrachd Chaitiligh Eireannach agus buill den Eaglais Shasannach na bha sa choitheanal aige fhèin, agus chaidh maoinneach poblach a dhiùltadh dha airson eaglais a thogail. Bha e a' strì airson aithne a thoirt don Eaglais Chlèirich ann an Astràilia, agus fàs anns an àireamh bhall mar thoradh air sgeamaichean tabhartais agus taigsinn do dh'Albannaich, a bha deònach gluasad a dh'Astràilia ann am meadhan an naoidheamh linn deug.

**AU15 An t-Seirbheis Leigheis Itealach Rìoghail**

Thàinig an t-Seirbheis Leigheis Itealach Rìoghail agus Sgoil an Adhair, a chaidh a stèidheachadh ann an 1828 agus a leasachadh sna 1930an, gu bith bhon Mhìsean Chlèireach In-tèireil Astràilianach. B' e ìonra slàinte, conaltraidh is taic ghloir-mhiannach a bh' ann do dh'Astràilianach a bha a' fuireach ann an àiteachan fasaich iomallach, air a chur an gnìomh an toiseach agus air a leasachadh leis an Urramach Iain Flynn. Dh'fhastaidh e an t-Urramach Fred MacAoidh agus còmhla ris a' chiad uèirleas air an t-saoghal fo chumhachd throighean, bha iad comasach air conaltradh ri tùsairnean is euslaintich san fhàisich thar astaran fìor mhòr. Bha seo a' ciallachadh gum faodadh clann san fhàisich conaltradh labhairteach a dhèanamh le luchd-teagaisg agus clann eile, fhad 's a dh'fhaodadh lighichean cobhair eiginneach a thoirt seachad agus seirbheis slàinte fharsaing is seirbheis coimhearsnachd a sholarachadh dhaibhsan a bha a' fuireach ann an iomallachd.

**AU16 Qantas**

Thàinig Qantas gu bith ann am Brisbane an dèidh na coimheimh eadar Fearghas Mac a' Mhaighstir, Ainslie Templeton, Pòl McGinness, Hudson Fysh agus Ailean Caimeul. Air an 16mh Samhain 1920, chaidh Seirbheisean Adhair Ranntair a Tuath agus Queensland Earranta a chlàradh. Bha Mac a' Mhaighstir na phrìomh neach-earrainn agus na Cathraiche air a' Bhòrd airson iomadh bliadhna. Fhuair Artair Baird cuireadh a dhol còmhla riutha agus ghabh e dreuchd mar innleadair aca, ag itealich còmhla ris a' phileat agus aon neach-siubhail. Ghiulainn Qantas a' chiad seirbheis cunbhalach adhair do luchd-siubhail agus

litricean air 2na Samhain 1922. Bhaist a' Bhean Uasal Stonehaven a' chiad DH50 "Iris". Stèidhich na fir dhìcheallach, thionnsgaineach agus fhualangach sin buidheann-adhair a tha air fàs gu bhith cliùiteach air feadh an t-saoghal.

**AU17 Coin-chaorach Rutherford**

Dh'imrich mòran chiochbairnean à Crìochan na h-Alba gu Gallaibh agus Cataibh aig deireadh na h-ochdamh linn deug agus toiseach na naoidheamh linn deug, mar phàirt de thoirt a-steach nan caorach Cheviot. Thug sliochd chuid dhiubh an sgìlean an uair sin gu ruig Astràilia. B' e an teaghlach Rutherford deagh eisimpleir den sin, a thàinig gu Cill Donnain à Siorrachd Rosbrog ann an 1803: dh'as-imrich sianar de an cuid mhac. Ann an 1864, dh'iarr Iain Rutherford gum biodh dà chù-chaorach as na Crìochan air an cur thuige ann an Astràilia. Air an ainmeachadh Cluaidh agus Lassie, thàinig iad gu bhith nan gineadairean de bhriod ùr leis an ainm Cù-chaorach Rutherford. Bha Iain na thàimchair soirbheachail agus bha e a' gabhail pàirt ann am mòran fharpaisen chon-chaorach, an dà chuid ann an Astràilia agus ann an Sealainn Nuadh.



**AU18 Dian-ruith Òir Ballarat**

San Lùnastal 1851, lorgadh òr ann an sgìre shocair shàmhach Ballarat ann an Victoria. Chruthaich sin dian-ruith do-chreidsinneach: ro dheireadh na Sultaine, bha 1000 mèinnean san àite agus ro 1852 bha 20,000 mèinnean ann. B' e Iain Dunlop à Earra-Ghàidheal agus Seumas Regan na daoine a phìobraich dian-ruith an òir, an dèidh dhaibh ùnna no dhà a lorg 's iad a-muigh a' panadh gu h-iongantach air Rubha na Bochdainn. Mus do ràinig iad, cha robh air an làraich ach dìreach beagan bhòthain. Is e baile-mòr a th' ann am Ballarat a-nis le timcheall air 85,000 neach-còmhnaidh.

**AU19 Dian-ruith Òir Bendigo**

Glè luath às dèidh na lorgadh ann am Ballarat, chualas an naidheachd gun robhar air òr a lorg aig Bendigo ann an Victoria. San Ogmhios 1852, bha uimhir ri 40,000 neach-cladhach san sgìre, le Albannaich nan measg. Ann an 1853, chruinnich na mèinnearan sin a ghearan an aghaidh cìs mhiosail ùr 30 tاستان, a bha ca ri phàigheadh. Chaidh Reabhlaid nan Rìbeanan Dearga, air ainmeachadh mar sin on bha an luchd-gearain a' caitheamh rìbeanan dearga nan adan, fhuasgladh ann an dòigh shitheil. B' e Eòsaph MacAnndrais Pantan a bha à Siorrachd Obar Dheathain bho thus, an coimiseanair poilis air an robh uallach airson òrdugh a chumail.

**AU20 Crèadhadaireachd Bendigo**

Is e Crèadhadaireachd Bendigo an companaidh crèadhadaireachd as aosta ann an Astràilia, fosgailte bho 1858 gun an latha an-diugh. Chuireadh air bhonn e le Seòras Donnchadh Guthrie, a rugadh ann an Glaschu ann an 1828. Cha robh a thighinn a dh'Astràilia gealltannach: ràinig e an dèidh long-bhrìste agus gun sgillinn na phòcaid. An dèidh dha failneachadh air òr a lorg, roghnaich Guthrie feum a thoirt às na tasgaidhean saidhbhir crèadha a lorg e aig Bendigo. Dhearbh dian-ruith an òir agus an leasachadh a thàinig air Bendigo mar thoradh air an sin, gun robh margaidh gu leòr ann airson a' bhathair aigean agus bha a' chrèadhadaireachd a' soirbheachadh gu math ann an ùine ghoirid.

**AU21 Faradh-turais Dheich Notaichean**

Rugadh agus thogadh an neach-fuaigheil Eilidh Skedd ann am Prestonpans agus fhrithheil i Àrd-sgoil Preston Lodge. Ann an 1954, choinnich i ri Gòrdan, am fear a bha i a' dol a phòsadh, a bha na shaidhdear cuideachd à Prestonpans. Ghluais iad a dh'Astràilia ann an 1960 aig àm nuair a bha an riaghaltas a' brosnachadh in-imrich le bhith a' taigsinn faradh turais airson dìreach £10. Coltach ri mòran Albannach eile, thuinich iad agus thog iad an teaghlach ann an Astràilia an dèidh fàs measail air an àite, agus tha iad a' fuireach ann am pàirt bhreagha de Victoria ris an canar Geelong. Tha an taigh aca air cliathaich cruic ann an iomall-baile a tha a' coimhead thairis air an Abhainn Barwon.

**AU22 An Caipitean Cadell**

Rugadh Prainnseas Cadell (1822–1879) ann an Cùil Choinnich ann an Lodainn an Ear, agus an dèidh dàn-thursan a bha a' gabhail a-steach mòr-thursan air an Abhainn Amazon, shiubhail e a dh'Astràilia, far an robh e air a bheòghlachadh le comas malairt air Abhainn Mhoireach. Bha duais ga thairginn do bhàta-smùid sam bith a b' urrainn an slighe a dhèanamh bho Goolwa gu comar aibhne Murray Darling. An dèidh am bàta-smùid *Lady Augusta* a bhith ri a togail a choimiseanadh, thòisich Cadell a' rannsachadh na h-aibhne anns a' bhàta chanbhaiss *Forerunner* ann an 1852. A' bhliadhna às dèidh sin, bha e soirbheachail ann am buannachadh na duaise, agus le bhith ga dearbhadh comasach air a seòladh, bha e air an Abhainn Mhoireach fhosgladh a-mach gu malairt. Bha Uilleam Randall air an abhainn aig an aon àm leis an *Mary Ann*, ach cha robh an t-soitheach aigean a bha na bu lugha airidh air an duais, ach fhuair e tabhartas beag bhon riaghaltas agus na chaidh a chruinneachadh de dh'airgead leis a' phoball a bha na chomair.

**AU23 Caipiteanan Chùil Choinnich**

Aon uair 's gun robh Abhainn Mhoireach air a fosgladh a-mach, thàinig Goolwa gu bhith na mhòr-àite airson comhdhail agus na ionad shoithichean coimearsalta. Anns na làithean a b' fheàrr bho na 1850an gu na 1880an, b' e aon de na puirt aibhne a bu chudromaiche ann an Astràilia, le measgachadh mòr de bhathar agus de bheairteas ga iomlaid an sin. Bha caipiteanan aibhne mar na Miclaid agus Seumas MacRìsnidh ag obrachadh mar mhalairtich, luchd-stòir agus luchd-leasachaidh, a' stiùireadh leudachadh air Goolwa agus a' spreagadh tuineachaidh anns an tìr a-staigh agus a' pìobrachadh a' chiad rathad-iarainn poblach ann an Astràilia.

**AU24 Alba Bheag**

Bha Seòras Bain MacLain am measg nan caipiteanan malairt a bu thràithe air Abhainn Mhoireach. Rugadh MacLain ann an Cùil Choinnich agus thog e a dhachaigh ùr nuair a bha e ann an 1857 a' coimhead thairis air Caolas Goolwa, agus dh'ainmich e a dhachaigh Taigh Chùil Choinnich. Rinn MacLain grunn thursan air ais a dh'Alba a stiùireadh togail bhàtaichean ùra airson malairt na h-aibhne. Bha pàirt chudromach aige cuideachd anns an leudachadh air Goolwa, a' togail bhòthain do luchd-obrach aige ann an sgìre a dh'fhàs aithnichte mar *Alba Bheag*.

**AU25 Laura Buralda agus Francis Dunbar Warren**

Bha Francis Dunbar Warren (1878–1958) na mhac do na tuathanaich Iain agus Mairead Warren à Gleann Barossa ann an Ceann a Deas Astràilia. Thàinig athair Iain fhèin a dh'Astràilia à Llanbryde Alba ann an 1838. Aig àm nuair a bhathar a' riaghladh an aghaidh fhòsaidhean measgaichte, chaidh e an sàs ann am pòsadh neo-oifigeil le Laura Buralda, boireannach tùsail Arabanach agus bha seachdnar chloinne aca. Nuair a chaidh am fearann a bha iad ag obrachadh a reic ann an 1918, cheannaich Warren Steisean Fuarain Fìnnis agus stiùir e a theaghlach agus mòran theaghlaichean Arabanach eile 150km gun a dachaigh ùr. Bha e a' misneachadh beatha thraidiseanta Thùsail agus cheadaich e don Mhìsean Thùsanaich Aonaichte misean a stèidheachadh air an fhearann.





**AU26 Iain MacDhùghaill Stiùbhart**  
Air a bhreith ann an Disert ann an 1815, tha Iain MacDhùghaill Stiùbhart air a mheas mar an rannsaiche meadhan-tìre as ainmeile ann an Astràilia. An dèidh trèanadh mar innleadair-togail le Acadamaidh Cabhlachail is Armailteach na h-Alba, shiubhail e gu Astràilia a Deas ann an 1839 agus thàinig e gu bhith na Shuirbhidhear Coitcheann air a' cholonaidh ùr. Ann an 1862, stiùir MacDhùghaill Stiùbhart a' chiad mhòr-thuras Eorpach tarsain meadhan Astràilia, bho dheas gu tuath. B' e turas garbh a bh' ann, ach rinn a phlanadh agus a sgilean cinnteach nach robh call-beatha sam bith ann. Bha an t-slighe a dh'fhosgail e air a cleachdadh gus Adelaide a cheangal ri Darwin tro telegraf, rèile agus a-nis le Mòr-rathad Stiùbhart.

**AU27 An t-Soitheadh Cliopair "City of Adelaide"**  
Bha pàirt deatamach aig a' chliopair City of Adelaide ann an sgeulachd Astràilia, a' dèanamh fichead bhòidse 's a trì eadar 1864 agus 1887. Bhiodh i a' giùlain in-imrich, a' gabhail a-steach mòran a' Alba gu Astràilia a Deas agus a' tilleadh le copair, cloimh, fion agus cruithneachd. Thathar den bheachd gu bheil mu 240,000 Astràilianach air a thighinn bho thaisteachail a City of Adelaide. Às dèidh sin air a coimiseanadh don Chhablach Rìoghail, chaidh a h-ath-ainmeachadh mar HMS *Carrick* agus bho 1923–1989 bha i na comharra-ùil air Abhainn Chluaidh mus deach a gluasad a dh'Irbhinn le Taigh-tasgaidh Maraicheach na h-Alba. Ann an 2014 agus i air a h-ainm fhaighinn air ais, chaidh an City of Adelaide a ghluasad 's a ghiùlain a dh'Astràilia far an bheil i na soitheadh-tasgaidh.

**AU28 An Ridire Tomas Elder: Iniltair**  
Rugadh Tomas Elder ann an Cathair Chaladain an Alba ann an 1818. Ag in-imrich a dh'Astràilia a Deas ann an 1854, b' e iniltair, neach-gnothaich, tabhairtear, neach-poilitigs agus sealbhair each-reise a bh' ann, ainmeil airson camhalan a thoirt a-steach do dh'Astràilia. Aig aon àm bha raon àireachais aig Elder a bha na bu mhòtha ann am farsaingeachd na Alba air fad. Am measg a dh'leababan ionmhor, bha Gailearaidh Ealain Astràilia a Deas; Oilthigh Adelaide agus Conservatorium Cìùil Elder a tha a' sìorrachadh ainm. Bhuilich e Rotunda air muinntir Adelaide bho Thaigh-fhùirneis Saracen MhicPhàrlain ann an Glaschu. Tha e air barrachd a dhèanamh gus soirbheachadh is cultar Astràilia a Deas adhartachadh na tha neach fa leth sam bith eile.

**AU29 Padraig Waite**  
Rugadh Padraig Waite (1834–1922) ann an Cathair Chaladain agus shiubhail e a dh'Astràilia gus a bhith còmhla ri a bhràithrean ann an 1859. Thabhaich Albannach eile tuathanas dha air mál, agus ro 1864 bha Waite air a dhèanamh cho prothaideach agus gun do dh'iarr e air an tè a bha fo ghealladh-pòsaidh aige a thighinn còmhla ris a' Alba. B' e manaidsear fearainn ùr-ghnàthach a bh' ann, agus an dèidh còig bliadhna deug bha na h-òighreachdan aige a' cur taic ri mu 260,000 beathach caorach. Ann an 1877 ghluais e gu Taigh

Ùr Bhràigh, a chruth-atharraich e gu aitreabh drùidhteach – a' chiad taigh ann an Adelaide le solais dealain (1891). Thug e meudan fearainn mar thabhartas do dh'Oilthigh Adelaide agus chuir e earrannan mu seach airson maoineachadh mu choinneamh rannsachadh àiteachail an sin san àm ri teachd.

**AU30 Cairiona Eilidh Spence: Seann Dheagh Bhoireannach Astràilia**  
Rugadh i am Meall Ròis ann an Alba sa bhliadhna 1825. B' e ùghdar, neach-teagaisg, naidheachdair, neach-poilitigs, searmonaiche, ath-leasaichear, neach-dìon bhoireannach, breithniche litreachais is aithrisiche soisealta agus neach-choirean bhòtaidh a bh' innte. Ann an 1839, rinn a teaghlach às-imrich a' Alba a dh'Astràilia a Deas, a' ruighinn air 31 Dàmhair 1839, an latha a bha i ceithir bliadhna deug. Ann an 1897, thàinig Spence gu bhith mar a' chiad bhoireannach a bha na tagraiche poilitigs ann an Astràilia an dèidh seasamh airson Ard-reachdais Fheadaraileach a bha air a chumail ann an Adelaide. Bha i ainmichte mar "Am Bhoireannach Astràilianach as Ainmeile" le Maolios Franklin agus choisinn i tiotal "Deagh Sheann Bhoireannach Astràilia" air a h-òchdadamh co-la-breith. Bha Spence air a co-chuimhneachadh air a' phàipear còig doilearan Astràilianach a chuireadh a-mach aig am Cuimhneachan Ceud Bliadhna Cairdeachas Astràilia. Fhuair i bàs ann an Norwood ann an Ceann a Deas Astràilia sa bhliadhna 1910.

**AU31 Teàrlach Duguid**  
Rugadh Duguid ann am Baile an t-Salainn ann an Sìorrachd Àir ann an 1884 agus rinn e às-imrich a dh'Astràilia ann an 1912. B' e lighiche a bh' ann agus neach-iomairt do chòraichean nan Tùsanach, a' claradh a chuid eòlasan ann an leabhraichean leithid *No Dying Race*. Ann an 1937, chuidich Duguid le Mìsean Ernabella a chur air bhonn, anns an do dh'aithn e gun ionnsaicheadh luchd-tuineachaidh cànan nan treubhan. Cha robh air an ceadachadh don mhisean ach iadsan aig an robh sgil a bha riatanach, far an robh doighean traidiseanta air an cumail suas agus a' faotainn spèis. Bha Duguid gnìomhach sa Chomhairle airson Còraichean Tùsanach agus Comann Dìon Chinnidhean Dùthchail. Ann an 1970, choisinn an obair seo an OBE dha. Bhàsaich e aois 102 ann an 1986.

**AU32 Eric Bogle AM**  
Is e Eric Bogle aon de na seinneadairean is sgrìobhadairean òrain as aithnichte ann an Astràilia. Rugadh e sna Puballan ann an 1944, rinn e às-imrich gu Astràilia ann an 1969 a dh'obair mar chumantasair ann an Canberra. An sin, chaidh e an lùib saoghal an tuath-chiùil agus às dèidh a bhith a' coimhead pàireid de Chorp Airm Astràilia is Shealainn Nuaidh, chaidh a bhrosnachadh gu sgrìobhadh an òrain as cliùitiche aige, *'And the Band Played Waltzing Matilda'*. Tha an t-òran a' nochdadh nan tachartasan ANZAC ann an Gallipoli sa Chiad Chogadh Mhòr. Bha a leithid eile de chuspair air a dhùsgadh le 'No Man's Land'. Airson a chuid adhartachaidh air sith tron òran, fhuair Bogle

Bonn Sìthe nan Nàiseanan Aonaichte. Tha e a' fuireach ann an Adelaide.

**AU33 Seumas Druimeanach**  
Thug Seumas Druimeanach (1787–1863) a-mach trèanadh mar ghairnealair ann an Alba, agus rugadh e ann an Inbhir Aradaidh. Ann an 1828, chaidh dreuchd a thairginn dha mar neach-nàdarh oifigeil airson coloinidh ùr Abhainn na h-Eala ann an Taobh Siar Astràilia. Ann an 1834 ge-ta, chaidh dèanamh air falbh leis an dreuchd. Fhuair e an uair sin obair a' cruinneachadh sil agus sampallan de phlantrais a bha an uair sin air an reic. Thuinich an Druimeanach air oighreachd aig Tooday, agus aon uair 's gun robh an tuathanachas stèidhichte, bha e comasach dha leantainn air adhart a' cruinneachadh fhad 's a bha a mhic ga stiùireadh. Chlàr e mòran gnèithean plantrais air nach robh aithne, agus tha mòran eile air an ainmeachadh às a dheidh.

**AU34 An Naomh Màiri NicPhilip**  
Is e Coitheanal Cràbhach Caitligeach a th' ann am Peathraichean Naomh Eòsaph, a tha dealasach a thaobh faothachadh a thoirt do fhuallangas agus a bhith a' tarraing dòchais. Thòisich e ann an 1866 nuair a stèidhich Màiri NicPhilip (1842–1909) agus an t-Athair Julian Tenison Woods a' chiad sgoil bheag aca ann am Penola ann an Ceann a Deas Astràilia. Bha parantan NicPhilip air a thighinn a dh'Astràilia às an Drochaid Ruaidh. Chuir i air adhart foghlam ann an Astràilia, dh'fhosgail i dachaighean dhilleachdian agus sholarich i taic do dhaoine a bh' air am fàgail air na sràidean no anns a' phriosan. Nuair a bhàsaich Màiri NicPhilip, bha còrr air 1,000 piuthar sa Choitheanal, agus san latha an-diugh tha iad ag obair anns gach ceàrnaidh de dh'Astràilia, Sealan Nuadh, Èirinn, Alba, Peru, Braisil agus Timor an Ear. Chaidh Màiri a naomhachadh ann an 2010.

**AU35 An Drogha Cruidh as Fhaide**  
Ann an 1883, chaidh Teàrlach agus Niall Dòmhnallach, an dèidh do an athair imrich às an Eilean Sgitheanach anns na 1830an, còmhla ri an co-oghaichean Dòmhnall agus Alasdair MacChoinnich a dh'fhaotainn ceadan airson croch a thoirt gu Kimberleys ann an Taobh Siar Astràilia. Thòisich iad air an t-slighe mhòr seo le 670 beathach cruaidh, 32 tarbh agus 86 each aig Clifford Creek faisg air Goulburn. Sheas an turas aca trì bliadhna 's iad a' dol tarsainn 6,000km de thalamh a bha neo-fhialaidh dhaibh, a' cur an àite na bha iad a' call mar a bha iad a' dol air adhart. Choisinn an oidhirpean àite dhaibh ann an eachdraidh airson croch a chur air an drogha cruaidh a b' fhaide a bh' ann a-riamh.



## Zimbabwe



**ZW01 Raibeart Moffat**  
Air a bhreith ann an Ormiston ann an 1795, chaidh Raibeart Moffat oideachadh san Eaglais Bhric, chaidh e do cholaiste na diadhaidheachd ann an 1816, agus às dèidh sin Comann Mhiseanaraidhean Lunnainn. Ann an 1824, stèidhich Moffat am misean ann an Kuruman. Ann an 1829, thadhail e air Mzilikazi, ceann-cinnidh am Matabele, aig an àm sin a' fuireach san Transvaal. Chùm Moffat suas an càirdeas seo tro dhàrna tadhal ann an 1835. Ann an 1854, ghabh Moffat turas 600 mìle os làimh gus trì mìosan a chur seachad ann an dachaigh Mzilikazi. Thill e ann an 1857 a chur tús air stèidheachadh misean ann an Nyati. Cha robh mòran tìde aig Mzilikazi aig an àm do Chrìosdaidheachd, ach mar thoradh air an spèis a bh' aige dha Moffat, cheadaich e am misean a-steach don rìoghachd aige.

**ZW02 Tomas Meikle: Sliغه an Uisge-beatha**  
Ann an 1869, ghabh an teaghlach Meikle turas trì mìosan à Sìorrachd Lantraig gu Port Natal (Durban) ann an Afraga a Deas, a' sireadh dàn'-thuras agus air an tarraing gu na coloinidhean. Nuair a ràinig iad, shiubhail iad gu an iar-thuath a thuineachadh air tuathanas air mál ann an coloinidh Natal. Dh'fhàs na bràithrean Meikle suas a' dràibheadh charbadan chun na margaidh air an tarraing le daimh, nan dràibhearàn còmhdaidh. A' tuigsinn gun robh feum aig luchd-tuineachaidh Rhodes air solar ann am Mashonaland, luchdaich iad còig charbadan le aodach agus biadh agus trì eile le uisge-beatha. Bha còrr air ceud damh a dhith airson an turais 700 mìle. Thog na bràithrean a' chiad stòr aca le creataichean uisge-beatha falamh, toiseach impireachd Meikle anns an àite ris an canar Rhodesia a Deas a-nis.



## Eitìopia

**ET01 Seumas Brusach**  
Rugadh Seumas Brusach (1730–1794) ann an Taigh a' Chinn Aird ann an Larbert. Nuair a bha e a' frithealadh mar Chonsal Breatannach ann an Algiers, ghabh e tìdh ann an rannsachadh an Abhainn Nile. Ann an 1765, thòisich e air turas fada tro cheann a tuath Afraga agus Aràibia. Chuir am Brusach seachad còig bliadhna an uair sin a' rannsachadh sgrìre uachrach an Nile agus an leth-innis Àrbaianach, mus d' rinn e a shliغه gu Gondar, prìomh bhaile Abisinia (a-nis Eitìopia). As an sin, shiubhail e fad Loch Tana gu Gish Abay, tìs an Nile Ghorm, air 14 Samhain 1770. Bha an t-sliغه dhachaigh cruaidh: Bha e air a chur an grèim dà thuras agus chaidh e a chàmhlan san fhasach Nubian. Thill e a Bhrèatainn ann an 1774.





# Nuova Zelanda



**NZ01 HMS Endeavour e Sydney Parkinson**  
Sydney Parkinson (1745-1771) è stato un illustratore botanico di Edimburgo famoso per il suo lavoro sulla prima spedizione di James Cook. Trasferitosi a Londra nel 1766, Parkinson è stato assunto dal naturalista Joseph Banks per unirsi al viaggio pionieristico del Endeavour due anni dopo e documentare i campioni di piante raccolti lungo la strada. La spedizione ha superato la Terra del Fuoco in Sud America e ha continuato a tracciare la costa della Nuova Zelanda e di terra Australiana. Parkinson è stato travolto dai campioni, creando un archivio botanico immenso e prezioso. Morì durante il viaggio di ritorno nel 1771, quando la malattia decimò la nave.

**NZ02 Caccia alle balene**  
Le spedizioni di Cook avevano aperto la Nuova Zelanda come la terra di nuove opportunità. Nel 1809 William W Stewart ha tracciato l'isola di Rakiura, conosciuta anche come Stewart Island, durante una spedizione per la foca. Molti scozzesi sono stati coinvolti nella caccia alle balene. Robert Fyffe da Perthshire ha lavorato dal Marlborough Sounds fino a quando ha stabilito la nuova stazione baleniera Waiopuka a Kaikoura nel 1842. In seguito si è voltato all'agricoltura, mantenendo grandi greggi. Suo cugino George ha costruito Fyffe House, ora nella cura del Historic Places Trust. Altri importanti balenieri scozzesi inclusi John "Scotch Jock" Nicol, e Hector e Agnes McDonald sull' Isola Kapiiti.

**NZ03 Reverendo Norman McLeod**  
Norman McLeod (1780-1866) è nato a Lochinver e dopo aver praticato come pastore presbiteriano si trasferisce a Ullapool. Emigrò a Pictou in Nova Scotia, anche se ben presto divenne un posto sovraffollato. McLeod, ha convinto gli altri a seguirlo in Ohio ma sono stati portati dal vento a St Ann di Cape Breton Island dove ha stabilito una forte comunità scozzese. Raccolti poveri lo convinsero a muoversi ancora una volta nel 1851, in Australia attraverso l'Isola di capo Verde e Cape Town. La congregazione di McLeod è stata turbata dalla corsa all'oro di Adelaide e nel 1853 si trasferisce a Waipu in Nuova Zelanda, dove le comunità scozzesi finalmente hanno potuto prosperare.

**NZ04 Famiglie**  
Tra il 1853 e il 1860 quasi mille scozzesi seguirono Norman McLeod nel suo insediamento a Waipu, molti da Ullapool e Loch Broom. Hanno portato con loro in Nuova Zelanda la loro lingua, musica, tartan e tradizioni, così come la loro identità clan, l'impegno per l'educazione e la loro religione presbiteriana. Per molti la tristezza di ciò che veniva lasciato alle spalle è stato mescolato con la speranza di un futuro migliore, e il cammino di seguaci di McLeod simboleggia la ricerca di una nuova vita. Oggi la comunità in Waipu continua a mantenere un forte senso delle sue radici scozzesi, tra cui l'hosting Highland Games.

**NZ05 Otago Settlement**  
Nel 1845 il capitano William Cargill e il reverendo Thomas Burns, un nipote del famoso poeta, ha istituito un'associazione laica per promuovere la Chiesa Presbiteriana Libera di Scozia con insediamento a Dunedin, Nuova Zelanda. I migranti sono arrivati su due navi che hanno lasciato Greenock per Port Chalmers. Cargill e suoi passeggeri sono arrivati su John Wickliffe da Gravesend il 23 marzo 1848; Altri 246 sono sbarcati con Burns su Philip Laing un paio di settimane più tardi. Due terzi dei coloni erano della Libera Chiesa presbiteriana. Otago e la vicina Southland sono ancora percepite oggi come il mantenimento di forti lasciti scozzesi. Otago Street a Kelvinbridge, Glasgow testimonia questa connessione del sud



**NZ05A Dunedin**  
Dunedin o Dùn Èideann (gaelico per Edimburgo), la Edimburgo del sud, è stata fondata nel 1848. Scozzesi a forma della città spirituale della vita, l'istruzione e l'architettura. La First Church of Otago è stata istituita nel 1848 su High Street, mentre il nuovo edificio sul Moray Place inaugurato nel 1873. Disposizioni educative incluso Otago High School dei ragazzi (fondato 1863), e Otago Girls High School (1871). L'Università di Otago, il paese più antico, è stata fondata nel 1869. La sua costruzione della torre dell'orologio è basata su Glasgow University. I nomi delle strade intorno alla città riflettono Edimburgo: Princes Street, George Street, Stuart Street. Questi incontrano al Octagon, dominata da una statua di Robert Burns.

**NZ05B Tales Spinning da Applecross**  
Sulla costa occidentale della Scozia c'è la penisola a distanza di Applecross, A 'Chomraich (Santuario). Nel 1850 circostanze causato la volontà di molti a cercare una nuova vita lontano, tra cui Macleods. Diversi infine si stabilirono a Waipu, Nuova Zelanda prendendo abilità domestiche pratiche, come la filatura, per il loro nuovo santuario. Christina Macleod Martin da Coille Ghillidh, che si ritiene essere l'ultima crofter Applecross per la produzione di lana per la vendita, aveva un arcolio che viaggiava con lei prnipote di Piha, Nuova Zelanda. Era una ruota Hebridean con diciotto raggi, ciascuna corrispondente a venti gradi della bussola. Nel 2010, questo filatoio è tornato a Applecross, al Centro del Patrimonio.

**NZ06 Gully diGabriel**  
Quando Gabriel Read ha trovato l'oro nel 1861, il Central Otago Gold Rush ha visto affollarsi intorno a 11.500 minatori entro un anno per Gabriel Gully, Blu Spur, Gully di Munro, Weatherstones e Waitahuna. Le condizioni erano dure, ma i rendimenti erano buoni e presto le gare d'acqua, tenendo le dighe e pompe idrauliche erano in uso. Molti scozzesi hanno aderito alla corsa, tra cui William e Mary Ann Hay (trisavoli della cucitrice). William è andato avanti dal Bendigo Goldfields in Australia; Mary Ann lo ha seguito con i loro quattro figli e le loro merci, camminando per le 50 miglia lungo il sentiero tortuoso a Lawrence, Tuapeka e la loro nuova vita.

**NZ06A Selina Sutherland**  
Selina Sutherland, la figlia di un crofter da Loth, Sutherland, non aveva una formazione infermieristica formale, ma ha sviluppato una reputazione di guaritrice competente. Nel 1862 emigrò in Nuova Zelanda ed è stata determinante nella fondazione del primo ospedale a Masterton, che ancora oggi porta il suo nome. Durante un viaggio a Melbourne si accorse della situazione dei bambini di strada in città, e ne ha fatto la sua missione di aiuto. Dopo aver lavorato con la società di bambini abbandonati, lei è stata riconosciuta come la prima "soccorritrice di bambini". Ha stabilito il Sutherland Home for Neglected per bambini; un contributo riconosciuto a Queen Victoria Giubileo di diamante.

**NZ06B Capanna di Polson**  
Di Polson Hut, capanna di un piccolo pastore in Central Otago, Nuova Zelanda, è stata teatro di una tragedia per la famiglia Polson nel 1869. John Polson emigrò da Kildonan, Sutherland nel 1862 e trovò lavoro come un pastore con John Maclean alla stazione Hills Movern. Ha sposato Christina Ross a Christchurch nel 1867. Durante l'inverno del 1869, Christina è entrata in travaglio prematuro con due gemelli, George e William. Il primo bambino è morto subito dopo la nascita, il secondo tre giorni dopo. Essi sono stati sepolti con grande difficoltà nel terreno ghiacciato sotto un salice nei pressi del rifugio e la loro tomba è segnata da una semplice lapide di scisto, con iscritto 1869.

**NZ07 Charles Nicholson**  
Charles, nato a Duntulm, Isola di Skye, Inverness-shire, figlio di James Nicolson e Margaret Macdonald, è partito per Sydney, Australia sul "St. Vincent", 1851. Nello stesso giornale nel 1861 di Gabriele Reid "Lettera ai Minatori", sugli Otago, Nuova Zelanda, Goldfields, è stato il "Vela di Dicembre" di Omeo a Dunedin. Nel 1864 Charles aveva un negozio, ufficio postale e il "Camp Hotel" nei pressi di Millers Flat. Ha sposato una giovane donna di Hannover, che ha portato avanti una grande famiglia, mentre lui continuava con oro dragaggio e delle Miniere, Politica e Welfare promozione minatori, Sport ed Educazione. Il suo motto: "Fede, Speranza e Carità, e la più grande di esse è la carità."



# Tristan da Cunha



**Dùn Èideann nan Seachd Cuanntan**  
Is e Tristan da Cunha an t-eilean le daoine as iomallaiche air an t-saoghal, le mu 264 luchd-còmhnaidh. Steidhichte anns a' Chuan Siar a Deas, 1750 mìle bho Afraga a Deas, is e an t-eilean as motha den bhuidheann. Lorgadh an t-eilean ann an 1506 leis an admaraich Portagaileach Tristao da Cunha, agus chaidh a thuingeachadh ann an 1816 leis an Albannach, an Corpailear Uilleam Glass. Dh'fhàs a' choimhearsnachd le seòladairean bho Iongan-briste. Thadhail am Prionnsa Alfred, Diuc Dhùn Èideann, ann an 1867 agus mar chiuimhneachan air an sin tha baile beag Dhùn Èideann de na Seachd Cuanntan air ainmeachadh. Is e coimhearsnachd tuathanachais agus iasgaich a th' ann far a bheil an luchd-còmhnaidh a' labhairt Beurla ann an dualchaintn freumhaichte ann am mòran nàiseantachdan.





# Sgeulachd Afraga



**ZA01 Institiùd Mhiseanaraidhean Lovedale**  
Air a stèidheachadh ann an 1824 le miseanaraidhean bho Chomann Mhiseanaraidhean Ghlaschu, mar àite airson foghlam àrd-ìre dha Afraganach, bha Lovedale air ainmeachadh às dèidh an Urramaich Iain Love, cathraiche a' mhisein. Ann an 1843, thàinig Lovedale fo smachd Eaglais Shaor na h-Alba agus ann an 1929 fo Eaglais na h-Alba fhèin. Bha Lovedale a' solarachadh foghlam aonaichte gu cinneadail do chloinn Afraganach ionadail agus mic luchd-tuineachaidh. A thuilleadh air a bhith a' toirt seachad foghlam acadaimigeach àrd-ghnèitheil, bha Lovedale cuideachd a' tairginn trèanadh teicnigeach a' gabhail a-steach Clò ainmeil Lovedale, a thug cothrom gnìomhachaidh do mhòran sgrìobhadairan Afraganach. Fo Achd Foghlaim mhi-chlùiteach Bantu 1952, sguir Lovedale a bhith aonaichte gu cinneadail.

**ZA01A Tomas Pringle**  
Rugadh Tomas Pringle (1789–1834) ann am Blakelaw dìreach taobh a-muigh Chealsaidh ann an Alba. Chaidh a ghortachadh ann an tubastair nuair a bha e na naoidhean a dh'adhbhraich dha a bhith cuagach fad a bheatha; mar sin, cha do lean e athair gu tuathanachas. An àite sin, thàinig e gu bhith na bhàrd agus na sgrìobhadair, ag ionnsachadh ann an Oilthigh Dhùn Eideann agus fhuair e caraidean ann an Raibeart Louis MacSteaphan. Ràinig e Afraga a Deas còmhla ri Luchd-tuineachaidh 1820 agus thuinig e ann am Baile Ghreum. Bhathtar ga chàineadh airson a bhith àrd-bhriathrach an aghaidh an riaghaltais chòlòineach agus chuidich e le cur às mu dheireadh thall do thràilleachd ann an 1834; thàinig reachdas a thaobh sin gu bith ann an 1838.

**ZA02 Tiyo Soga & Seònaid Burnside**  
Rugadh Tiyo Soga ann an Ceap an Ear Afraga a Deas ann an 1829; bha e na bhall de nàisean Xhosa. Air a thogail le màthair Chriosdail, bha Tiyo ag ionnsachadh ann an Oilthigh Ghlaschu agus b' e a' chiad duine dubh a bha òrdaichte mar mhinistear anns an Eaglais Chléireach Aonaichte ann an 1857. Phòs e Seònaid Burnside, fìghheadair à Glaschu.

Thill a' chàraid gu Afraga a Deas far na stèidhich iad misean aig Mgwali. Dh'eadar-theangaich Tiyo am *Pilgrim's Progress* agus pàirt den Bhìoball gu Xhosa. Bha e na thagraidair làidir a thaobh mothachadh do dhaoine dubha agus tha e air fhaicinn mar aon den chiad luchd-innleachdail dubha ann an Afraga a Deas.

**ZA03 Tràillean Galla**  
Air an goid air falbh bho an dachaighean ann an Ethiopia, bha 217 neach òg Galla (Omoro) gan toirt gu margaidean thràillean ann an Araibia air 15 Sultain 1888, nuair a chuir an *HMS Osprey* stad air na trì bàtaichean dhow a bha gan giùlain. Air an cur suas gu h-eadar-amail ann am Mìsean Keith-Falconer san Eaglais Shaor ann an Aden, chaidh 64 neach-cloinne a ghluasad gu Institiùd Mhiseanaraidhean Lovedale na h-Eaglaise Saoire ann an Afraga a Deas. A' dol air tìr ann an Taobh an Ear Lunnainn, bha iad nan aoiaghean aig an Eaglais Chléireach mus do shìubhail iad gu Lovedale, far an deach àite-fuirich cofhurtail, foghlam agus trèanadh a sholarachadh dhaibh. Bha a' mhòrchuid de dhaoine òga Omoro air Lovedale fhagail ro 1900.

**ZA04 Raibeart Moffat**  
Air a bhreith ann an Ormiston ann an 1795, chaidh Raibeart Moffat oideachadh san Eaglais Bhric, chaidh e don chòlaiste dhìadhadh ann an 1816 agus às dèidh sin do Chomann Mhiseanaraidhean Lunnainn. Ann an 1824, stèidhich Moffat am misean ann an Kuruman. Ann an 1829, thadhail e air Mzilikazi, ceann-cinnidh am Matabele, an uair sin a' fuireach san Transvaal. Chùm Moffat an càirdeas seo a' dol air an dàrna tadhal aige ann an 1835. Ann an 1854, ghabh Moffat turas 600 mìle os làimh a chur seachad trì mìosan ann an dachaigh Mzilikazi. Thill e ann an 1857 a chur tìs air stèidheachadh misean ann an Nyati. Cha robh mòran tuine aig Mzilikazi airson Chriosdaidheachd ach mar thoradh air a spèis do Moffat, cheadaich e am misean a thighinn a-steach don rìoghachd aige.

**ZA04A Amndra Geadais MacIlleBhàin**  
Rugadh Amndra Geadais MacIlleBhàin (1797–1864) neach-togail rathaidean, neach-tomhais, clach-eòlaiche, rannsachair agus neach-naidheachd, ann an Inbhir Theòrsa ann an Gallaibh. Ann an 1816 ann am Baile Chip, gun trèanadh foirmeil innleadaireachd sìobhalta sam bith, dhealbh e agus thog e bealach sna beanntan anns a' Cheap an Iar agus an Ear. Bha na bealach sin a' toirt ruighinneachd air raointean de na beanntan a bha do-sheachanta roimhe, a' fosgladh a-mach sgìrean eile airson malairt agus tha mòran dhiubh air an cleachdadh fhathast. Is e diomhaireachd nam bealach aige uile, na ballachan taic mhìorbhaileach a tha air trafaig a ghiùlain thar nan deichean de bhliadhnaichean. Tha fosail (Dyconodon Bainii) agus iasg (Sandelia Bainsii) air ainmeachadh às a dhèidh agus thug e a' chiad mhapa clach-eòlachail de Afraga a Deas gu buil.

**ZA05 Mèimneachd Dhùn Deagh**  
Chaidh Dùn Deagh ann an Afraga a Deas a stèidheachadh ann an 1882 le Pàdraig Mac a' Ghobhainn air an tuathanas aige, Dùn Deagh. Bha e bho thuathanas Hole Mill ann an Siorrachd Fharfair ann an Alba. Is iad ainmean ceathrar luchd-stèidheachaidh Dhùn Deagh a tha air a' chlàr. Tha Beinn Endumeni na feart stòite ann an cruth-tìre Dhùn Deagh agus tha i a' gabhail pàirt chudromach ann am pàtran na h-aimsire sa ghleann sin. Tha na figearan a' nochdadh dhuinn luchd-stèidheachaidh agus luchd-tuineachaidh a bha tràth sa bhaile agus san sgìre. Tha iad ag obair le min Innseanach, a tha na phrìomh bhàrr san sgìre, agus gual. Bha Dùn Deagh aig teis-meadhan a' ghnìomhachais guail anns an 19mh linn agus tràth san 20mh linn, a' cosnadh an ainm "Coalopolis".

**ZA06 Pàirc Kruger**  
An dèidh don Dàrna Cogadh Sasannach-Boer crìochnachadh aig toiseach na ficheadaimh linn, fhuair Breatainn smachd air an àite a bha ainmichte goirid roimhe sin mar Tearmann Ainmhidhean Sabi. San Iuchair 1902, chaidh Uilleam Stevenson-Hamilton a chur an dreuchd mar mhaor ann, a' faotainn Tearmann Ainmhidhean Shingwedzi a' bhliadhna às dèidh sin. Chaidh na dhà a chur còmhla fon ainm Pàirc Nàiseanta Kruger ann an 1926, pròiseas anns an robh Stevenson-Hamilton gu mòr a' gabhail pàirt. A thuilleadh air a bhith a' stiùireadh an fhearainn, bha Stevenson-Hamilton gu dìomhail a' sabaid an aghaidh poiseadh agus urchaireachd agus chuidich e leis a' phàirc fhosgladh a-mach do thurasachd. Fhuair e mòr-spèis agus bhàsaich e ann an 1957.



# Malàbhaidh



**MW01 Daibhidh MacDhunLeìbhe**  
Rugadh Daibhidh MacDhunLeìbhe an 1813 ann am Blantaidh ann an Siorrachd Lanraig. Dh'ionnsaich e eòlas-leigheis ann an Glaschu, thrèanaig, mar mhiseanaraidh agus ràinig e Afraga airson a' chiad uair ann an 1841 aig aois 28 bliadhna. Shìubhail e air feadh na mòr-thìr, a' tighinn tarsainn air diofar raointean de dh'uisge nach robh aithnichte roimhe sin do Eòrpaich. Sgrìobh e mu dheidhinn cleachdadh cairt-ghèal airson malàiria a leigheas san dùthaich ris an canar Zambia, fhad 's a bha e a' coimhead airson tìs an Nile. Aithnichte nas fheàrr mar mhiseanaraidh agus rannsachair, rinn e iomairt cuideachd a thaobh cur às do thràilleachd agus bha e na dhèanadair sgìleil air mapaichean. Leudaich a chuid obrach agus a' bhuidh a bh' aige a-mach air feadh Meadhan Afraga agus bhàsaich e ann an 1873 aig aois 60 bliadhna, ann an Zambia an latha an-diugh.

**MW02 Mìsean Livingstonia**  
Chaidh an ionad misein aig Livingstonia a stèidheachadh às dèidh bàs Dhaibhidh MhicDhunleìbhe, le miseanaraidhean à Eaglais Shaor na h-Alba. Chaidh an làrach a ghluasad grunn tursan air sgàth a' ghalair mailleiria ach ann an 1894 chaidh a shuidheachadh far a bheil e a-nis. Dh'fhàs baile glè luath timcheall a' mhisein agus stèidhich an Dr Raibeart Laws (1851-1934) sgoil a bha fìor shoibheachail. Ann an 1910, thog na miseanaraidhean Ospadal Cuimhneachaidh Dhaibhidh Gòrdain, bha lèirsinn Laws a thaobh oilthigh air a thighinn gu bith. Tha dìleab an Dr MhicDhunleìbhe agus an fheadhainn a thàinig às a dhèidh ri fhàireachdainn tarsainn Malàbhaidh gus an latha an-diugh, le cleamhnas làidir agus so-bheanailteach fhathast eadar na daoine agus muinntir Alba.

**MW03 Mìsean Bhlantaidh**  
Tha Blantaidh aig ceann eile Mhalàbhaidh bho Livingstonia, agus is e am baile as motha a th' ann agus gu neo-oifigeil an prìomh bhaile marsantachd. Tha e air ainmeachadh às dèidh àite-breith Dhaibhidh MhicDhunleìbhe ann an Alba, agus chaidh a stèidheachadh ann an 1876, trì bliadhna às dèidh a bhàis. Thàinig e glè luath gu bhith na ionad malairt cudromach, fhad 's a bha dìleab obair miseanaraidh MhicDhunleìbhe a' nochdadh ann an cruthachadh Eaglais dhruidhteach an Naoimh Mhicheil 's nan Naomh uile bho 1888-91, air làrach a' chiad ionad misein Albannaich. Cha robh an dealbhaiche no an sgioba-obrach air an trèanadh no le eòlas air pròiseact togail cho fìor mhòr. Ach chan eil mòran àiteachan eile ann as fheàrr a ghlacas suaicheantas MhicDhunleìbhe, de Chriosdaidheachd, Malairt agus Sìobhaltachd.

# Sgeulachdan à Èirinn agus Sasainn

Chaidh tuineachadh dìongmhailte leis na h-Albannaich ann an Èirinn, gu h-àraid ann an Ulaidh, a thòiseachadh le Seumas VI agus I tràth san 17mh linn. Bha Pròstanaich gam brosnachadh gu imrich a-steach agus chaidh planntachasan a stèidheachadh. Nas fhaide air adhart, thug mùchadh Cromwell air Èirinn aig àm a' Cho-fhlaitheis, a-steach barrachd luchd-tuineachaidh. Tha an diaspora air-ais air a bhith fiù 's nas làidire. A' leantainn air a' Ghort Mhòr agus cruadalan eaconamach ann am meadhan na 19mh linn, bha imrich à Èirinn air sgèile mhòr gu Galltachd na h-Alba a' neartachadh àite na h-eaglais Chaitligich.

Tha às-imrich Albannaich a Shasainn air a bhith leantainneach bho Achd an Aonaidh, ged a b' e glè thrì

luchd proifeiseanta a ghluais seach teaghlaichean de luchd-obrach. Tha Albannaich air àite neo-chothromach a ghiùlain ann am poilitigs Shasainn agus na Rìoghachd Aonaichte, ann an leigheas, innleadaireachd, na poilis, togail shoithichean agus stàilinn – an raon mu dheireadh seo ann an Corby a' cruthachadh aon de na beagan iadhtagan Albannach deas air na Crìochan. San latha an-diugh, tha còrr agus leth-mhillean a rugadh ann an Alba, ag obair 's a' fuireach ann an Sasainn agus tha an diaspora air-ais à Sasainn a cheart cho làidir gu h-àraid ann an seirbheisean ionmhais, foghlaim agus gnìomhachas na h-ola.



## Èirinn a Tuath



### GBNI01 Planntachas Ulaidh

Nuair a chaidh rìgh-chathair Shasainn a thairgsinn do Rìgh Seumas VI Alba ann an 1603, bha Èirinn mar phàirt den dileab aige. Bha aramachan air cumhachd na seann iar-fhlaitheachd ann an Ulaidh a lagachadh, le àireamh a' teicheadh thall-thairis, mar sin chunnaic Seumas cothrom air an fhearann aca a thuineachadh le àireamh-sluaigh a bha na bu dhìlse. Bha am planntachas de dh'Albannaich (agus de Shasannaich) ann an ceann a tuath Èirinn cuideachd ag amas air Pròstanaich a sgaoleadh ann an co-chomann Caitligeach a bha gu ìre mhòr a' labhairt Gàidhlig. Bha planntachas neo-oifigeil a' gabhail àite mar-thà anns An Dùn agus Aontroim, mus do thòisich tuineachadh na b' fhoirmeile air na sgìrean eile ann an Ulaidh ann an 1610.

### GBNI02 Ealasaid Sheaghach agus Malairt an Anairt

Phòs Ealasaid Sheaghach, nigean uachdaran Ghrianaig, Uistean MacGumaraid (c1560–1636) a choisinn fearann airson a thuineachadh ann an Ulaidh le taic bho Rìgh Seumas VI & I, a bha na ro-ruithear do na planntachasan oifigeil a thàinig beagan bhliadhnaichean às dèidh sin. Bha Ealasaid gnìomhach ann an leasachadh an tuineachaidh aca ann am Baile na Mainistreach, 's i a' stiùireadh nan oighreachdan aig An Comar agus An Mainistir Liath nuair a bhiodh Uistean glè thrìc às-làthair, a thuilleadh air togail muilnean-uisge gus an fheum aig luchd-tuineachaidh a lughdachadh air a bhith ag imhalairt mhine à Alba. B' e am fein-fhoghainteachd seo a stiùir na h-iomairtean aice gus gnìomhachas soirbheachail anairt is aodaich a chur air chois ann an Ulaidh cuideachd.

### GBNI03 Bessie Bell agus Mairi Gray

Tha uirsgeul ag innse dhuinn gun robh dithis shearbhant an òga à Siorrachd Pheairt, Bessie Bell agus Mairi Gray, a' tadhal air a chèile nuair a sgaoil plàigh uabhasach. Tha bailead traidiseanta a' dèanamh iomradh air mar a thagh iad àite iomallach agus thog iad sgàileadan an sin gus fuireach ann ann an leth-oireachd, ach ghlac iad an galar bho fhear òg a bha air tuiteam ann an gaol leotha. A' giùlain a' bhaileid seo leotha, dh'ainmich ginealach eile de dh'Albannaich às dèidh sin dà chnoc faisg air An Òraigh às dèidh nam maighdeannan bochda seo fhad 's a bha iad a' siubhal tro Chontae Tìr Eoghain, agus nuair a ràinig iad Staunton ann an Virginia, dh'ainmich luchd-tuineachaidh Albannach enuic às dèidh Bessie agus Mairi an sin cuideachd.



### GBNI04 Uilleam MacRisnidh

Bha àite cudromach aig na h-Albannaich ann an togail shoithichean ann an Èirinn. B' e Uilleam MacRisnidh aon den fheadhainn a bu chudromaiche: neach-tionnsgain dùthchasach do Bhaile an t-Salainn ann an Siorrachd Air. Shiubhail e gu Béal Feirste sa Mhàrt 1791. Mhothaich e do chothrom air gnìomhachas togail shoithichean a leasachadh an sin. A' tilleadh san Iuchar le luchd-ceàird sgìleil, stèidhich e garradh-iarainn a shoirbhich glè luath thar an ath fhichead bliadhna. Bha e air a' chiad shoitheach aige a chur air bhog ro 1792, an Hibernia, agus thar an ath fhichead bliadhna thogadh e trithead 's a dhà soitheach eile, a' rangachadh ann am meud bho leth-cheud gu ceithir cheud gu leth tonna. Bhrosnaich soirbheachadh MhicRisnidh daoine eile agus chuir e sìos a' bhunait airson ceannardas cruinneil Bhéal Feirste ann an togail shoithichean às dèidh sin san naoidheamh linn deug.

### GBNI05 Companaidh an t-Snàth Anairt

Thòisich Iain Barbour à Pàislig a' dèanamh snàth anairt aig am Plantation, Lisburn, ann an 1783. Ghabh a mhac, Uilleam, an aonta thairis ann an 1824 a' gluasad a' ghnòthachais gu làrach seann ghlasaich gealachaidh ann an Hilden, air bruachan an Lagain. Air a stiùireadh le roth mhòr uisge, bha snàth ga shnìomh, ga ghealachadh agus ga dhath, agus ro 1837 bha còrr air 300 neach ag obair aig Hilden. Cha robh e fada gus an tug soirbheachadh a' chompanaidh cothrom dha factaraidhean eile fhoghladh thall-thairis, gu h-àraid na Stàitean Aonaichte. Ann an 1898, chaidh Barbour & a Mhic ath-ainmeachadh gu Companaidh an t-Snàth Anairt, an neach-toraidh snàth anairt bu mhotha san t-saoghal. Dhuinn Muileann Hilden airson an uair mu dheireadh ann an 2006.





# Poblachd na h-Èireann



IE01

## IE01 Na Ciad Mhalairtich

Tha an ceangal eadar na h-Albannaich agus na h-Èireannaich a' dol air ais gu làithean nach eil idir clàraichte. Do na seann ghinealaichean ann an Èirinn is Alba, bha Sruth na Maoile na b' fhasa dhaibh na tha mòr-rathaidean an latha an-diugh. Airson linntean gun àireamh, bha gluasad saor air malairt agus daoine bho aon taobh gu an taobh eile. Bha na h-Albannaich fhèin à Èirinn bho thùs, agus tha ceanglaichean cultarach, fala agus cànan eadar Èirinn agus taobh siar Alba làidir gus an latha an-diugh. Agus cha b' e a-mhàin bathar stuthach a bha a' dol tarsainn a' chuain. Bha teaghlachean a' leudachadh a-mach tarsainn cladaichean na dà dhùthcha, a' toirt an dilseachdan agus an còmhstrithean leotha, a thuilleadh air an creideamh.



IE02

## IE02 Leabhar Cheanannais Mhòir

Tha Leabhar Cheanannais Mhòir air fhàicinn mar aon de na h-ulaidhean ealain as cliùitiche ann an Èirinn. Thathar a' creidsinn gun tugadh e gu bith timcheall air 800AD, is e Tìomnadh Nuadh a th' ann a tha a' taisbeanadh modh sgrìobhaidh mìorbhaileach soilleirichte. Ged a chuir e seachd a bheatha sna meadhan-aoisean ann an Abaid Cheanannais ann an Contae na Mì, thathar den bheachd gur dòcha gur e obair mhanaich à Eilean Idhe a th' ann. Dh'fhaodadh gun deach a thoirt às an sin aig àm chreachan leis na Lochlannaich, a thug buaidh air Alba agus Èirinn mun àm seo. Bha Eilean Idhe aig cridhe Crìosaidheachd Ceilteach: ma chaidh an leabhar a chruthachadh an sin, is e samhla alainn a th' ann den cheangal phrìseil eadar Albannaich sna tràth-aoisean agus Crìosaidhean na h-Èireann.



IE03

## IE03 Na Gall-òglach

B' e gaisgich tuarastail barraichte sna meadhan-aoisean a bh' anns na Gall-òglach. Tha an t-ainm a' tighinn bhon Ghàidhlig airson saighdear (òglach) Lochlannach (Gall) B' e luchd-sabaid an-eagalach a bh' anna air an robh iarrtas mòr air feadh Alba is Èirinn mar thoradh air an sgìl, earbsachd agus buaidh sa bhlar. Bha fìor ghall-òglach Albannach de dhualchas measgaichte Gàidhlig is Lochlannach, bho thaobh siar na Gàidhealtachd agus eileanan na h-Alba a bha air a bhith fo bhuaidh nan Lochlannach rè ùine mhòr. Tha coltas ann gun d' fhuair a' chiad luchd-tuineachaidh ann an Èirinn an cuid fearainn mar dhuais airson seirbheis armailteach, agus dh'fhaodadh na h-àireamhan aca rangachadh bho chompanaidhean beaga tuarastail gu làn chinnidhean leithid MacSweeney, MacDonnell agus MacCabe. Dh'fhuirich iad mar fheart den chogadh Èireannach gus an t-seachdamh linn deug agus a thàinig cleachdadh bitheanta air arman-teine is gunnaichean mòra.



IE04

## IE04 Àrd-Rìgh na h-Èireann

Bha Èideard Brus, Iarla Charraig, na bhràthair òg aig Raibeart ainmeil Brus, agus bha e a' sabaid ri thaobh anns an iomairt aige airson crùn na h-Alba. Nuair a bhrosnaich a' bhuaidh air Èideard II aig Allt a' Bhonnaich, iadsan ann an Èirinn a bha a' cur an aghaidh na h-uachdaranachd Shasannach an sin, fhuair Èideard Brus cuireadh a dh'Èirinn far am faodadh e bacadh eile fhoghladh an aghaidh an rìgh Shasannach. Thug e leis arm de sheann ghaighic armailteach à Inbhir Àir gu Latharna sa Chèitean 1315 agus thèarainn e taic ann an aithghearrachd. Às dèidh deagh shoirbheachadh sa chiad dol-a-mach, chaidh Èideard a chrùnadh mar Àrd-Rìgh na h-Èireann ann an Dùn Dealgain, ach fhuair e buaidh air agus chaidh a mharbhadh dà bhliadhna às dèidh sin ann am Blàr Faghart (1318) faisg air Dùn Dealgain, far a bheil e air a thiodhlacadh.



IE05

## IE05 In-inrichean à Èirinn

Anns an naoidheamh linn deug, thug cruadalas a thaobh gort agus droch staid eaconamach ann an Èirinn air àireamhan mòra luchd-obrach Èireannach siubhal thall-thairis. Ann an Alba, bha a' mhòr-chuid buailteach gluasad gu sgìrean bailteach is gnìomhachasail ann an sìreadh cosnaidh. Bha còimhearsnachdan mòra de dh'oibrichean Caitligeach a' tighinn a-steach don dùthaich, glè thrì ag adhbhrachadh còmhstrithean ann an sgìrean a bha gu tur Pròstanaich, agus dh'fhàg sin dìleab a tha a' nochdadh ann an cuid de dh'aithean air feadh na dùthcha gus an latha an-diugh. Ann an 1937, thugadh fa-near gun robh cairteal de luchd-còmhnaidh Cathair Chinn Tulaich à dualchas



IE06

## IE06 Séamas Ó Conghaile agus Ar-a-mach na Caisge

Rugadh Séamas Ó Conghaile (1868–1916) do phàrantan Èireannach ann an sgìre bhochd Chaitligeach faisg air Geata na Bà ann an Dùn Èideann, a chosinn am far-ainm "Èirinn Beag". Bha e gnìomhach gu politigeach ann an Alba mus do ghluais e a dh'Èirinn a ghabhail dreuchd mar rùnaire air Club Sòisealta Bhaile Àtha Cliath. Rinn Ó Conghaile imrich an uair sin a dh'Aimeireagadh far an robh e a cheart cho gnìomhach, mus do thill e a dh'Èirinn a ghabhail dreuchd ann an Aonadh Còmhhdail is Oibrichean Coitcheann na h-Èireann. Chaidh a chur gu bàs an dèidh call mar stiùiriche air Ar-a-mach na Caisge ann an 1916, a bha ag amas air cur às tro ar-a-mach do riaghladh bho Bhreatainn, fhad 's a bha a prìomh neart na dùthcha an sàs anns a' Chiad Chogadh Mòr.



IE07

## IE07 Ceangal le Burns

Ghluais Agnes, a' phiuthar a bu shine aig Raibeart Burns gu Dùn Dealgain ann an Contae Lú ann an 1819, nuair a fhuair a fear-cèile obair mar mhanaidsear oighreachd faisg air làimh. Ghabh Agnes thairis an taigh-bainne. Tha carragh-



Èireannach. A' bhliadhna sin fhèin, chaidh deichnear Èireannach às a' bhaile a bha aig obair tuathanais airson an t-seusain, a mharbhadh nuair a sgaoil teine tron bhothan through an robh iad a' fuireach.

## IE06 Séamas Ó Conghaile agus Ar-a-mach na Caisge

Rugadh Séamas Ó Conghaile (1868–1916) do phàrantan Èireannach ann an sgìre bhochd Chaitligeach faisg air Geata na Bà ann an Dùn Èideann, a chosinn am far-ainm "Èirinn Beag". Bha e gnìomhach gu politigeach ann an Alba mus do ghluais e a dh'Èirinn a ghabhail dreuchd mar rùnaire air Club Sòisealta Bhaile Àtha Cliath. Rinn Ó Conghaile imrich an uair sin a dh'Aimeireagadh far an robh e a cheart cho gnìomhach, mus do thill e a dh'Èirinn a ghabhail dreuchd ann an Aonadh Còmhhdail is Oibrichean Coitcheann na h-Èireann. Chaidh a chur gu bàs an dèidh call mar stiùiriche air Ar-a-mach na Caisge ann an 1916, a bha ag amas air cur às tro ar-a-mach do riaghladh bho Bhreatainn, fhad 's a bha a prìomh neart na dùthcha an sàs anns a' Chiad Chogadh Mòr.

## IE07 Ceangal le Burns

Ghluais Agnes, a' phiuthar a bu shine aig Raibeart Burns gu Dùn Dealgain ann an Contae Lú ann an 1819, nuair a fhuair a fear-cèile obair mar mhanaidsear oighreachd faisg air làimh. Ghabh Agnes thairis an taigh-bainne. Tha carragh-

ciumhne ann an cill eaglais Naoimh Neaclais mar urram dhaibh fhèin agus do Raibeart; Tha taigh beag Agnes a-nis na thaigh-tasgaidh. Mu choinneamh na h-eaglaise, bha prìomh thogalach factaraidh tombaca Carroll agus ann an 1919 mhol co-chonaltradh ionadail ceangal le Burns a nochdadh anns a' bhrannnd ùr thoitèan aca. Mar sin, fhad 's a tha an dàn aig a' bhàrd bho 1791 "Flow gently sweet Afton" a' toirt iomradh air clais-uisge thlachdmhor ann an Siorrachd Àir, bho 1919 (nuair nach robh mothachadh ann do chunnart smocadh) dh'fhàs e ainmeil cuideachd mar bhrannnd thoitèan. Thàinig toradh air na toitean gu crìch ann an 2011, ach tha an ceangal ionadail le Burns beò fhathast..





# Sasainn



## GBE01 Corby Dhòmhsa!

Ann an 1903, chaidh A & J Stübhart is Mèinnearach Earranta, companaidh mhòr obrach iarainn is stàilinn stèidhichte ann an Glaschu, a-steach còmhla ris a' chompanaidh Shasannach, Lloyd & Lloyd Earranta. Ann an 1933, thòisich Stübhart & Lloyd a' glanadh a-mach fearann ann an Corby ann an Siorrachd Northampton gus a' chompanaidh stàilinn as motha ann am Breatainn a chruthachadh: chaidh a' chiad fhùirneis a lasadh air 8mh Cèitean 1934. Mar thoradh air a' chompanaidh fosgladh, dh'fhàs an àireamh-sluaigh ann an Corby gu mòr, agus dh'imrich a leithid de luchd-obrach Albannach tarsainn nan crìochan a shireadh obraichean an sin, agus gun deach am baile ainmeachadh "Alba Bheag". Tha am blas-cainnte ann an Corby air feartan Ghlaschu a ghleidheadh gu ìre, gu h-àraid nuair a bhios iad a' seinn "It's Corby for me!"

## GBE02 Dachaigh agus Obair

Bha iomairetan trusaidh a dh'aon ghnòthach anns na bailtean mòra leithid Glaschu agus Obar Dheathain a' brosnachadh Albannaich gu gluasad gu Corby, a' gealltainn dachaigh dhaibh cho math ri obair an taobh a-staigh miosan an dèidh dhaibh imrich. Bha an tairgse seo tarraingeach an dèidh cuid de ghniomhachasan ann an Alba a dhol sìos ann am meadhan na ficheadamh linn. Bhiodh cuid de na h-in-imrich a' cadal a-muigh fhad 's a bha iad a' feitheamh ri an dachaigh ùr, mus tilleadh iad a dh'Alba aig an deireadh-sheachdain air seirbheis chòidsichean Robin Hood. Aon uair 's gum faigheadh iad an dachaigh ùr, bhiodh an teaghlach air fad a' siubhal sìos agus a' tuineachadh gu maireannach ann an Corby.

## GBE03 PLUTO

Bha an luchd-obrach stàilinn ann an Corby am measg an fheadhainn air an deach gairm airson an sgilean a chur an sàs ann an oidhirp a' chogaidh anns na 1940an. Bha Iomairt PLUTO (Pìoban fon Chuan) mar phrìomh oidhirp ghniomhachasail air connadh a sholarachadh do na feachdan Cairdeabhach a bha ag obair a-mach à Normandy às dèidh gnìomhan D-Day ann an 1944. Bha feum aig an arm air meudan mòra de chonnadh fhad 's a bha iad a' dol air adhart, agus bha tancairean a dheidheadh tarsainn Caolas Shasainn fosgailte do ionnsaighean bho bhàtaichean-aigeil agus itealain Ghearmailteach. An àite sin, bha stèiseanan pumpaidh le breug-riochd ann an ceann a deas Shasainn a' cur a' chonnadh air an robh feum tro phioban stàilinn Chorbay fo mhuir agus an uair sin air uachdar na talmhainn tron Fhraing gu na loidhnichean aghaidh.

## GBE04 Eaglais Naoimh Anndra

Mar a bha abhaisteach ann an coimhearsnachdan de luchd-tuineachaidh Albannach air feadh an t-saoghail, cha robh e fada gus an do stèidhich na h-Albannaich eaglais dhaibh fhèin. Ann an ùine gun a bhith fada, thàinig Eaglais Naoimh Anndra na h-Alba gu bhith na meadhan air gnìomhachdan don choitheanal Albannach aice, nam measg Briogaid Ghilleain agus Comann Mhnathan. Ach bha an àireamh Albannach de shluagh cho mòr agus gun do chuir iad air bhonn Eaglais Naoimh Ninian na h-Alba faisg air trithead bliadhna às dèidh sin, leis a' chiad chlach a chaidh innte air a toirt sìos à Alba. Tha eaglais Chaitligeach ann cuideachd, Moire Mhathair Walsingham.

## GBE05 Dachaigh a' Bhaile Ùir

Ann an 1931 mus tàinig an gàrradh-stàilinn, bha an àireamh-sluaigh ann an Corby mu 1,300. Ann an 1950 bha an àireamh sin air fàs gu 18,000 agus chaidh Corby a thaghadh airson ainmeachadh mar Bhaile Ùr. Thar nam bliadhnaichean às dèidh sin, bha a' mhòr-chuid den bhaile air ath-ùrachadh ri plana ùr a bha air a dhealbhadh gus farsaingeachd uaine a ghabhail a-steach agus cruth a bhiodh freagarrach do chàraichean a bha

riatanach don dòigh-beatha nua-aimsireil. Mar sin, bha an suidheachadh stèidhichte airson cuairt eile de thuineachadh le Albannaich, iad uile air an stiùireadh le feumalachdan nan gàrraidhean-stàilinn. Ann an 1967, chaidh an gnìomhachas stàilinn a chur ann an seilbh na stàite, agus aig deireadh ghnòthaich chaidh obair stàilinn ann an Corby a shìoladh às tràth sna 1980an.



## GBE06 Club Grampian


Airson còrr agus ceathrad bliadhna tha Club Grampian air soirbheachadh ann an Corby mar dhachaigh do luchd-obrach Albannach, an teaghlach agus an sliochd. Tha Albannaich Chorbay fhathast glè thrìc a' taisbeanadh am freumhaichean tro ghnìomhachdan sòisealta, bhò chomann Burns gu còmhlan pìobaireachd agus dannsairean Gàidhealach. Chaidh an naidheachd mun ghnìomhachd Albannach nach robh cho cumanta – oidhirp chruinneil air an àireamh as motha de bhòblaichean lite ithe – a chluinntinn leis Apollo 11, a' toradh ann an toll mòr air Mars a bhith ainmichte às dèidh a' bhaile. Rinn Iain Dùbghlas a bha aithnichte sa choimhearsnachd mar Mgr Alba, òraid ann an Corby don tagais bu mhòtha air an t-saoghal!

## GBE07 An t-Iarla Eanraig

B' e am Prionnsa Eanraig (1115–12 Ògmhios 1152) mac do Dhàibhidh I Alba agus a bhean Shasannach, Maud. Tro oighreachdan a mhàthar agus soirbheachadh athar, choisinn Eanraig tighearnas Doncaster còmhla ri tìotalan Sasannach eile (Iarla Huntingdon agus Iarla Northumberland), aig àm nuair a bha còmhstri mhòr mu dheidhinn nan crìochna nàiseanta. Mar oighre don rìgh-chathair Albannach, fhuair e bàs dìreach bliadhna ro athar. Chaidh dìthis de mhic Eanraig air adhart gu bhith nan rìghrean ann an Alba: Calum I (1153–1165) agus Uilleam I (1165–1214). Thathar air a ràdh on uair sin nach robh còraichean crùn Alba air Doncaster a-riamh air an cur às lagh gu foirmeil!

## GBE08 Ivanhoe

Tha Caisteal Conisbrough faisg air Doncaster ceangailte ri Alba tron sgrìobhaiche ainmeil nobhailean, an Ridire Bhaltar Scott. An dèidh tadhal air a' chasteal, chleachd Scott e mar larach airson Ivanhoe, gu mearachdach ag aithris gun robh an cumadh neo-abhaisteach air a' chip ag innse gur h-e daingneach Sagsannach a bh' ann seach Normannach. Tha an nobhaile aige, *The Talisman*, a' nochdadh ridire Albannach bhon chogadh-croise ach is e ann an da-riribh Daibhidh Alba a th' ann, am mac as òige aig Eanraig Tighearna Doncaster. San latha an-diugh, tha an ceangal ri Bhaltar Scott ri fhaicinn ann an



ainmean nan taighean-òsta is taighean-seinne ionadail, agus fìu Ionad Ghoireasan Coimhearsnachd Ivanhoe far an deach a' chuid as motha den fhuairgeadh air a' phannal seo a chur an gnìomh.

## GBE09 Obraichean Doncaster

Is e an Ridire Nigel Gresley (1876–1941) aon de na h-ainmean as cliùitiche ann am falbhanachd smùide. Rugadh e ann an Dùn Èideann agus thogadh e ann an Sasainn, a' cur seachad a bheatha anns a' ghniomhachas rèile agus a' dealbhadh cuid de na h-einneanan smùide as suaicheanta air an t-saoghal. B' e an *Flying Scotsman* a' chiad trèana luchd-siubhail a chaidh a chlàradh a' siubhal aig 100 mìle san uair, agus is e am *Mallard* an carbad-smùide as luaithe a chaidh a thogail a-riamh (126 mìle san uair). Bha mòran de na carbadan-smùide a chaidh a thogail ann an Gàrradh Doncaster sna 1930an, air an togail ri dealbhadh Gresley don tugadh ainmean Albannach, a' gabhail a-steach *Cock o' the North*, *the Wolf of Badenoch*, agus *Mons Meg*.

## GBE10 Seoc Kane

Ann am meadhan na ficheadamh linn, bha Doncaster ann an teis-meadhan aon de na sgìrean mèinnearachd guail a bu mhotha ann am Breatainn. Bha Seoc Kane (1907–77) a bha à Lodainn an Iar ann an Alba bho thùs, gnìomhach agus buadhach mar riochdaire aonadh-ceaird do ghuaillèaran na sgìre. Bha Kane a' fuireach ann an Armthorpe dìreach taobh a-muigh Doncaster fhad 's a bha e ag obair mar ruinàire do dh'Aonadh Mhèinnearan Siorrachd Iorc. B' e baile beag dealbhaichte a bh' ann an Armthorpe, a chaidh a chruthachadh le taighean airson luchd-obrach Prìomh Ghuaillèarachd Markham a bha rin taobh.

## GBE11 Tòmas Telford

Is e Tòmas Telford (1757–1834) aon den h-innleadairean as cliùitiche a bh' ann an Alba, ainmeil airson togail rathaidean, claisean-uisge agus drochaidean. Rugadh e ann an Siorrachd Dhùn Phris agus bha e na phreantas clachaireachd aig aois 14. Ghluais e a Shropshire far an do thog e drochaid airson an rathaid eadar Lunnainn agus Holyhead, a' chiad fhear de mhòran anns an t-siorrachd às na choisinn e cliù. Am measg phròiseactan eile às dèidh sin, bha dealbhadh agus togail Clais-uisge Ellesmere, Drochaid Chrochaidh Menai (1819–26), agus fìu Clais-uisge Gòta ann an Gothenburg san t-Suain. Ann an Galltachd na h-Alba leis fhèin, bha e an urra ri 184 mìltean de thogail rathaid ùr. Airson gnìomhan den t-seorsa sin, fhuair Telford an tìotal neo-oifigeil "the Colossus of Roads".





**GBE12 Uilleam & Iain Laird**

Ghluais Uilleam Laird (1780-1841) à Grianaig gu Libhearpuil an toiseach gus gnìomhachas ròpa a leasachadh, ach cha b' fhada gus an robh e a' ruith seirbheis bàta-smùide a dh'Alba. Ann an 1824, chuir e air bhonn Gàrradh-iarainn Birkenhead a dheanamh goileadairean còmhla ri a mhac Iain, mar chom-pàirtiche. Ceithir bliadhna às dèidh sin, thog iad a' chiad soitheach iarainn agus ann an ùine ghoirid bha seo na phrìomh mhalairt aca. Thug Laird coimisean don ailtire Albannach, Iain Aimeireagadh, thog gàrradh Laird an *CSS Alabama* do na Co-chomhalaichean ach chaidh bacadh a chur air leis an riaghaltas bhò bhith a' togail tuilleadh shoithichean-cogaidh.



**GBE13 Cammell Laird**

Thug Iain Laird a mhic a-steach don ghniomhachas mar chom-pàirtichean, dìreach mar a rinn athair roimhe. An dèidh a bhàis ann an 1874, lean iad orra a' ruith na companaidh agus ann an 1903 chaidh iad a-steach còmhla ri MacIain Cammell & Co stèidhichte ann an Sheffield, a bha a' togail charbadan airson na rèile fo thalamh ann an Lunnainn. Lean gàrradh-shoithichean Cammell Laird air adhart a' togail shoithichean àrd-ghnèitheil, a' gabhail a-steach togail shoithichean cogaidh don Chabhlaich Rìoghail, soitheichean-giùlain itealain coltach ris an t-soitheach mhòr, *HMS Ark Royal*, agus bàtaichean-aigeil. Chaidh an gàrradh a thoirt fo chùram na stàite ann an 1977, a' tilleadh mar phàirt de Vickers. Anns an Iuchair 2013, chuir gàrradh-shoithichean Cammell Laird *Sound of Soay* air bhog, a' chiad shoitheach a chaidh a chrìochnachadh an sin airson 20 bliadhna.

**GBE14 Louisa Birt – Liverpool Sheltering Homes**

Anns an dàrna leth den naoidheamh linn deug, bha dragh a' fàs mun àireamh de chloinn a bha nan dilleadhain ann an Libhearpuil. Ann an Lunnainn, bha Anna Nic a' Phearsain à Camais ann an Siorrachd Shruighle air program a chur air bhonn, airson a leithid sin de chloinn a ghiùlain a-null thairis far am faodadh iad cothrom nas fheàrr fhaighinn. Ann an 1872, thàinig a' piuthar Louisa Birt a Libhearpuil an dèidh cuireadh, agus a' bhliadhna às dèidh sin stèidhich i Dachaighean Fasgaidh Libhearpuil airson clann gun nì a shàbhaladh agus an trèanadh airson obraichean ann an Canada. Bha an obair seo connspaideach ach bha e soilleir gun robh e le deagh rùn, agus chaidh 6000 dilleadhain a chur a Chanada an am beatha Birt.

**GBE15 An Dr Seumas MacMhuirich**

Rugadh Seumas MacMhuirich (1756-1805) ann an Kirkpatrick-Fleming faisg air Gretna, agus an dèidh gnothachas leis ann an Virginia fàilligeadh agus a thoirt an grèim le reabhlaidh Aimeireaganach, thill e a dh'Alba agus thug e a-mach dreuchd mar lighiche. Chuir e gnothachas soirbheachail air bhonn ann an Libhearpuil agus dh'fhoillsich e aithisg chudromach mu chleachdadh slànachadh usige airson fiabhhrasan a leigheas. Bha MacMhuirich na bhall stèidhidh air Comann Litreachail Libhearpuil, agus an dèidh coinneachadh aon turas ri Raibeart Burns, a bha glè chàirdeil ri neach-dàimh na mnatha aig MacMhuirich, dh'fhoillsich e co-chruinneachadh slàn den obair aig Burns ann an 1800. Anns a' chruinneachadh bha a' chiad eachdraidh-beatha aig a' bhàrd, nì a bha anabarrach soirbheachail.

**GBE16 Uilleam Eanraig MacDhonnchaidh**

Fhuair an Dr Uilleam Eanraig MacDhonnchaidh, a rugadh ann an Libhearpuil do phàrantan Albannach, fhoghlam tràth ann an Alba. Cheumnaich e mar lighiche ann an Dùn Èideann agus thill e a Libhearpuil a dh'obair mar lighiche teaghlaich. B' e MacDhonnchaidh a' chiad Oifigeir Slàinte ann an Libhearpuil agus anns an dùthaich, air fhasadh ann an 1847 fo chumhachan Achd Slàinteil Libhearpuil 1846. Rinn e rannsachadh air suidheachadh an taigheadais do dhubh-chosnaichean, docairean, agus in-imirichean Èireannach, a' sgrìobhadh aithisgean air slàinte agus taigheadas nam bochdan. Tha aon de na togalaichean aig Dàmh Eòlas Leigheis ann an Oilthigh Libhearpuil air ainmeachadh às a dhèidh agus tha e air a thiodhlacadh ann am Pàirc an Iar ann an Eilginn.

**GBE17 An Libhearpuil Albannach**

Bha àireamh de dh'aonadan saor-thoileach anns an naoidheamh linn deug air an cruthachadh a-mach às na coimhearsnachdan Albannach ann an Libhearpuil, ach b' e aonad an Libhearpuil Albannach a b' fhaide a sheas agus a bu chliùiteiche de na h-aonadan sin. Thàinig iad còmhla ann an 1900 agus ann an ùine gun a bhith fada bha iad a' cur saor-thoilich a shabaid ann an Afraga a Deas, mus tàinig iad gu bhith nam bratailian de Territorials ann an 1908. Bha iad a' caitheamh làn-eideadh Gàidhealach, a' gabhail a-steach an Gleanna Garadh agus tartan Foirbeis. Bha an Libhearpuil Albannach air fhaicinn mar aonad a bha foghlamaichte agus àrd-ghnèitheil. Nuair a bhris a' Chiad Chogadh Mòr a-mach, chaidh an t-aonad a chur air ghlusad sa chiad àite don Fhraing ron t-Samhain 1914, agus a' sabaid le chùit tron chogadh air fad. Tha e fhathast ann am bith.

**GBE18 Club Ball-coise Libhearpuil**

Ann an 1891-92, dh'fhàg Club Ball-coise Everton Libhearpuil le dìreach trìur chluicheadairean. B' e a' chiad ghnìomh aig an Stiùiriche Iain McKenna, sgioba a chur còmhla a chluicheadh an ath sheusan. Shoidhnig e 13 chluicheadairean proifeiseanta à Alba, a-rithist air ainmeachadh 'Sgioba nam Macs'. Lean Libhearpuil air adhart a' faighinn Albannaich don sgioba fad 70 bliadhna às dèidh sin, a' gabhail a-steach cuid de na chluicheadairean as cliùiteiche a bh' aig Libhearpuil, leithid Billy Liddell. Nuair a fhuair Bill Shankly dreuchd mar mhanaidsear ann an 1959, shoidhnig e Ron Yeats agus Iain St. John. Lean an traidisean Albannach fo Bob Paisley nuair a shoidhnigeadh Ailean Hansen, Steve Nicol, Kenny Dalglish agus Graeme Souness.

**GBE19 Caidreachas nan Comann Albannach**

Tha coimhearsnachdan Albannach ann an cuid de sgìrean ann an iar-thuath Shasainn air a bhith cho làidir agus gu bheil *Caidreachas nan Comann Albannach* air a bhith ann am bith bho 1927 ann an *Lancashire agus Cheshire*, gus na buidhean Albannach sna sgìrean sin a riochdachadh agus gus gnìomhachdan cultarach Albannach a chur air adhart. A' còmhach Lancashire, Cheshire, Sgìre Manchester, Merseyside agus Ceann a Tuath na Cuimnigh, tha ballrachd a' chaidreachais a' gabhail a-steach dà fhichead comann agus a' cumail ceangal eadar na buidhean sin agus eadar iad agus Alba. Tha meadhan a' phannail seo stèidhichte air bràiste a' Chaidreachais, a' taisbeanadh leòmhann dearg na sheasamh co cionn bratach gheal le foghnanan air gach taobh.

**GBE20 Eaglais na h-Alba ann an Cùirt a' Chrùin**

Ro 1603 bha eaglais bheag aig ambasaid na h-Alba ann an Lunnainn, air a dèanamh nas motha às dèidh Aonadh nan Crùn do luchd-cùirte Albannach. Chaidh a sgrìobh le teine ach thuinich an coitheanal taistealach air larach Cùirt a' Chrùin dheth Leana Drury ann an 1718. Dh'fhosgail eaglais ùr a' bhliadhna às dèidh sin, ach ro dheireadh an 19mh linn bha i air a dhol bhuaith. Ann an 1884 chaidh eaglais ùr (Eaglais Naomh Chaluim Chille ann an Chelsea) a thogail, ach cha robh an coitheanal uile airson glusad agus chaidh togalach ùr a thogail ann an 1909 dhaibhsan a dh'fhuirich. San Iatha an-diugh tha e mar phàirt bheag de dh'Alba a tha ri fhaotainn ann an teis-meadhain Lunnainn.

**GBE21 Prìomh Mhinistearan Albannach**

Bho àm Ar-a-Mach nan Seumasach ann an 1745, chan eil nas lugha na deichnear Albannach le seachd dhiubh air am breith ann an Alba, air dreuchd a' Phrìomh Mhinistear a ghleidheadh. B' e Iarla Bhòid (1762) a' chiad fhear dhiubh air a leantainn le Iarla Obar Dheathain, Iarla Roseberry, Artair Balfour, Eanraig Caimbeul-Mac Ille na Brataich, Anndra Bonar Law, Ramsay MacDhòmhnaill, Ailig Dùbhghlas-Home, Tònaidh Blair, agus an uair sin Gòrdan MacIlleDhuinn ann an 2007. Tha a leithid sin de riochdachadh mì-chuimseach ann an Westminster (ann an coimeas ris a' Chuumnigh, Èirinn agus Sasainn) a' nochdadh gu soilleir dealas a thaobh a dheanamh cinnteach gun biodh a h-àite fhèin aig Alba aig toiseach gnothaich ann an Aonadh agus Ìmpireachd. Shuidh Uilleam Gladstone agus Herbert Asquith cuideachd airson roinnean-taghaidh ann an Alba fhad 's a bha dreuchd aca aig 10 Sràid Downing.

